25 9

Digitized by the Internet Archive
in 2010 with funding from
University of Toronto

http://www.archive.org/details/searmoineanbhail00burd

LCelt
B34985
Burder, George

SEARMOINEAN

BHAILTEAN DUTHCHA;

NO

Teagasgan Aithghearr agus Soilleir,

CHUM FEUM

THEAGHLAICHEAN, SGOILEAN-SABAID,

AGUS

CHOMUNNAN CRABHACH EILE.

LEIS

AN URRAMACH SEORAS BURDER.

"Thig,—rachamaid a mach do'n mhachair; fanamaid rè na h-òidhche anns na bailtibh."—*Dun-Sholaimh*, vii. 11.

"Earailichibh a chéile gach aon la, am feadh a ghoirear, An là 'n diugh dheth."—*Eabh.* iii. 13.

A NEW AND IMPROVED TRANSLATION.

EDINBURGH:
THORNTON AND COLLIE,
19 South St David Street.
1848.

428768
20.10.44

ROI-RADH.

'S ANN a tha na searmoinean so a leanas, air tùs, chum feum na muinntir chràbhaich agus dhealasaich, a tha 'gabhail truais do dh' aineolas mòr an coimhearsnaichean, agus a tha cleachdte ri bhi dol do'n dùthaich a chum an teagasg; gnàthachadh o'n ion dùil a bhi ri mòr fheum a shruthadh, ged nach do thòisicheadh ris ach o cheann ghoirrid. Bha searmoinean fior fhreagarrach air a shon so anabarrach gann; ged a tha iomadh shearmoin ro-thaitneach ann, gidheadh 's ann a bha iad air an cur r'a chéile, agus air an liubhairt chum còmhnadh a dheanamh ri co-thionalaibh fòghlumte agus geur-chùiseach; agus air an clò-bhualadh air son an ro-oirdheirceis, gidheadh cha robh iad ro iomchuidh air muinntir neo-fhòghluinte agus aineolach. Thug so air an ùghdar cur mu thimchioll àireamh beag do *Shearmoinean Dùthcha*, ro shoilleir agus gearr, mu na cùisibh is cudthromaiche, agus le 'n leigeadh gu minig a chum ràdha na coguis.

Faodaidh na searmoinean so a bhi feumail do

theaghlaichibh, gu sònraichte dhaibh-san nach urrainn ruigheachd air leabhraichean is daoire. Faodaidh maighistirean cràbhach a cheadachadh dhaibh laidhe far am faidh an seirbhisich iad r'a leughadh. Faodaidh luchd-teagaisg nan Sgoilean Dòmhnaich, gu h-àraidh far nach eil iad goireasach air teagasg eile, an leughadh do na sgoileiribh. Faodaidh Daoin'-uaisle an toirt d'an cuid tuatha, d'an luchd-oibreach, agus d'an seirbheisich, air ro-bheagan luach.

Ann an cuid do na searmonaibh, faodar a thoirt fainear gum beil an t-aon ni, theagamh air ainmeachadh tuilleadh is aon uair; cha robh am fear a sgrìobh iad déidheil air so a sheachnadh, a chionn gun do mheas e gun robh aig a' mhuinntir air son an do sgrìobhadh iad, feum air "àint' air àinte, agus rann air roinn." Is toilicht' a bhios e, ma bhios a h-aon air bith da cho-chreutairean, trid an leughaidh, "air an tionndadh o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd an droch-spioraid a dh'ionnsaidh Dhé;" agus is ann r'a bheannachadh-san a tha na h-earailean agus na comhairlean a leanas air an earbsa.

SEARMOIN I.

MU IOMPACHADH FIR-COIMHEID A' PHRIOSAIN.

GNIOMH. xvi. 30, 31.

A mhaighstirean, ciod is còir domh a dheanamh chum gu tèarnar mi? Agus thubhairt iadsan, Creid anns an Tighearn Iosa Criosd, agus tèarnar thu.

Bha 'cheist a leugh sinn air a cur le fear-coimheid a' phrìosain ann an Philipi, agus chaidh a freagradh le Pòl agus le Silas. B'ann a thachair, gun robh Pòl agus Silas, da mhinistear ainmeil an t-soisgeil, air an glacadh a chionn a bhi searmonachadh an t-soisgeil, agus air an toirt an làthair luchd-riaghlaidh a' bhaile. Thug an luchd-riaghlaidh fainear an sgiùrsadh gu goirt, agus an cur do'n ghainntir, agus sparradh teann a thoirt do fhear-coimheid a' phrìosain gun gleidheadh e gu tearuinnt iad. Leis an carail sin fhaotainn chuir e iad do 'n phrìosan bu diongmhalta, agus chuir e an casan gu teann anns a' cheap.

Ach cha robh na daoine diadhaidh sin neo-shona. Rinneadh geur-leanmhainn orra, gidheadh cha robh iad air an treigsinn; bha am Maighistear maille riu, a réir a' ghealladh ghràsmhoir, agus bha an cridheachan air an lionadh le aoibhneas, ionnas gun robh iad a' séinn molaidh do Dhia le guth àrd mu mheadhon-oidhche; ni a chuir mòr ìoghnadh air na ciomaich eile 'nuair a chual iad iad.

'San àm san robh na prìosanaich eile gu furachair ag eisdeachd ri cràbhadh nan abstol, bha crith mhòr thalmhuinn ann. Ghabh an triath d' an robh iad

a' toirt aoraidh an dòigh so air an giulan a chlùth-achadh, agus air uabhas a chuir orrasan a bha gan geur-leanmhainn. Bha chrith cho mòr, 's gun robh stéidh a' phriosain a' criothnachadh, dh' fhos-gail na dorsan, agus thuit an cuibhrichean bharr nam prìosanach colath.

Mhosgail am fear-coimheid leis an fhuaim a bh' ann, agus leum a gu grad as a leabaidh, agus an uair a chunnaic e na dorsan fosgailte, shaoil e gun do theich na prìosanaich; agus le eagal gun deante peanas craiteach air, thug e ionnsaidh air e-féin a mhilleadh leis a' chlaidheamh.

Thug Pòl an aire d'a ionnsaidh aimidich, agus le iomagain air son anma, ghlaodh e mach le guth àrd —"Na dean dochair sam bith ort féin, oir tha sinne uileadh a làthair."

Bha 'm fear-coimheid air a lionadh le h-iongan-tas leis an fhoillseachadh mhòr so a rinn Dia as leth a chuid òglach, agus fo chumhachd an Spioraid Naoimhe, le trom mhothachadh air a chionnta, agus air a chunnart, dh' éigh e air son soluis, agus air dha dol gu luath a steach far an robh iad, shleuchd se e-féin air bhall-chrith sios 'nan làthair. Theag-amh gun tàinig cainnt na h-inghinn mu 'n tim-chioll 'na aire—"Gu'm b' iad na daoine sin seirbh-isich an Dé is ro-àirde, a tha foillseachadh dhuinne slighe na slàinte." 'S ann air na daoine sin a dh' aslaich e le mòr urram, fo throm mhoth-achadh air eallach a' pheacaidh, ann am briathraibh stéidh ar teagaisg, "A mhaighistearan! ciod is còir dhomh a dheanamh, chum gun tèarnar mi?" Cha deach ceist bu chudthromaich na so a chur riamh! 'S iomchuidh do gach aon againne a leithid eile fheòraich. Ma tha aon neach 'n-ar measg-se nach d' rinn chean' e le fior-dhùrachd, gun deònaich Dia gun dean sibh a nis e! 'Se 'm freagradh a thug na h-abstoil air a' cheist an t-aon fhreagradh a b' ìomchuidh thoirt, agus 'se sin, "Creid anns

an Tighearn Iosa Caiosd, agus tèarnar thu." Gun soirbhicheadh Dia leinn am feadh a bheir sinn ionnsaidh air da earrainn an stéidh-theagaisg a mhìneachadh.—

I. A' cheist chudthromach a chaidh fheòraich, "Ciod is còir dhomh a dheanamh, chum gun tèarnar mi?"

II. Am freagradh a thugadh seachd, "Creid anns an Tighearn Iosa Criosd, agus tèarnar thu."

I. *A cheist.* Tha i ann am briathraibh gearr, ach tha iad ro-bhrìghor. Thugamaid gu cùramach fainear iad, agus chi sinn gum beil iad a' labhairt cainnt *a Gheur-mhothachaidh,* an *Eagail,* an *Tograidh,* an *Dòchais,* an *Laghalachd,* agus an *Strìochdaidh.*

'S i a' cheist so cainnt a' *Gheur-mhothachaidh.* 'S e tha mi 'ciallachadh le geur-mhothachadh, obair an Spioraid Naomh' air inntinn a' pheacaich, leis am beil e mothachail gur peacach e, agus gum beil e a' deanamh drùghadh iomchuidh air. As eugmhais so, bheir daoine ionnsaidh air leithsgeul am peacaidh a ghabhail, no an cuir an lughad. Cuiridh cuid do dhaoine coire am peacaidh as leth dhaoin' eile, mar rinn Adhamh ri Eubh, agus Eubh air an nathair. Tha daoin'mar as tric a' meas am peacaidh na ni faoin, airbheag seadh. Tha cuid a' deanamh fearaschuideachd dheth, agus a' deanamh uaill as. 'S bhochd an cor so. Tha 'n dream sin fada bho Dhia, gun chreideamh idir, ge b'e air bith na ghabhas iad os laimh a bhi aca. 'S amhail a bha na Phairisich a bha an co-fhearsnaich a' meas a bhi ro chràbhach; ach bha iad gu tric a' deanamh tàir agus a' cur 'an aghaidh Iosa Criosd: oir, mar dh'innis e dhaibh, "Cha n-eil feum aig a' mhuinntir a tha slàn air an leigh, ach acasan a tha euslan." Ach 's math dhuinn a bhi mothachail air ar peacaidh. 'S e sinn a dheanamh mar sin ceud obair Dhé air an anam. Chum na crìche so, 's éigin duinn lagh naomha

Dhé a thoirt fainear, mar tha e air a chur sìos 's na deich àintibh. "'S ann tre 'n lagh a tha eòlas air peacadh;" agus "'S e peacadh briseadh an lagha." 'S ann mar sin a fhuair Pòl e-féin a mach gun robh e 'na pheacach, mar tha e 'g innse dhuinn. "Bha mise beò as eughmais an lagha uair-eigin; ach air teachd do 'n ainte, dh' ath-bheothaich am peacadh. agus fhuair mise bàs." (Rom. vii. 9.) Ma bha sinn urrad agus aon uair ciontach ann am briseadh an lagha, 's peacaich sinn; oir mar tha e sgrìobhte, "Is mallaichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a ta sgrìobhte ann an leabhar an lagha, chum an deanamh." (Gal. iii. 10.) Cò a nis, ma ta, is urrainn a ràdh nach do pheacaich e riamh? Nach eil sibh gu minig ag ràdh, an àm ùrnaigh a chur suas, gur peacaich thruagha sibh? Ach 's aon ni so a radh, air mhodh coitcheann; agus 's ni eile a bhi fiosrach air, agus a bhi duilich air a shon.

Tha 'n Spiorad Naomh, cha n-e mhain, a' toirt oirnn aideachadh, gum beil sinn 'n-ar peacachaibh, ach a' toirt mothachadh dhuinn gum beil sinn 'n-ar *peacaich mhòra*—gun do pheacaich sinn gu h-antrom, minig—gun do pheacaich sinn 'an smuain, an guth; agus an gniomh; gu h-àraidh gun do pheacaich sinn gu diomhair mìle agus mìle uair 'n-ar cridheachaibh, am feadh a bha ar co-chreutairean 'gar meas neo-chiontach.

Tha e mar an ceudna a' nochdadh dhuinn mòr olc a' pheacaidh. Tha e feuchainn duinn a mhì-thaingealachd ghràineil a th' ann; air son "Gun d' àraich agus gun do thog Dia suas sinn mar a chlann, agus gun d'rinn sinne ar-a-mach 'na aghaidh." Tha e leigeadh ris duinn chò gràineil agus duaichnidh 'sa tha 'm peacadh; gum beil a gar fàgail fuathach agus gràineil 'na fhianais, ni 's gràineile na na brùidean a théid a dhìth. Tha e mar an ceudna a' feuchainn duinn an cunnart a th' anns a' pheacadh, oir "'S e duais a' pheacaidh am bàs." 'S e am

peacadh a thug gach truaighe a steach do 'n t-saoghal. 'S ann air son a' pheacaidh is éigin duinn uile bàsachadh, agus pilleadh chum an duslaich; agus ni 's measa na sin, tha 'm peacadh 'gar fàgail buailteach do dh' fhéirg Dhé, agus do phiantaibh ifrinn gu sìorruidh. Chunnaic am fear-coimheid so uile, agus uime sin ghlaodh e, "Ciod is còir dhomh a dheanamh chum gun tèarnar mi?" Tha so ga m' threòrachadh gu thoirt fainear gum beil.

A' cheist so a' tàrmachadh *eagail*. Tha mo bhràithrean 's i cainnt an eagail a th' ann: 's i cainnt na h-oillt agus an uabhais a th' ann. 'Nuair bhios eagal oirnn roi olc mòr, 's dù dhuinn glaodhach a mach, Ciod a ni sinn? Agus nach ion do pheacaich mòran eagail a bhi orra? "Nach eagalach an ni tuiteam 'an lamhaibh an Dé bheò!" O thugamaid fainear cò a bhrosnaich sinn le'r peacaidh. 'S e sin an Dia mòr uile-chumhachdach; an Tì sin a chruthaich an saoghal, agus gam bu réidh a sgrios ann am priobadh nan sùl. "'S e 'n Tighearn aig am beil a shlighe 'sa chuairt-ghaoith agus anns an doininn, agus is iad na neòil luaithre a chas. Criothnaichidh na sléibhtean roimhe-ran, agus leaghaidh na cnuic; agus`tha 'n talamh air a losgadh suas 'na làthair. Cò is urrainn seasamh roimh f hearg-san? agus cò dh' f haodas fuireach ann an dian-theas a chorraich?" (Nah. i. 3—6.) 'S e sin an Dia uabhasach, a thuirt "gun rachadh na h-aingidh a chur do dh' ifrinn, maille riu-san uile a ni dearmad air." Nach bi eagal oirnn roimhe, mata? nach criothnaich sinn 'na làthair? "Seadh a deir an Tighearna, tha mi 'g ràdh, eagal a bhi oirbh roimhsan is urrainn cha n-e mhain an corp a mharbhadh, ach is urrainn an corp agus an t-anam a thilgeadh do dh' ifrinn." Nach cuireadh e déisinn oirbh ar co-chreutairean fhaicinn ga losgadh ceangail te ri post; bhiodh sibh a' guidhe am bàs a chur grad chrìoch air a chràdh! Ach cionnas a mhoth-

aicheadh sibh na'm faiceadh sibh e a' losgadh rè aon uair, aon latha, no fad seachduin, agus rè na h-ùine sin a sìr sgreadail, agus ag éigheach air son saoraidh uaithe, nó am bàs a ghrad fhulang? Ged bu sgreitidh so, cha bhiodh ann ach sàmhla ro fhaoin air ifrinn, ionad dòlasach sin a' chràidh, "far nach bàsaich a' chnuimh, agus nach téid an teine as." 'S e eagal so a thug air an fhear-choimheid éigheach, a mach, "Ciod a ni mi chum gun tèarnar mi?" Agus bu shona dhasan gun d' fhuair e roi'-sheall-adh air a' chùis, agus gun deach a shaoradh uaithe. Gun deònaicheadh Dia gun dean sinne mar an ceudna! Bheir sinn a thuilleadh fainear:

Gur i cainnt an *tograidh* a th' ann: togradh dein-eachdach, togarrach, dùrachdach. Tha déigh an duine nàdurra air nithibh feòlmhor, no saoghalta, mar tha, "Ciod a dh' itheas mi? ciod a dh' òlas mi? ciod a chuireas mi umam?" Cionnas a dh' fhasas mi saibhir, sona, agus measail? no, mar tha 'n Salm-adair ag ràdh, "Cò 'nochdas aon mi math dhomh?" 's e sin aon mhath saoghalta, no aimisireil; ach is spiorad an tì a ghineadh o 'n spiorad. Tha tograidh ùr aig an anam a th' air a dhùsgadh, tha a thograidh uile air an cruinneachadh, co-lath gu aon, agus 's e 'n t-aon sin slàinte. "Ciod a ni mi gu bhi tear-ainnte?" gu bhi air mo shaoradh o 'n fhéirg a ta ri teachd, gu mathanas fhaotainn a' m' pheacaidh, gu mi bhi air m' aiseag a rithist gu deagh-gean Dé? 'S e so a nis' an t-aon ni feumail. As eugmhais cha n-eil ni air bith eile luachmhor; tha iad ni 's lugha na neo-ni agus diomhanas, an coimeas ri saor-adh an anma. Bithidh an togradh dùrachdach so an ùine ghearr air a nochdadh ann an ùrnaigh. Oir tha 'm peacach a nis a' tuigsinn gur h-ann o Dhia a mhain a thig saoradh; agus mar thug Criosd féin fainear mu thimchioll Shauil 'nuair a dh' iompaicheadh e "feuch tha e ri ùrnaigh." 'S amhail a chithear gu'm bi uile mhiann an anma

air ùr-iompachadh air a thaosgadh a mach ann an ùrnaigh. Tha iadsan a tha caithe am beatha as eugmhais ùrnaigh 'nan coigrich do 'n chìocras so, agus gu tur as eugmhais diadhachd.

'S i cheist san stéidh-theagaisg mar an ceudna cainnt na *muinghinn*. Cha n-eil mi 'ciallachadh dòchas beothail, agus creideach, air a stéidheachadh air an t-soisgeul; ach dòchas fann, luaineach, agus teagmhach, ag éiridh o bharail choitcheann mu thròcair Dhé. Oir tha gach neach am barail gum beil Dia tròcaireach, agus theagamh gun deònaich e mathanas a thoirt seachad; agus ged a tha bharail so gu minig air a mi-ghnàthachadh, agus gum beil daoin' ullamh gu misneach a ghabhail gu peacadh a chur an gniomh, gidheadh tha i feumail a chumail dhaoin' o thuiteam an ea-dòchas, gus an treòraich spiorad Dhé iad trid an t-soisgeil a thuigsinn gu'm beil gun teagamh mathanas aige r'a thoirt seachad, agus gu'n glan fuil Iosa o gach peacadh. Air an aobhar sin, cha dubhairt fear-coimheid a' phrìosain, ge nach robh ann ach aon do na cinnich, Cha n-eil tròcair sam bith ann domhsa; oir tha mi a'm' pheacach cho mòr 's nach faod mi bhi air mo shàbhaladh. Ach tha cheist so a' cuir air a mhanadh, mar thuirt na Ninebhich, air dhaibh searmonachadh Ionah a chluinntinn, "Cò aig am beil fios nach pill Dia, agus nach gabh e aithreachas, agus nach pill e o dhian-chorraich; air chor 's nach bàsaich sinn?" Ionah iii. 9.

Aon uair eile, faodaidh sinn a thoirt fainear, gum beil ceist an fhir-choimheid a' gabhail a stigh a bhi 'g *aideachadh aineolais*. Bha toil aige bhi air a shaoradh, ach cha b' aithne dha cionnas; cha mhò a thuigeas aon duine an dòigh air mhodh ceart gus an teagaisg Dia dha e. 'S e fior chŏr dhaoine nadurra, mar dh' ainmicheadh leis an abstol, (Rom. iii. 17,) nach b' aithne dhaibh slighe na sìth. Trid an leagaidh 'n-ar ceud-sinnsir, chòmhdaich

dorchadas an talamh, agus tiugh-dhorchadas an sluagh. Agus 's e so cŏr, cha n-e 'mhain, nan cinneach aineolach aig nach eil am Bìoball, ach mar an ceudna cŏr mòran ris an abrar Criosdaidhean. Cia lionmhor iad 'n-ar measg féin a tha aineolach mu'n dòigh air am beil peacaich bhochda air an saoradh tre Iosa Criosd? Ach chum an t-aineolas millteach so a thoirt air falbh, dh' éirich Criosd, grian na fìreantachd, air an talamh. 'S e esan solus an t saoghail; agus thug e àinte da sheirbhisich an soisgeul a shearmonachadh do gach neach. 'S ann ris a so a bha Pòl agus Silas m'an deachaidh an cur 'an làimh. Bha e air a ràdh umpa sa' bhaile—"Gum b' iad na daoine sin òglaich an Dé is ro-àirde, a tha nochdadh dhuinne slighe na slàinte," (rann 17.) Cò luath, ma ta, 'sa thuig am fear-coimheid am feum a bh' aige air slàinte, agus air aineolas féin, dh' iarr e gu dùrachdach gu'm biodh e air a theagasg leo. Cha robh e ni b' fhaide gan càineadh no ri casaid orra, ach 's ann a bha e 'g iarraidh seòlaidh uapa. Agus 's ann mar sin a bhitheas gach aithreachan trei dhireach. Cha dean iad fanaid air ministearan an t-soisgeil, "ach 's ann is fearr leo seasamh san t-slighe, a dh' fhaicinn, agus a dh' fhiosrachadh air son nan seanna cheumannan; C' àit am beil an t-slighe mhath, chum gu'n gluais sinn innte, 's gu'm faigh sinn fois d' ar n-anmaibh," (Ier. vi. 16.) Abraibh a nis, mo chàirdean, an do mhothaich sibh riamh an togradh dùrachdach so chum eolas ni's iomlaine fhaotainn mu shlighe Dhé? Chum na crìche so, am beil sibh a' lùbadh 'ur glùn do Dhia ann an ùrnaigh? Am beil sibh a' leughadh facail Dé? agus a' dol a dh' éisdeachd ministearan Criosd? Bithibh cinnteach gur e so gnàthachadh gach neach a tha fo chumhachd an Spioraid.

Tha anns a' cheist so cainnt na *Laghalachd*. Le Laghalachd tha mi 'ciallachadh dlù-lean tainn ris

an lagh ; "no dol mn'n cuairt chum ar fireantachd féin a chur air chois" le oibribh an lagha, no le'r deagh oibribh féin. An uair a chruthaich Dia an duine air tùs, rinn e cùmhnanta nan gniomh ris. N'an tugadh e ùmhlachd iomlan do thoil Dé, bha e ri mairsinn beò ; ach nam faillnicheadh e ann an aon phuing, bha e ri bàsachadh. Dh' fhàillnich e, uime sin cha b' urrainn da dùil a bhi aige ri beatha tre fhìreantachd féin. Bu deònach le Dia a shàbhaladh tre ghràs, agus ni h-ann tre oibribh. Air a mhodh cheud na tha na Sgriobturan a' toirt dearbhchinnte dhuinn, gur ann tre ghràs, trid creidimh a shaorar sinn, agus ni h-ann tre aon oibribh a rinn sinn-féin. Ach gus am bi sinn air ar teagasg le Dia, bithidh sinn uile ullamh gu shaoilsinn gur urrainn duinn sinn-féin a shaoradh an cuid no gu h-iomlan le 'r deanadas féin. Bha 'm fear-coimheid bochd sa' bharail so, agus dh' fheòraich e, "Ciod is còir dhomh a dheanamh chum gun tearnar mi ?" Air leis gur ann le ni-eigin a dheanamh a b' éigin da mathanas peacaidh agus a' bheatha mhaireannach fhaotainn ; ach cha b' fhada gus an d' fhuair e am barrachd fiosrachaidh o mhinistearaibh an t-soisgeil.

Fa dheòigh, Tha mi 'meas na ceiste mar chainnt an *striochdaidh*. Bha cridhe an duine bhochd gu h-eagalach ùmhal air son a pheacaidh. Cha robh e faicinn aon ni fa chomhair ach léir-sgrios, agus bheireadh e 'n saoghal mu'n iath a' ghrian a chionn gum b' urrainn e a sheachnadh ; uime sin ghlaodh e, "Ciod a ni mi ?" Mar g' an abradh e, "comharraich a mach dhomh mo dhleasanas, agus ge be cho cruaidh no cho deacair sa bhitheas e, bheir mi ionnsaidh ghramail air a dheanamh. Rachainn tre theine no uisge, chum gum biodh m' anam tearainte.' Am beil a' chùis mar sin *agadsa?* Bi cinnteach nach eil thu air an t-slighe chum slàinte, gus am bi thu toileach dealachadh ris gach ni air son Chriosd : agus ma tha thu 'n sin, 's taitneach leat

a chluinntinn mu'n dòigh so chum dol ás, air an dòigh a nochd seirbhisich ar Tighearna dhuinn 'na fhacal. Nochdar so san dara earrann de 'n teagasg; no,

II. *Freagradh* an *t-soisgeil*, mar chaidh thoirt do cheist an fhir-choimhid. 'S e 'm freagradh gearr agus soilleir so an t-aon fhreagairt fior mu'n cheist chudthromaich so; agus is cùis ro-fheumail gum biodh anam; fo throm mhothachadh air son a chiontaidh, air a threòrachadh air an t-slighe cheirt. 'S eagal leam nach tugadh cuid de dhaoine, seadh cuid de luchd-teagaisg, am freagradh so seachad, *Creid anns an Tighearn Iosa Criosd*. Tha eagal orm, nam feòraicheadh duine fo mhothachadh air a staid chaillte, do dh' fhear-teagaisg aineolach, Ciod is còir dhomh a dheanamh chum gun saorar mi? gun tugadh e atharrachadh comhairl air. Theireadh e ris, " Tha dòchas agam nach d-'rinn thu aon ni a tha ro olc. Cha do mharbh thu aon neach. Cha do spuinn thu aon neach. Cha n-eil thu ni 's ciontaidh no do choimhearsnaich. Dh' earailichinn ort na smuaintean dubhach sin a chuir air chùl. Theirig do chuideachda cridheil, agus bi sunntach. Buanaich an deanamh do dhleasanais agus cha n-eagal dut. Bi cinnteach nach téid thu 'n caramh na muinntir a tha gam meas fein ro chràbhach; no cuiridh iad as do chéill thu." Ach faodaidh tu fhaicinn o 'n stéidh-theagaisg, nach cin céille a bhi fo iomagain mu thimchioll slàinte t'anma, no a bhi dùrachdach a dh' fhòghlum cionnas a bhitheas sinn air ar saoradh. Cha d'rinn am fear-coimhid gniomh riamh a b' fhearr, cha mhò a dh' fheòraich e ceist bu ghlice, na rinn e san àm so. 'S iad na h-amad-ain a reiceas an anmannan air son sòlais dhiombuan a' pheacaidh. Faodaidh sibh cuideachd fhaicinn o'n chùis so, cò iad ministearan dileas Chriosd; 's iad sin iadsan a tha ga shearmonachadh, agus ga'r seòladh gu teicheadh d'a ionnsaidh chum slàinte.

Ni iad sin uile le aon inntinn, anns gach dùthaich, agus do gach aidmheil, co-aontachadh, agus their iad ruibh, "Creidibh anns an Tighearn Iosa Criosd."

Agus an so faodaidh sibh a thoirt fainear cia meallta a' bharail a th' aig muinntir a their mu mhinistearan dìleas, nach searmonaich iad a bheag ach dìteadh; am feadh is e *slàinte* stéidh na tha sinne a' searmonachadh. Ma their sinn a bheag sam bith mu dhìteadh, 's ann a bhitheas sinn a chum gun seachainn sibh e, agus gun teich sibh a dh'ionnsaidh Chriosd mar an t-aon fhear saoraidh uaithe. Cha riug am peacach is gràineile leas tuiteam an eadòchas. Thuirt Pòl ris an fhear-choimheid, ged a bha e 'na fhior dhroch dhuine, "Creid anns an Tighearna Iosa Chriosd agus tearnar thu." Is *deagh naigheachd* an Soisgeul, tha e cur an céill saorsa saor iomlan, agus sìorrudh do cheann-feadhna nam *peacach.* Thoir fainear cò tha Pòl a 'moladh do'n duine thruagh ud. 'S e sin an Tighearn Iosa Chriosd. An Tighearna, Cruithear nèimh agus na talmhuinn, (Col. i. 16.) "Tighearna nan uile." (Gniomh. x. 36.) a thàinig a nuas o nèamh. Mac Dhé a dh' fhàs 'na Mhac an duine, chum gu'm bitheamaidne clann nan daoine n-ar cloinn do Dhia. 'S e Iosa is ainm dha, a tha ciallachadh *Slanaighear;* agus 's ann a chionn gun tàinig e gar saoradh o ar peacaidh, a thugadh Iosa mar ainm air, (Mat. i. 21.) Gun amharus "is fior an ràdh so, agus is airidh e air gach aon chor gabhail ris, gu'n tàinig Iosa Criosd do'n t-saoghal e theàrnadh pheacach." Theirear mar an ceudna Criosd ris, no am Mesiah a bha o cheann fad' air a ghealltainn, agus ris an robh dùil aig na h-Iudhach; tha e 'ciallachadh an t-Aon *ùngta,* a' feuchainn gun robh e air gach dòigh iomchuibh air son obair na Slàinte, agus air a shònrachadh fa comhair. 'S e so ma ta an Triath glòrmhor a dh'ionnsaidh am beil am

peacach air a sheòladh gu amharc air son saoraidh. Creid anns an Tighearn Iosa Criosd. Tha e ga earalachadh gu *creidsinn.* Ciod e creidsinn ann? 'S e sin gach ni a tha Dia ag ràdh uime san t-soisgeul a chreidsinn, chum sùil a bhi ri saoradh a mhàin trid-san. Tha creideamh air a mhìneachadh le *teachd a dh'ionnsaidh Chriosd;* 's e càradh na h-inntinn ris-san chum cobhair fhaotainn Theirear *gabhail* ri Criosd ris; tha'n t-anam a' gabhail ris mar tha e air a thairgse san *t-soisgeul,* 'na uile dhreuchdaibh slàinteil. 'S e earbs' an anma gu h-iomlan ris, a' creidsinn nach eil saoradh an neach sam bith eile, ach a mhàin uaith-san, agus gu h-iriosal ag earbsa r'a ghràdh agus r'a thairisneachd chum a choimheid fa chomhair na beatha shìorruidh.

Os-barr, thoir fainear an dearbh-chinnt shòlasach a tha air a thoirt do'n fhear-choimheid bhrònach. *Bithidh tu air do shaoradh.* 'S ann air son saoraidh a bha fadal air. B' àill leis fios fhaotainn air an dòigh air am faight' e. Tha e air a sheòladh chum Iosa mar an Slànaighear, agus creidsinn ann, mar am meadhon gu bhi air a shaoradh leis; agus le sin a dheanamh tha dearbh-beachd air a thoirt da gun saorar e. Buidheachas gun robh do Dhia air son ioma gealladh luachmhor air a so a tha 'na fhacal! Cluinn ciod a tha Iosa Criosd e-féin ag ràdh. "An tì a chreideas anns a' Mhac tha bheatha mhaireannach aige," (Eoin iii. 36.) Agus ann an ionad eile tha e 'g ràdh. "'S i so toil an Tì a chuir uaithe mi, gu'm biodh a' bheatha mhaireannach aig gach neach a chi a Mac, agus a chreideas ann," Eoin vi. 40.

AN CO-DHUNADH.

Agus a nise, mo chàirdean, ceadaichibh dhomh fheòraich dhibh, Am beil iomagainn oirbh mu thimchioll 'ur n-anmaibh? An tàinig sibh, leis an fhear-choimheid, chum na h-inbhe so riamh, gu fheòraich fa-leth, gu dùrachdach, deineachdach,

treidhireach, "Ciod is còir dhomh a dheanamh chum gun tèarnar mi?" Nach peacach thu? Nach peacach bàsmhor thu? Nach éigin dut a bhi 'n ùine ghearr air do nochdadh an làthair do Bhreith-eimh? Ciod an sin, a thagras tu? Am beil thu deas fa chomhair na deuchainn chudthromaich? Thoir fainear na nithe sin! Na bi ri faoineachd ni's faide. Tha sìorruidheachd am fagus. 'S éigin gur i nèamh no ifrinn is cuibhrionn duibh. Agus am faod sibh a bhi neo-umhaileach mu'n chùis. Bithibh cinnteach gu'm beil an cùram is mò, agus trom-mhothachadh annabarrach feumail. Cha-n fhaod fior-chràbhadh a bhi as eugmhais nan nithe sin. Mar do mhothaich thu riamh cùram mu shlàinte t' anma, Mar robh iomagainn riamh ort mu cionnas a bha thu ri bhi air do shaoradh, tha thu fhathast a'd' choigreach air fior-dhiadhachd. Cha n-eil thu ach a'd Chriosdaidh a thaobh ainme. Tha thu fad o Dhia, agus ann an cŏr ro chunnartach. O ma ta guidh air Dia gun teagaisg e thu le Spiorad! Aslaich air gun toir e air falbh uat do chridhe cloiche, agus gnn dean e thu anabarrach tìtheach air slàinte.

Ach ma tha iomagainn ort mu shonus t-anma; ma tha thu da rìreadh ag ràdh, Ciod is còir dhomh a dheanamh chum gun saorar mi? an sin feòraichidh mi, Cò uaithe tha dùil agad ri cobhair fhaotainn? Ma tha thu deònach a bhi air do shaoradh o'n fhéirg a ta ri teachd, Ciod an dòigh a tha thu air son a ghabhail? Am beil thu 'g ràdh, "'S éigin domh àithreachas a ghabhail, agus ath-leasachadh-a dheanamh?" Tha sin fior, 's éigin dut. Ach am beil dùil agad gur leòir aithreachas, no ath-leasach-adh a shaoradh t-anma? Cha leòir idir, 'S e Iosa Criosd an t-aon Fhear-saoraidh. Sheòl an t-Abstol do pheacaich creidsinn ann. 'S e sin do cheud ghnothach. Guidh gu'm faigh thu creideamh. 'S e sin tiodhlaca Dhé; agus bheir e dhuit e ma-

dh'iarras tu air e. Agu sma chreideas tu gu neo-chealgach, thig aithreachas, agus ath-leasachadh 'na cho-lòrg, maille ris gach deagh obair, leis am beil fior-chreideamh cho so-aithneachaidh, "'sa dh' aithnear a' chraobh air a toradh." Nach grad a dhearbh am fear-coimheid a chreideamh air an dòigh so. Nochd e cho ullamh 'sa bha e gus an soisgeul a chluinntinn air a shearmonachadh le Abstoil Chriosd; agus chuir e ri oibribh cràbhach, gniomh-arran seirceil; ghabh e "Pòl agus Silas, air a' cheart àm sin, agus nigh e an creuchdan," ghabh e sealbh air a' chreideamh ùr so air an d' rinneadh tàir, le bhi air a bhaisteadh, agus air eadar-dhealachadh o chàirdean ana-creideach. Air an dòigh cheudna cuireamaid eadar-dhealachadh eadar sinn-féin san saoghal diomhain, meallta, agus aidicheamaid gu fearail cò dha a bhuineas sinn; leis an teas-ghràdh is mò a nochdadh do mhinistearaibh agus do luchd-munntir Dhé.—*Amen.*

SEARMOIN II.

MU'N T-SLIGHE LEATHANN AGUS AITH-LEATHANN.

MAT. vii. 13, 14.

Imichibh a steach air an dorus chumhann; oir is farsuinn an dorus, agus is leathann an t-slighe, a ta treòrachadh chum sgrios, agus is lìonmhor iad a ta dol a steach oirre: Ach is cumhann an dorus, agus is aimhleathan an t-slighe a ta treòrachadh chum na beatha, agus is tearc iad a ta 'g amas oirre.

Is ceart a tha beatha duine air a sàmhlachadh ri turas, agus gach duine ri fear-turais; oir tha ar beatha ro ghearr, agus cha n-e an cŏr sam beil sinn san àm ar fois iomlan, ach a mhàin 'gar n-ullachadh fa-chomhair. Tha ni-eigin sònraichte aig gach neach san amharc, agus tha e gach lath a' triall an dara cuid chum nèimh no do dh' ifrinn.

Bithidh mòr mheas aig gach neach a tha measail mu ainm agus mu ùghdarras Iosa Criosd, air na briathraibh sin; oir is iad sin a bhriathran féin, agus tha e feumail do gach aon againn an toirt fainear. Tha iad a' co-sheasamh ann an earail ghearr—" Rachaibh a steach air an dorus chumhann;" agus aobhar cudthromach chum a ghabhail mar roghainn air an dorus fharrsainn; oir tha 'n dorus farsainn a' treòrachadh a chum sgrios, ach an dorus cumhann chum na beatha maireannaich. Ann an labhairt ni's faide o na briathraibh sin, thugamaid fainear.

I. An dorus farsainn, agus an t-slighe leathann, agus c' àit a bheir i sinn.

II. An dorus cumhann, agus t-slighe aimhleathann, agus c' àit a threòraicheas i sinn.

III. An earail a' sparradh—" Rachaibh a steach air an dorus chumhann."

Agus a nise, O thus' a tha faicinn a mhath agus an uilc ! Thusa d' an aithne gach cridhe, 's a tha fiosrach cò de 'n dà shlighe sin air am beil sinn, dean am facal feumail duinn uile, agus aom peacaich bhochda gu roghainn a dheanamh do 'n t-slighe aimhleathann, chum gu'm faigh iad a' bheatha mhaireannach.

I. Tha sinn ris an t-slighe leathann a thoirt fainear—agus ciod e sin ach am peacadh ? Ma tha rathad do dh' Ifrinn, 's cinnteach gur e peacadh an rathad sin, oir "is e duais a' pheacaidh am bàs;" agus cuimhnicheadh peacaich, "gur e an ni a chuireas neach a bhuaineas e mar an ceudna." "Ma chaitheas sinn ar beatha a réir na feòla, bàsaichidh sinn." (Rom. vi. 23) Gun teagamh si slighe a' pheacaidh slighe léir-sgrios. Ach faodaidh e bhi feumail an t-slighe leathann so ainmeachadh ni's mionaidiche. Nochdaidh sinn uime sin, gum beil aig gach neach a tha 'g imeachd oirre, *inntinn neo-chùramach—cridhe feòlmhor,* no, tha *caithe-beatha mhi-dhiadhaidh.*

1. *Inntinn neo-chùramach.* Agus, mo thruaighe, tha sin tuilleadh 's tric. Nach iomadh neach a tha cho dearmadach m' an anmaibh, 's ged nach biodh anam idir aca. Cha mhò tha iad a' smuainteachadh mu Dhia, mu Chriosd, agus mu'n saoradh, na ged nach builicheadh Dia orra ceudfath an smuainteachaidh : tha iad mar na h-ainmhidhean a théid a dhìth. Ged is e crìoch mhòr ar cruthachaidh, eòlas a ghabhail air Dia, seirbhis a thoirt da, agus a ghlòrachadh, gidheadh tha daoin' a' deanamh gnàdhearmad air na nithibh sin. Ged is e eagal Dé

tùs a' ghliocais, agus cùram, an anma an t-aon ni feumail—gidheadh, tha na mìltean san dùthaich Chriosdaidh so a' caithe am beatha mar a mhuinntir a tha 'g àicheadh Dhé; agus cha n-eil Dia idir 'nan smuaintean. O amaideachd thar tomhas! Dùisg, O chadalaich, éirich, agus gairm air do Dhia, air eagal gun caillear thu. C'àit am beil do chogais? Ciod a tha 'm bàs ag ràdh? Nach eil e dlùthachadh riut? O mosgailibh suas as a mharbhchadal chunnartach so, agus smuaintichibh cò e sibh-féin, agus c' àit a tha sibh a' dol! Faodaidh e bhith gu'm beil cuid agaibh saor o na peacaibh is ro an-trom, gràineil, mar tha ain-diadhachd, neoghlaine, no misg; gidheadh biodh fhios agaibh ma tha sibh a' caitheadh ur beatha gu socrach mi-chùramach, gun sgoinn a bhi agaibh m'ur n-anamaibh no mu shìorruidheachd, gum beil sibh co-ionann ris na peacaich is ciontaiche, air an t-slighe leathann gu léir-sgrios.

2. A rithist: *Tha 'n cridhe saoghalta* no *feòlmhor* air a ghabhail a stigh; mar tha 'n Spiorad Naomh' a' cur an céill gum beil cridhe an duine 'na chŏr nàdurra truaillidh. Tha *inntinn* neo-bhàsmhor an duine, a bha air tùs air a cruthachadh a réir dreach Dhé agus air a dealbh fa-chomhair oibre spioradail, a nis, trid tuiteam Adhaimh, air fàs *feòlmhor*. 'S amhail a tha Pòl ag ràdh san 8 Caib. chum nan Ròmhanach, 5 rann. "Oir an dream a ta 'réir na feòla, tha 'n aire air na nithibh sin a bhuineas do'n fheòil; ach an dream a ta 'réir an Spioraid, air na nithibh sin a bhuineas do'n Spiorad." Tha 'n duine feòlmhor gu h-iomlan air son an t-saoghail: 'S ann a tha iomagainn, a dhòchais eagail, a rùin, a shòlais, a spàirn, a chainnt, gu h-iomlan mu thimchioll an t-saoghail. Tha inntinn shaoghalta air a dear-lionadh le cùram an t-saoghail, air chŏr 's mar thachair aig Betlehem, nach robh ionad falamh san tigh-òsda air son Chriosd.

Ach thugaibh fainear cò air bith a tha sa' chŏr so, gu'm beil a air an t-slighe leathann; oir tha facal Dé ag ràdh, "nach eil iadsan a tha san fheòil comasach air Dia a thoileachadh; agus "gum beil an inntinn fheòlmhor 'na nàimhdeas an aghaidh Dhé." 'S e so cŏr muladach ioma neach a tha 'am barail dhaoine, gu h-adhartach, dìchiollach, deagh-bheusach; ach rè na h-ùine tha iad fada bho Dhia; "tha iad feòlmhor as eugmhais an Spioraid;" agus do brìgh gum beil iad an ro thòir air nithibh talmhaidh, 'se léir-sgrios is deireadh dhaibh, mar gabh iad aithreachas, Phil. iii, 19.

Aon uair eile, thugaibh fainear, gum beil an t-slighe leathann, a' gabhail a stigh *droch caithe-beatha*,—beatha pheacach. Ge b' e chaitheas a bheatha ann an eas-umhlachd thoileil do dh' àintibh Dhé, tha e gun teagamh sam bith air an t-slighe chum sgrios. Na mealladh aon neach e-féin le leith-sgeulaibh faoine. "An tì a ni peacadh is ann o'n diabhol a ta e." (1 Eoin iii. 8.) "Nach eil fhios agaibh," ars' an t-abstol Pòl, "nach sealbhaich luchd-deanamh na h-eucorach rìoghachd Dhé? Na meallar sibh: cha sealbhaich luchd-strìopachais, no luchd-adhaltranais, no gadaichean, no daoine sanntach, no misgeirean, rìoghachd Dhé." (1 Cor. vi. 9, 10.) Cha mheas Dia neo-chiontach esan a bheir ainm 'an diomhanas; cha mhò théid fear-bhriseadh na sàbaid as gun pheanas. Cionnas ma ta, a tha peacaich thruagh gam mealladh féin le dòchas ri saoradh? oir, "Air son nan nithe sin, tha fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-easùmhlachd." Eph. v. 6.

4. Faodar peacadh eile is ro-mhilltiche no a h-aon diù sin a chur ris an àireamh ud, eadhon peacadh an ana-creidimh. Ged a bhiodh neach saor o mhòr-an do na peacaidh a chaidh ainmeachadh, gidheadh bhiodh mi-chreideamh mar chloich-mhuillinn mu mhuineal, ga chur fodha do shlughan na truaighe. Chuir Dia, á pailteas a mhòr-thròcair, a Mhac chum a bhi 'na Fhear-saoraidh do'n chinne-dhaonna

agus chuir e a shoisgeul chum sin a chur an céill duinn, uime sin cha-n fhaod aon ni a bhi ni's fuathaiche leis, na dearmad a dheanamh air an t-slàinte sin a tha cho mòr; no cùl a chur ris-san a tha labhairt o nèamh. Am feadh a tha ar Slànaighear beannaichte tròcaireach a' gealltainn, "gun saorar esan a chreideas," tha e ceart cho cinnteach ag ràdh, "an tì nach creid, gun dìtear e." Marc. xvi. 16.

'S e so, ma ta, an dorus farsuinn, agus an t-slighe leathann,—eadhon, inntinn neo-chùramach,—cridhe feòlmhor, agus caithe-beatha aingidh; agus tha iad sin uile maille ri mi-chreideamh, a tha cur cùl ris an aon innleachd chum slàinte, a' treòrachadh gu sgrios cinnteach agus bith-bhuan.

Ach theagamh gu'm feòraich thu, c'arson a tha na nithe sin air an cur cho soilleir an céill? C'arson a tha iad air an coimeas ri dorus farsainn, agus ri slighe leathann? Tha 'n t-aobhar soilleir; oir mar tha e furasda dol tre dhorus farsainn, agus imeachd air slighe leathann, cha mhò tha peacach a' tachairt ri aon ni gu bhacadh o dhol a steach air slighe a' pheacaidh, agus gun e dh' faireachadh dragh sam bith gu imeachd innte.

Tha ar gnè thruaillidh gu dian gar n-aomadh gu peacachadh. Tha Diabhidh ag ràdh, (Sàlm li. 5.) "Gheineadh sinn ann am peacadh, agus dhealbhadh sinn ann an aingidheachd;" agus gum beil "na haingidh a' claonadh o'n bhroinn, agus a' dol air seacharan o'm breith, a' labhairt bhreug." Tha fios agaibh nach ruig clann bheag a leas neach air bith gu'm fòghlum gu bhi aingidh. Tha peacadh air fhadhairt 'nar fior-ghnè, agus tha sinn ag imeachd air slighe a' pheacaidh ás ar ceann féin; tha e taitneach agus furasda dhuinn; am feadh a tha fuath nadurra againn do'n t-slighe aith-eathann, agus ni sinn dimeas orrasan a ghluaiseas innte.

Os-barr, cha n-eil iadsan a ta air an t-slighe leathann a' coinneachadh aon ni a chuireas maille

orra o'n t-saoghal, no o'n diabhol. 'S i 'n t-slighe leathann, slighe an t-saoghail; oir tha 'n t-abstol Eoin ag ràdh, "gum beil an saoghal uile 'nan laidhe 'an aingidheachd," ach a mhain an àireamh bheag shona sin a tha air an saoradh uaithe tre ghràs Dhé. Faodar gach seòrsa dhaoine fhaicinn air an t-slighe leathann so, o'n rìgh gus an dìol-deirce. 'S furasda imeachd air slighe leathann maille ri mòr-chuideachd, ma bhitheas iad uile a' dol an t-aon rathad, ni tha iad a' deanamh sa' chùis so; agus is ionmhainn leis an t-saoghal a' mhuinntir féin. Air an t-slighe so tha daoine a' gabhail an leithsgeil a chionn gum beil e cho gnàthaichte. Tha sgàth orra bhi sònraichte, ged bhiodh an coguis air uairibh a' leum nan aodann air son an droch gnàthachaidh. Tha sòlas a' pheacaidh gam fũran air an aghaidh, a dh' aindeoin gach sanus a gheibh iad mu'n cunnart; agus tha 'n dòchas ri buannachd agus deagh-ghean dhaoine gan tàladh air an adhart; agus tha eagal orra gu'n caill iad sin, mu dh' fhàsas iad diadhaidh.

Tha 'n t-slighe so gu leathann socrach, a chionn nach eil an droch spiorad a' cur dragh sam bith air a' mhuinntir a dh' imicheas innte. Am feadh "a tha 'n duine làidir fo armaibh a' coimheid an tighe, tha 'n airneis 'an sìth." Tha e gu làidir a' cur an aghaidh muinntir Dhé a ta air an t-slighe aimh-leathainn; tha e connsachadh gach oirleach de 'n rathad riu; ach tha e'n co-bhainn r'a mhuinntir féin; tha e a' toirt ionnsaidh air an cumail 'an suain a' pheacaidh; tha e dalladh an inntinn, air eagal gun dealraicheadh solus an t-soisgeil a steach orra, agus tha e 'g oibreachadh fuath annta an aghaidh searmonaichean dìleas an t-soisgeil, a tha camharr-achadh a mach dhaibh am peacaidh agus an cunn-airt. Seadh, tha e deanamh riu mar gnàthaich e ar ceud mhàthair, 'nuair bhuair e i gu itheadh de 'n mheas thoirmisgte. Thuirt Dia, "Ma dh' itheas sibh e; gu cinnteach gheibh sibh bàs:" Ach tha

athair so nam breug a' cur an aghaidh a bhagraidh sin, le comhairleachadh dh'i itheadh, le ràdh, " Gu cinnteach cha 'n fhaigh sibh bàs." Ionnas gum beil ar Slànaighear gu soilleir a' nochdadh, gum beil slighe leathann a' pheacaidh a' treòrachadh gu sgrios ; ach tha nàmhaid ar n-anma, a' mealladh pheacach bhochda, agus a' toirt a chreidsinn, orra ged a chaith iad am beatha ann am peacadh agus 'am mi-chreideamh, nach téid an sgrios mar chaidh a bhagradh.

Ach cò a' chreideas sibh?—Dia na fìrinn, no athair nam breug? Thugaibh fainear an stéidh-theagaisg, "tha 'n t-slighe leathann a' treòrachadh chum sgrios ;" agus O smuaintich ciod e an sgrios sin! Smuaintich cia "eagalach an ni tuiteam an làmhaibh an Dé bheò." Smaointich, O smaointich, air a' chuaimh nach bàsaich, a's air an teine nach téid a chaoidh ás!" Ciod nach deanadh sibh chum ur maoin shaoghalta a ghleidheadh tearuinte, 'ur càirdean agus 'ur beatha; ach mo thruaighe ciod iad sin 'an coimeas ri luach ar n-anma neo-bhàsmhoir? "Oir ciod e an tairbhe do dhuine, ged a choisneadh e 'n saoghal gu h-iomlan, agus anam a chall? no, ciod a bheir duine an éirig anma?" Am b' àill leibh ma ta, an truaighe so a sheachnadh, agus 's cinnteach gum b' àill, 's éigin duibh, an t-slighe leathann so a thréigsinn ; agus buidheachas do Dhia cha n-eil e fhathast tuilleadh 's anamoch dhuibh a tréigsinn : agus 's éigin duibh dol a stigh air an dorus chumhann, agus air an t-slighe aimhleathainn, air an ainmeachadh san stéidh-theagaisg. Thugamaid,

II. Fainear ciod a th' air a chiallachadh leis an dorus chumhang, agus an t-slighe aimhleathain, agus c' àit a threòraicheas iad sinn.

'S e rùn nam briathran sin fheuchainn gum beil tùs diadhachd cruaidh agus deacair, agus gur éigin duibh ar cunntas a leigeadh ri saothair agus ri

cruaidh-chas 'n-ar dol air ur n-aghaidh ann. Faodar an t-iomlan a chuartachadh a stigh ann an tri facail, AITHREACHAS, CREIDEAMH, agus NAOMHACHD. Ni beagan mìneachaidh orra-sin iomchuidheachd an stéidh-theagaisg a dhearbhadh.

Chaidh Eoin Baiste, ar Slànaighear, agus na h-Abstoil uile a mach a shearmonachadh AITHREACHAIS; agus tha cinnt air a thoirt duinn, as eugmhais so gur éigin duinn dol a mugha. 'S éigin gum bi aithreachas cràiteach : oir tha e gu mòr a' co-sheasamh ann am bròn diadhaidh air son peacaidh, an co-chuideachda ri rùn-suidhichte chum cùl a chur ris, ge b' e spàirn a bhitheas 'na dheanamh. Bheir an t-aithreachan fainear, air dha bhi mothachail gun do pheacaich e, gun tàinig e gearr air glòir Dhé, gun do mhill se e-féin leis a' pheacadh, gum beil e buailteach do dh'fhéirg uabhasach Dhé, agus gun do mhi-ghnàthaich e a chuid a chaidh seachad d' a bheatha, ach gur éigin da a nise cùl a chur r'a uile pheacaidh, ged a bhiodh iad dha mar làimh no mar shùil dheis. Measaidh an duine nadurra so uile mi-thaitneach, agus draghail. Tha e neo-thoileach air smaointeachadh air a' pheacadh, agus cho cunnartach 's a tha iad, agus ni 's neo-thoiliche cùl a chur riu. Tha e a' seachnadh so a dheanamh, mar sheachnadh duine dol a stigh air dorus ro chumhann iosal, am feadh, air leis, a dh' fhaodadh e dol a steach air dorus fial, farsuinn.

Tha CREIDEAMH mar an ceudna air a chiallachadh mar an t-slighe aith-leathann. "'S ann tre ghràs a tha sinn air âr saoradh, *tre chreideamh;*" agus "as eugmhais creidimh 's eacomasach Dia a thoileachadh." 'S ann a tha fior chreideamh a' co-sheasamh ann an sinn a thoirt na h-urrad chreideis do shoisgeul Iosa Criosd, 's gu 'n gabh sinn ris mar ar n-aon Slànaighear ; a' glan chùlachadh ar n-earbs' as ar n-oibre no as ar fìreantachd féin, a' strìochdadh gu bhi air ar saoradh a mhàin

tre dheagh-ghean Dhé ann an Criosd, ceart mar nìtear cobhair air dìol-déirce le déirc a thoirt dha. 'S e Iosa Criosd, e-féin, "an t-slighe." "'S mise," a deir e, (Eoin xiv. 6,) "an t-slighe:—cha tig aon neach chum an Athar ach tromsa:" agus is ann tre chreideamh a tha sinn ag imeachd air an t-slighe so; oir 's ann tre chreideamh a tha gach fior Chriosdaidh a' caitheadh a bheatha, agus a' gluasad maille ri Dia.

Tha 'n dòigh so air ar caithe-beatha, a' cur cùl ri aon earbs' a dheanamh as ar n-oibridh féin, gam meas air an dòigh so, mar "aolach agus mar ni nach fiù, chum gum faigh sinn Criosd;" tha 'n dòigh so cho calg-dhìreach an aghaidh ar claon-thogradh nàdurra, agus cho neo-mheasail do dhuine féin-ionraic, 's gur ceart a theirear slighe aith-leathann rithe. Tha na mìltean cho mòr as an deagh chridheachan agus as an deagh oibribh féin, 's nach b' fhiach leo bhi 'n eiseimeil Chriosd air son fhìreantachd. Tha iad am barail gum beil iad féin saibhir, gun fheum ac' air ni sam bith; am feadh is ann a tha iad, bochd, truaillidh, truagh, dall, agus lomnochd, (Tais. iii. 18.) Bha 'm Phairiseach uaimhreach air am beil sinn a' leughadh san t-soisgeul, air a shéideadh suas cho mòr le àrd-bharail mu dhleasanais, agus mu oibrichean, 's nach bu chomasach dha e-féin a strìochda gu dol a steach air an dorus chumhann; ach air do 'n Chìs-mhaor bhochd a mhothachadh gun robh e-féin 'na pheacach, chrom se e-féin gu h-ùmhal an làthair Dhé, agus chaidh e steach air an dorus chumhann, ag éigheach, "A Dhé bi tròcaireach ormsa ta 'm pheacach!"

Tha slighe na NAOMHACHD mar an ceudna 'na slighe aith-leathann. Tha Naomhachd a' co-sheasamh 'n-ar toilne a bhi 'co-fhreagradh do thoil Dé; tha sin air oibreachadh le cumhachd an Spioraid Naoimh', ann an ath-gheinmhainn a' pheacaich. Tha reachd Dhé sgrìobht' air a' chridhe, leis am

beil e toileach cur an aghaidh buairidh ; cùl a chur ri peacadh, agus a chleachdadh ùmhlachd a thoirt do dh'àintibh Dhé. Le so a dheanamh, s éigin duinn sinn-féin àicheadh, ar crann-ceusaidh a thogail gach latha, agus Criosd a leantainn. 'S fheudar dhuinn ar feòil a chlaoidh maille ri h-an-tograidh agus a h-ana-miannan. 'S fheudar dhuinn seann duine a' pheacaidh a cheusadh, agus gluasad, ni h-ann a réir gnàth an t-saoghail, no na feòla, ach a réir an Spioraid. Le so a dheanamh, 's éigin duinn ar cunntas a leagadh ri ioma cruaidhchas a thachairt oirnn. Coinnichidh sinn gnàth chòmhrag o'r truailleachd féin, lagh ar ballaibh a' strìgh ri lagh ar n-inntinn. Fuiligidh sinn mar an ceudna mi-chliù agus tàir o'n t-saoghal ; oir " fuiligidh gach neach a chaitheas beatha dhiadhaidh ann an Iosa Criosd, geur-leanmhainn ;"—agus a bharr air so uile, tha Dia ar n-Athair nèamhaidh, a' faicinn iomchuidh ar smachdachadh le slat an àmhghair, ni a thig air uile chloinn Dé chum am math spioradail, " chum gum bi co-pairt aca d'a naomhachd."

Uime sin, air dhuinn gnè Aithreachais, Creidimh, agus Naomhachd a thoirt fainear, chì sinn gu soilleir cia cothromach a dh' fhaodar a ràdh gum beil am fior Chriosdaidh an àm tòiseachadh air a' bheatha dhiadhaidh a' dol tre dhorus cumhann, agus a' dol air aghaidh ann air slighe aith-leathann. Ach theagamh gum faodar cunnuil a thogail an aghaidh so, le ràdh, gum beil ar Tighearn ag ràdh, " Gabh-aibh mo chuing oirbh, oir tha mo chuing-sa so-iomchar, agus tha m' uallach eatrom." Nach eil Solamh ag ràdh, " Gum beil sligheannan gliocais nan slighleannan subhachais, agus gur sìth a ceum-annan ?" Agus tha Eoin ag ràdh, nach eil " àintean Chriosd doilgheasach ?" Cionnas ma ta a tha e fìor, gum beil an dorus cumhann, agus an t-slighe aith-leathann ?

'S e mo fhreagradh, Gum beil sligheannan na

diadhachd socrach agus taitneach nan gnè féin ; 's ann a tha 'n cruaidh-chais ag éiridh o thruailleachd ar nàduir. Tha na h-ainglean a' deanamh toil Dé gu réidh suilbhearra, oir cha n-eil gnè pheacaidh nan aoraidh chum am bacadh ;—Ach trid a chumhachd th' aig peacadh 'n-ar cridheachaibh, tha inndrinn air beatha dhiadhaidh a' fàs deacair agus dodheante ; agus a thaobh iarmad de'n truailleachd sin a tha buanachadh an am muinntir iompaichte, tha rud eigin de'n chruaidh-chas sin ga fhaireachadh, fad an turais ;—gidheadh tha gràs ga dheanamh furasta, agus iomadh uair taitneach air chŏr 's nach ion do chreideach sam bith aithreachas a ghabhail ás an roghainn a ghabh e, cha mhò is deòin leis pilleadh air ais air son na spàirn a tha e fulang ; ach coltach ri Maois o shean, tha iad " a roghnachadh àmhghair fhulang maille ri sluagh Dhé, seach sòlas a' pheacaidh a mhealtainn rè seal ; a' meas sgainnil Chriosd ni 's luachmhoire na ionmhas na h-Eiphid ;" agus air son an deagh aobhar cheudna, air dhaibh " meas a bhi aca air dìol-thurasdal dligheach ;" agus tha so ga m' thoirt a chum an,

III. Chum an earail earalachadh,—" Rachaibh a steach air an dorus chumhann."

O cia glic, gràsmhor, agus àghmhor a' chomhairle so. Gun deònaiche Dia ar cridheachan aomadh chum géill a thoirt d'i. Cha n-eil ach da rathad air an urrainn duinn imeachd, aon chum truaighe shìorruidh,—an t-aon eile chum sonas bith-bhuan ; 's a chum 's nach téid sinn am mearachd, tha Iosa gu tròcaireach a' comharrachadh a mach na slighe cheirt ;—tha'n dorus cumhann, an t-slighe aithleathann, agus cha n-eil ach beagan ag imeachd innte. Tha e fior gum beil spàirn san t-slighe, ach ni nèamh co-leasachadh air a son. 'S fiach nèamh gach dragh a ghabhail air a son ! Na biodhamaid n-ar cladhairean cho mòr 's gun gabh sinn eagal air son neo-ni do thrioblaid ; cha-n fhaighear a bheag

sa' bheatha so féin gun dragh. Cha n-ionnsaich leanamh leughadh a dheanamh gun dragh agus gun chùram. Cha n-ionnsaich òganach ceaird gun saothair; cha n-urrainn duinn gnothaichean a ghiùlan air an aghaidh gun chùram agus gun saothair; ach an cùm an dragh sin sinn gun an deanamh? Cha chùm: tha sinn gu ciallach a 'meas na buannachd, agus a' deanamh da réir.

Ni mò bhitheas sinn air ar n-aomadh le meud cuideachda. "Na leanaibh a mhòr-bhuidheann chum olc a dheanamh." Na smaoinicheamaid gum beil sinn ceart, a chionn sinn a dheanamh mar ni àcch. 'S éigin duinn sinn-féin a chuir an teagamh ma ni sinn sin. Tha 'n t-slighe leathann dùmhail le luchd-turais; ach cha n-eil ach eil-thireach an so 's an sud air an t-slighe aith-leathann; agus bu chòir dha so iompaidh a chur oirnn gun bhi fo nàire a chionn a bhi còrr ann an deagh aobhar. Tha Criosd' a' teagasg nach ion duinn sùil a bhi againn ri mòran luchd-leanmhainn an tòir air diadhachd.

Ro mhath mata, thugamaid ionnsaidh, tre ghràs Dé, air a bheatha mhaireannaich fhaotainn ge b'e air bith na chosgas e dhuinn. Air an darna làimh, tha slighe leathann làn de luchd-turais, far am faighear iomadh culaidh-shùgraidh fhaoin, dhiombuan, gun seadh, nach mair ach car tiotadh, agus an deigh sin (O m'anam bi air bhall-chrith leis an smuain!) thig *Léir-sgrios!* agus ceann-crìche gach sòlas a chaoidh. Truaighe, cràdh, peanas, gun traòghadh gun sgur am feasd! Eadar-sgarachdain sìorruidh o làthaireachd Dhé, tobar na beatha!—agus a bhi cuibhrichte ann an slàbhraibh dorchadais, maille ri deamhnaibh agus ri spioradaibh mallaichte gu sìorruidh.

Air an laimh eile, chuir Dia far-comhair slighe na beatha. Tha 'n dorus cumhann,—an t-slighe aith-leathann. Tha cruaidh-chais san rathad, ach tha gràs gan lùghdachadh, agus gan ciùineachadh

uile, ionnas gu'm beil a' chuid is deacaire do shlighe Chriosd ni 's taitniche no chuid is fearr do shlighe an droch-spioraid; agus 's e cùis is fearr air fad gur e is crìoch dhaibh a' bheatha mhaireannach! —agus, O! cò is urrainn innse, ciod an cridhe is urrainn a thuigsinn, na thaisg Dia suas fa 'n comh-air-san leis an ionmhainn e! Am beil aon anam iompaichte ann an glòir leis an aithreach na rinn e ann an diadhachd? An duilich leis gun do ghabh e aithreachas? Am beil duilichinn air a chionn gun do chreid e ann an Criosd Mac Dhé? Am beil e duilich air son gun do ghluais e ann an slighe na naomhachd? 'S cinnteach nach eil! Tha gach naomh ann an glòir a' beachdachadh le mòr aiteas, air saibhreas gràs Dé, a neartaich e gus an cunnart a tha san t-slighe leathann, air an robh e aon uair ag imeachd, fhaicinn, 's a stiùir e chum na slighe aith-leathann d'an crìoch a' bheatha mhaireannach.

Thugaibh uime sin géill do dh' fhacal an Tighearna, "Deanaibh spairn chruaidh gu dol a steach air an dorus chumhann." Deanaibh strìgh chum a dheanamh,—deanaibh e air gach aon chŏr. Na cuiribh dàil sam bith 'na dheanamh. "Teichibh air son ur n-anma,—na seallaibh 'n-ur déigh, agus na stadaibh sa chòmhnard uile; teichibh do 'n t-sliabh, air eagal gu millear sibh!" Teichibh o'n fhéirg a ta ri teachd!—"oir iarraidh mòran dol a steach, agus cha n-urrainn iad." (Luc. xiii. 24.) Tha iomadh neach leis am bu mhath dol do nèamh, ach tha iad ag iarraidh dol ann air mhodh cho fionnar, no air slighibh mearachdach, 's nach comasach dhaibh am feasd ruigheachd air;—agus cia iomadh a tha nis a' deanamh dearmad air a bhuaileas fhathast aig an dorus, ag iarraidh dol a stigh 'nuair a bhitheas e air a dhùnadh! A nise ma ta, am feadh a ghairmear an latha an-diugh ris éisdeamaid r'a ghuth! Biodhamaid cùramach 'a coimheid na Sàbaid, a' dol a dh' éisdeachd an fhacail air a shear-

monachadh cho tric sa dh' fhaodas sinn, agus a' leughadh facail Dé gach latha; ach gu sònraichte deanamaid strìgh ri Dia ann an ùrnaigh, gun deònaichadh e dhuinn a spìorad chum ar teagasg agus ar còmhnadh chum an trom-aithreachas sin oibreachadh 'nar cridheachaibh, am fior-chreideamh, agus naomhachd sin, nì is iad fior ghnàthachadh na h-aiteam a ghluaiseas air an t-slighe chumhann do nèamh.

SEARMOIN III.

MU GHNE SPIORADALACHD AGUS FEUM AN LAGHA.

ROM. vii. 9.

Oir bha mise beò; as eugmhais an lagha uair-eigin; ach air teachd do'n aithne, dh'ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mise bàs.

Tha e air a ràdh gu riochdail san Sgriobtur, "Nach eil feum aig an aiteam a tha slàn air an leigh, ach aca-san a tha euslan." Chaidh Euglais Chriosd a choimeas, gu cothromach, ri tigh-eiridinn, chum nach eil aon neach a' dol ach iadsan a tha tinn; cha n-ioghnadh ma ta ged a sheachnas an sunntach agus am fallain e. Ach cò dhiù tha no nach eil fios againn air, tha ar n-anmannan an cunnart le galar marbhtach; agus 'se comharradh is measa air an eugail an uair nach eil sinn fiosrach oirre.

Cha mheasar taitneach le neach innseadh dha mu aon ni a bhios am mearachd mu shlàinte, mu theaghlach, no mu ghnothaichibh; gidheadh 's fior charaid a ni e: theirear gur math an sgàthan sùil caraid: agus is duine glic a ghabhas ris a' chomhairle. Chum na crìche so, chaidh Eoin Baiste chur air thoiseach air Criosd, chum le aithreachas a shearmonachadh, gun ullaicheadh e'n t-slighe roimhe; agus ghabh deisgiobuil Eoin gu toileach ri 'r Slànaighear. As eugmhais sinn a bhi eòlach oirnn féin mar pheacaich, cha n-urrainn duinn an soisgeul a thuigsinn, no idir meas a bhi againn air Iosa;—agus si so iuchair an eòlais, an

aghaidh dearmad a dheanamh air an t-slàinte mhòir. An uair a shearmonaich ar Tighearn e-féin agus a chuid Abstol an soisgeul, 's tearc a chreid an teachdaireachd nèamhaidh ; 's beag nach do theann an t-iomlan ri'n leithsgeul a ghabhail 'na aghaidh ; bha aon a' dol a chum fhearuinn, aon eile chum a cheannaidheachd. Am feadh a tha'n t-iomlan do dh'aire dhaoine air an toil-inntinn agus air buannachd, tha e soilleir gur ann a tha'n dearmad ag éiridh o aineolas air am fior chŏr ; agus tha so ag éiridh o bhi ain-eolach air lagh Dhé, ni is e'n t-aon riaghailt leis an tuig sinn sinn-féin.

'S ann uaithe so a tha Pòl, air dha a rùn a bhi air san Litir so labhairt gu soilleir mu thimchioll cùis chudthromach an fhìreanachaidh, no bhi air ar fìreanachadh an làthair Dhé, tha e tabhairt an aire sa' cheud àite, gu dhearbhadh gum beil gach neach 's an t-saoghal peacach,—na Cinnich, an aghaidh lagh nàduir, agus na h-Iudhaich, an aghaidh an lagha sgrìobhta, no no deich àintean. 'S math a bha fios aig' air feumalachd a mheadhoin so ; oir tha e 'g ràdh san stéidh-theagaisg, "gun robh e uair-eigin beò gun an lagh," &c.—'se sin, am feadh a bha e neo-iompaichte agus 'na Phairseach uaibhreach, bha ard bharail aig' uime féin ; a' baralachadh gun robh gach ni gu math eadar Dia agus anam ; cha-n fhac e e-féin marbh fo'n lagh, air dha bhi gu ceart-bhreitheach air a dhìteadh fo'n lagh air son a pheacaidh ; ach bha e gu dalma beò 'na bheachd féin ; agus 's ann a dh' éirich a mhearachd o aineolas air an lagh. Bha e "as eugmhais an lagha," ni h-ann as eugmhais a litir ; b' urrainn da an t-iomlan deth aithris o mheoghair ; ach cha do thuig e a sheadh spioradail. Ach an uair a thàinig an àinte, gu h-àraidh an deicheamh àinte ; an uair a thàinig i le sòlas agus cumhachd an Spioraid Naoimh' a chum inntinn agus a' choguis ; an uair a thuig e gun do dhrùigh i air a smuaintibh,

air a rùin, air a bheachd, agus air miann a chridhe, cho math agus air a chainnt agus air a ghniomharra; ag àinte fior-ghlaine iomlan, agus a' dìteadh air son aon pheacadh, eadhon ann an smuain',—an sin thuirt e, "dh'ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mise bàs." An sin thuig e iomadh ni bhi peacach nach do mheas e a bhi mar sin riamh roimhe; agus mhothaich e gun robh làn-cheannas aig a' pheacadh air; dh' ath-bheothaich am peacadh na chogais; chunnaic se e 'na uile uabhas, ga fhàgail gu ceart-bhreitheach buailteach do dh' fhéirg Dhé; agus mhothaich e bhi fo chumhachd bàis agus dìteadh, mar dhuine marbh fo'n lagh, agus a' toilltinn bàs sìorruidh. A chum gun tuig sinn gu ceart an lagh, 'sa chum gum bi e dhuinn na "mhaighstir-sgoile gu'r toirt a dh' ionnsaidh Chriosd," Gabhamaid,

I. Beachd air an lagh naomha, tre'm beil eòlas air a' pheacadh; agus

II. A thoirt fainear an drùghadh a th' aig obair an lagha air a' chridhe.

I. Gabhamaid beachd air lagh naomha Dhé; oir 'sann leis a gheibh sinn eòlas air a' pheacadh.

Cùimhnichibh, mo chàirdean, gur e an Dia a chruthaich an saoghal, is Riaghlair air mar an ceudna. Tha e tòiseachadh air a lagh a chur an céill leis na briathraibh so, *Is mise Iehobhah*, am féin-bhith, ceud-thùs gach bith, ris am beil gach bith an earbsa; agus tha e 'cur ris, *Is mise do Dhia*, a' chumail an cùimhne nan Iudhach an dàimh a bh' aca ris; oir b' iadsan amhàin a bha nan luchd-aoraidh aige, ceart mar tha sinne; agus tha e 'g ràdh, *a thug a mach thu a tìr na h-Eiphit, agus a tigh na daorsa.* 'So far an robh iad fo fhiachaibh dha, air son an saorsainn iongantaich; air an dòigh cheudna tha saoradh pheacach tre Iosa Chriosd gan cuir fo fhiachaibh sònraichte gu ùmhlachd naomha thoirt seachad. Tha 'n duine 'na bhith reusonta,

agus ri freagradh do Dhia air son a ghiùlain. Tha na brùidean air an aomadh tre chlaonadh nadurra: ach 's iomchuidh gum bi daoine air am brosnachadh le aobhair cheart, chum ùmhlachd dheònach a thoirt do thoil ar Cruthadair. Thug Dia reachd do'n duine o thùs. Cha robh e sgrìobhte;—cha robh feum air e bhith. Cha mhòr nach b'e mìle bliadhna aois duine, agus bu réidh dhaibh an ni a theagaisg Dia do dh'Adhamh air tùs a theagasg d'an cloinn. Fadheòigh, chunnaic Dia iomchuidh an reachd so fhoillseachadh air Sliabh Shinai, le tairneanach uabhasach; agus mar an ceudna a sgrìobhadh air da chlàr chloiche. Bheir sibh fainear gum beil sùim lagh Dhé ann an aon fhacal, eadhon, Gradh; agus gum beil dà chuspair aig a ghràdh so; *Gràdh do Dhia*, air son mar tha e ann féin, agus air son nan sochairean a tha e 'buileachadh oirnne; agus *Gràdh do dhuine*, air sgàth Dhé.

Tha 'n gràdh is còir dhuinn a thoirt do Dhia air ainmeachadh air ceithir dòighibh; agus tha iad sin air an cur an céill sna ceud cheithir àintean.

'S i *cheud* Ainte, "Na biodh dée sam bith eile agad a'm' làthair-sa." Tha so ag iarraidh oirnn am fior Dhia, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh' aideachadh, mar an t-aon Dia beò amhàin, agus ar Dia-ne, an aghaidh gach gnè iodhal-aoraidh;—tha i mar an ceudna ag iarraidh oirnn gràdh, agus aoradh a thoirt da, mar Ughdar ar bith, agus mar stéidh ar sonais; agus faodar an àinte, so a bhriseadh, cha n-e mhàin le aoradh a thoirt do dhée eile, ach le iodhalan a chur suas n-ar cridheachaibh, le anabharra féin-ghràidh, no gràdh do chreatairibh, do chàirdean. airgead, no'n fheòil a shàsachadh; air chŏr, 's a reir so gum beil iomadh neach ag àicheadh Dhé, a' caithe am beatha as eugmhais Dhé; agus iomadaidh luchd iodhal-aoraidh, a' toirt aoradh do'n chreutair.

Tha 'n *dara* h-Ainte a' toirmeasg gach gnè aor-

aidh a thoirt do dhealbhaibh, agus ag àithne dhuinn aoradh a thoirt do Dhia air a mhodh a dh' òrduich e;—ach mo thruaighe! cia lionmhor iad a tha deanamh dearmad agus tàir air aoradh?—cia lionmhor iad a tha toirt aoradh do Dhia air mhodh saobh-chràbhach, agus a réir innleachdan dhaoine! nach lionmhor iad a tha leigeadh air di-chuimhn gur Spiorad Dia, agus gur eigin aoradh a thoirt da ann an spiorad agus am fìrinn! Nach iomadh faoineachd agus amaideachd a tha mòran a' co-measgadh 'nan aoradh!—ach 's diomhain duinn a bhi mar so a' deanamh fanaid air Dia, agus a' buntainn ris mar chealgairean, a' tarruinn dlù dha le'r bilibh am feadh a tha ar cridhe fada uaithe. Tha 'n reusan tha ceangailte ris an àinte so, "Oir tha mise an Tighearna do Dhia, a'm' Dhia eudmhor," &c. a' nochdadh cia mi-thaitneach a tha e le Dia dearmad a dheanamh air aoradh, no aoradh a thoirt da air mhodh mi-iomchuidh, agus gun dean a peanas air son a' pheacaidh ni h-e amhàin orrasan a ni e, ach mar an ceudna air an sliochd.

Tha 'n *treas* Ainte a' toirmeasg ainm an Tighearn a ghabhail an diòmhanas; ach mo thruaighe, cia eagalach an gnàthachadh coitcheann bhi ri mionnachadh agus ri mallachadh? Faodaidh sinn gu fìrinneach a ràdh, " air son mhionnan gum beil an tìr a' caoidh." Is toibheum uile chainnt dhroch dhaoine, " is uaigh fhosgailte an sgòrnan;" Is meas am boltrach na fàileadh lobhte seana chairbh; agus tha iomadh neach, ged nach eil iad ciontach do na mionnan is gairisniche, a their O Thighearna! O Dhé! O Chriosd! A Dhia beannaich sinn! A Dhé dean tròcair oirnn! &c. &c. Ach ged a tha 'n cleachdadh so coitcheann, gidheadh tuigeadh gach duine, gum beil Dia a' cur an céill "nach meas e neo-chiontach esan a bheir ainm an diomhanas." O! smuaintichibh cho cumhachdach 's a tha 'n Dia

sin ris am beil ar gnothach!—agus na tugamaid luaidh air ainm gun urram iomchuidh.

'S ann a tha *Cheathramh* àinte mu thimchioll coimhid naomha Là an Tighearna, no 'n t-Sàbaid Chriosdaidh. Cha 'n urrainn duinn gu leòir a mheas a bhi againn air mathas Dé le òrduchadh. Bu chòir dhuinn a bhi deas air a shon. 'S iomchuidh gu'm bi gach gnothach neo-fheumail air a leigeadh seachad; cha chòir gum bi neach a' falbh air thuras, no air aoidheachd, no socrachadh chunntas, a' sgrìobhadh litrichean, no idir a' faighinn no a' dìoladh tuarasdail. 'S iomchuidh gum bi an latha gu h-iomlan air a chaithe an aoradh diadhaidh follaiseach agus dìomhair, ach amhàin na tha feumail a bhuileachadh air obair na h-éigin agus na tròcair.

Nach muladach mar tha'n latha naomha so air a mhi-bhuileachadh le diomhanas, le turasaibh neo-fheumail, le dearmad a dheanamh air aoradh follaiseach Dhé, no le muinntir a tha dol do'n eaglais chum gum faic iad na coimhearsnaich, no gum faicear an aodach ùr; le dol do thighibh òsda, le leughadh phàipeirean-naigheachd, no le fearaschuideachd fhaoin, shaoghalta.

Uime sin tha briseadh na h-àinte so, agus na trì air thoiseach oirre a' sruthadh o chion gràidh do Dhia. Nan gràdhaicheamaid e mar am math is àirde, bu toigh leinn a latha, bheireamaid urram da ainm, agus bhiodh mòr mheas againn air aoradh. Nach do bhris sinn gach àinte dhiù sin? Nach eil aobhar againn a ràdh, "a Thighearna dean tròcair oirnn, agus aom ar cridhe chum an coimhid san àm ri teachd."

Tha sinn a nis a' dol air ar n-aghaidh chum dara clàr an lagha mhìneachadh. Tha na sèa Aintean fa-dheireadh mu thimchioll ar gràidh d'ar coimhearsnaich. 'S e sùim an iomlain, "Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu-féin."

Tha 'n *cùgeadh* Ainte mu thimchioll ar coimhearsnach is faigse, ar càirdean, ar pàrantan. 'S ann orra-sin a tha cosguis agus cùram ar n-àrach agus ar fòghlum;—cha n-urrainn duinn co-leasachadh a thoirt daibh an éirig an caoimhneis. Bu chòir dhuinn urram a thoirt daibh, le bhi ùmhal daibh, agus a bhi freagarrach d'an iarrtais; cha n-e mhàin an àm ar leanabaidheachd, ach an uair a thig sinn air ar n-aghaidh ann an aois;—'s còir dhuinn a bhi cùramach mu'n cliù, an euslainte a lughadachadh, agus ma bhios e feumail, am beathachadh 'nan sean aois.

Tha 'n àinte so mar an ceudna a' gabhail a stigh gach dleasanas eile, cò dhiù 's ann dhaibh-san an inbh àrd no ìosal, no d'ar coimpiribh féin; tha i mar an ceudna a' gabhail a stigh na dleasanais a bhuineas do sheirbhisich ìocadh d'am maighistiribh, agus iochdrain d'an uachdranaibh; tha i toirmeasg sùil-shéirbhis, a strùigheadh maoin ar n-uachdarain, no idir a bhi neo-dhìleas anns na dh' earbhas iad ruinn.

Tha 'n seathadh *Ainte* a' toirt seòladh dhuinn cionnas a nochdas sinn ar gràdh d'ar coimhearsnach, le cùram a bhi againn da bheatha agus da shlàinte; agus tha i toirmeasg cha n-e mhàin fior-mhortadh, ach mar an ceudna fearg, fuath, mi-rùn, agus gach gnè ana-cneastachd; oir "cò air bith a bheir fuath da bhràthair is mort air e," (1 Eoin iii. 15.) "Ge b'e neach a their r'a bhràthair, Raca (a thrustair) no amadain, gu'm bi e'n cunnart teine ifrinn;" (Mat. v. 22.) Tha gach cogadh mi-dhligheach, gach tuasaid, gach connsachadh, gach ana-gnàthachadh, agus gach brosnachadh a dh' fhaodas slàinte no beatha neach eile a dhochann, air a thoirmeasg. 'S lionmhor a tha pàrantan aosmhor air am mort le giùlan an-acneasta an cuid cloinne;—'s minig a tha mnathan deagh-bheusach air am mort le misg, lunndaireachd, agus le mi-ghnàth-

achadh an cuid fear; agus is tric a tha iomadh clann bhochd air am mort le dearmad agus le aingidheachd an pàrantan. Tha féin-mhort air a thoirmeasg, a chionn nach eil còir aig aon neach air a bheatha féin, ni's mò na th' aige air beatha a choimhearsnaich;—ach 'se *mort an anama* is measa de'n iòmlan. Tha pàrantan a tha dearmad an clann a theagasg, agus a tha toirt misnich dhaibh anns gach mi-bheus; misgeirean, luchd-neo-ghlaine, agus adhaltrais, 's a tha furan muinntir eile gu peacachadh maille riu féin, tha iad sin uile nam mortairean anma.

'S ann a tha 'n *seachdamh* Ainte mu thimchioll gràdh d' ar coimhearsnach, a thaobh fior-ghlainead cridhe, cainnt, agus beusan. Cha n-e mhàin gum beil i toirmeasg adhaltrannas a chur an gniomh le muinntir phòsta, ach mar an ceudna gach striopachas, ana-miann, agus macnus. Tha gach smuain, guth no sealladh ana-miannach, a' fàgail neach ciontach de'n pheacadh so an sealladh Dhé; oir 's amhail a tha Criosd a' mìneachadh na h-àinte so, ann am Mat. v. 28. "Ge b'e dh' amhairceas air mnaoi chum a miannachadh, gun d' rinn e adhaltrannas leatha 'na cridhe." Tha gach gnè do neo-ghlaine diomhair air an toirmeasg. Tha leabhraichean draosta, &c. air an toirmeasg. Ann an aon fhacal, tha 'n àithne so ag iarraidh an fhiorghlaine is iomlaine 'n-ar cridhe, 'n-ar cainnt, agus 'n-ar giùlan, agus ionnsaidh a thoirt gu muinntir eile a bhrosnachadh chum an ni ceudna.

Tha'n t-*ochdamh* Ainte g'ar seòladh mar a nochdas sinn ar gràdh d' ar coimhearsnach, a thaobh a mhaoin. Tha i toirmeasg dhuinn aon ni a ghabhail d'ar n-ionnsaidh féin a bhuineas do neach eile. Tha sannt a' brosnachadh dhaoine gu iomadh dòigh a ghabhail air cuir agus cealgaireachd. Tha iadsan a reiceas le toimhsean aotrom; iadsan a ghabhas fiachan orra féin an uair a tha iad fiosrach nach

urrainn iad an dìoladh; iadsan a shàraicheas am bochd; seirbhisich a ni dearmad air an gnothach, no a strùigheas maoin am maighistir,—uile mar mheirlich am fianais Dé. Tha 'n àinte so a' dol ni 's faide na 's urrainn lagh dhaoine ruigheachd: agus tha i 'g àinte gun dean sinn r'ar coimhearsnach, a thaobh a mhaoin, mar bu mhath leinn esan a dheanamh ruinne.

Tha 'n *naothadh* Ainte mu thimchioll ar spéis d'ar coimhearsnach a thaobh a chliù agus a dheagh ainm. Cha n-e mhàin gum beil fianais bhréige air a' toirmeasg, ach tha gach breugan, gach cùl-chàineadh, agus gach tuaileas cealgach, air a thoirmeasg: agus mo thruaighe! cia lionmhor a tha so feadh an t-saoghail? Nach eil an àinte air a briseadh gu minig 'n-ar conaltradh gnàthaichte? Bhuineadh dhuinn a bhi cho faicilleach mu chliù ar coimhearsnaich 'sa bhiomaid m' ar cliù féin.

Tha 'n *deicheamh* Ainte a'g iarraidh oirnn gràdh a thoirt d'ar coimhearsnach le earalachadh oirnn a bhi toilichte le'r crannchur; a' toirmeasg dhuinn farmad no duilichinn a bhi oirnn ri sonas chàich, no a bhi deònach air a thoirt uapa chum gum mealamaid féin e: seadh, tha 'n àinte a' dol ni's faide, agus a' toirmeasg miann diomhair ar cridhe a dh' fhaighinn aon ni tha Dia a' toirmeasg; agus 's ann uime sinn a tha Pòl a' labhairt san stéidh-theagaisg, rann 7. "Oir cha bhiodh eòlas agam air sannt mar abradh an lagh na sanntaich." An uair a thàinig an àinte so le cumhachd air inntinn, thuig e gu'm bu pheacadh oibreachadh diomhair, agus ceud thogradh ana-miann. Mu'n do thuig e so, air leis gu'n robh gach ni gu math; bha e saor o chiontaibh gràineil; bha e 'na dhuine ris an abarar duine *deagh-bheusach;* ach leig an àinte so ris da peacadh a chridhe. Mhothaich e gun robh an lagh spioradail,—a' ruigheachd smuaintean agus miann a chridhe; agus mar so, "dh' fhàs am peacadh ro

pheacach tre'n àinte." Air dhuinn an cunntas soilleir so a thoirt mu'n lagh, rachamaid air ar n-aghaidh.

II. A thoirt fainear an drùghadh àraidh a th' aig obair an lagha air a' chridhe. "Dh' ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mise bàs."

'S e 'n lagh, "frithealadh an dìteadh, agus a bhàis," (2 Cor. iii. 7—9.) Nam bu chomasach do neach a choimhid gu h-iomlan, bhiodh còir aig air beatha; oir bha air tùs beatha air a ghealltainn trid a choimhid, ach a deir Pòl, "'s ann a fhuair mis e chum bàis." 'S e is aobhar dha sin, nach eil sinne, tre laigse ar nadùir, comasach air a choimhid gu h-iomlan; agus ma bhitheas sinn ciontach ann am briseadh a h-aon, gum beil sinn ciontach de'n iomlan. Uime sin tha e sgrìobhte, (Gal. iii. 10.) "A mheud 's a ta do dh' oibribh an lagha ('se sin a mheud 's a tha 'g earbsa á obair an lagha chum an saoradh,) tha iad fo'n mhallachadh; oir is mallaichte gach neach nach buanaich anns na h-uile nithibh a ta sgrìobhte ann an leabhar an lagha chum an deanamh."

'S e so an cŏr muladach 'sam beil sinn uile, gus an creid sinn ann an Criosd air son fìreantachd. 'S diomhain do neach sam bith a ràdh, 'cha do pheacaich mi mar so no mar sud.' An do pheacaich thu idir? An do pheacaich thu aon uair? Ma pheacaich, tha thu ciontach, agus tha'n lagh ga d' dhìteadh gu bàs sìorruidh. Cha n-eil an lagh a' toirt meachainn sam bith; cha n-eil e 'g ràdh a bheag mu *ùmhlachd threidhirich*, no sinn a dheanamh na dh' fhaodas sinn. Cha n-eil idir; tha'n lagh ag ràdh, dean gach ni air àinte. Dean iad gu h-iomlan. Buanaich gan deanamh fad do bheatha; agus an sin faodaidh tu bhi air t-fhìreanachadh le t' oibribh; ach ma dh' fhaillnicheas tu ann an aon ni, tha thu teachd fo'n mhallachadh; oir "ge b' e

neach a choimhideas an lagh uile, agus a bhriseas aon phong, tha e ciontach de'n iomlan," Seum ii. 10.

Theagamh gun abair neach, Tha e fìor gu'n do pheacaich mi; ach tha mi duilich air a shon, agus ath-leasaichidh mi mo bheatha; nach saor sin mi o'n mhallachadh? Cha saor. Cha d' rinn an lagh luathasachadh air son aithreachas, ath-leasachadh, no mathanas. Cha n-i cainnt an lagha idir, Gabh aithreachas agus bi beò; no Ath-leasaich agus bi beò; ach Coimhid an lagh gu h-iomlan agus do ghnà, agus bi beò. Mu bhriseas tu e aon uair, bàsaichidh tu. Tha'n soisgeul gun amharus a' toirt fuasglaidh chum a pheacaich, do bhrìgh gum beil e a' foillseachadh Chriosd agus f hìreantachd; ach cha n-eil tròcair sam bith aig an lagh. Cha n-eil e 'na rùn beatha a thoirt, ach a mharbhadh, agus cur ás do gach dòchas ri beatha trid ùmhlachd, agus a co-éigneachadh a' pheacaich gu teicheadh a chum Chriosd air son beatha. 'S amhail a tha Pòl a' labhairt, (Rom. iii. 19.) "Anis tha fhios againn ge b' e nithe 'ta 'n lagh a' labhairt, gur ann riu-san a ta fo 'n lagh a tha e 'gan labhairt; chum gun druidear gach beul, agus gum bi an saoghal uile ciontach am fianais Dé." Tha so, ma ta, a' toirt air falbh gach dòchas ri slàinte tre oibribh; oir tha 'n t-Abstol ag ràdh, "Uime sin cha bhi feòil air bith air a f ìreanachadh 'na fhianais-san; oir 's ann tre'n lagha a ta eòlas peacaidh." 'S e so f heum, cha-n fhaod e dol ni's faide. 'S ann tre'n t-soisgeul a ta eòlas againn air f ìreantachd, " oir ata f ìreantachd Dhé air a foillseachadh ann tre chreidimh gu creidimh," Rom. i. 17.

Bu chòir dhuinn a bhi ro chùramach gu eadardhealachadh a chur eadar an lagh agus an soisgeul; oir tha iomadh mearachd ag éiridh o'n coi-measgadh le chéile.

" A réir an lagha, tha bheatha shìorruidh tre oibribh; a réir an t-soisgeul 's, ann a tha i tre ghràs."

"Tha 'n lagh ag ràdh, Dean so, agus bithidh beatha agad; ach tha 'n soisgeul ag ràdh, Creid so, agus saorar thu."

"Tha 'n lagh a' bagradh peanas air a' pheacach an lòrg a' cheud chionta; ach tha 'n soisgeul a' tairgse mathanais da air son iomadh cionta."

"Tha 'n lagh a' toirt binn bàis a mach air; tha 'n soisgeul a' tairgse dha fireanachadh a chum beatha."

"Tre 'n lagh tha e na pheacach ciontach; tre 'n t-soisgeul faodaidh e bhi na naomh glòrmhor."

"Ma gheibh e bàs fo chionta briseadh an lagha, 's ann an ionad na dòrainn a bhios a chrannchur sìorraidh; ma bhàsaicheas e 'na fhear co'-pairt de ghràs an t-soisgeil, 's i nèamh is oighreachd bhith-bhuan da."

AN CO-DHUNADH.

A nise, mo chàirdean ionmhainn, air dhomh gnè an lagha a leige ris duibh, ceadaichibh dhomh earalachadh oirbh sibh a thoirt fainear gu dùrachdach do na chaidh a ràdh. Am beil, o'r fiosrachadh féin, eòlas aghaibh air lagh Dhé? Nach do thuig sibh gum beil e ro leathann; gum beil e 'g àinte gun gràdhaich sibh Dia le'r n-uile chridhe, le'r n-uile anam, agus neart? agus 'ur nàbaidh a ghràdhachadh mar sibh féin? Agus an d'rinn sibh so uile,—an t-iomlan de so,—gach uair? An robh sibh riamh ciontach 'an smuain, 'am facal, no 'an gniomh? 'S cinnteach mi gum beil 'ur cogais gar dìteadh. Cia tric a thuirt sibh, "Chiontaich sinn 'an aghaidh do reachd naomha! dh' fhàg sinn gun deanamh na nithe bu chòir dhuinn a dheanamh! agus a rinn sinn na nithe bu chòir dhuinn a sheachnadh!" Math a dh' fhaoidte gur tric a thuirt sibh, "A Thighearna dean tròcair oirnn!" 's e sin, lugh dhuinn mar bhris sinn t-àintean, "agus sgrìobh do reachd air ar cridheachaibh, tha sinn a' guidhe ort." Thuirt sibh, "Tha bròn oirnn air son ar peacaidh

agus air son ar n-aingidheachd iomadaidh; tha aithreachas dùrachdach oirnn air an son, agus tha duilichinn ghoirt oirnn air son ar lochdan; tha bhi cuimhneachadh orra 'na bhrise-cridhe leinn; tha iad nan eire dho-ghiùlan leinn." An robh sibh da rìreadh 'nuair a labhair sibh e? Mur robh, rinn sibh breug do Dhia. Chuir sibh an céill bròn air son peacaidh nach do mhothaich sibh riamh; agus dh' éirich sibh o'r glùinibh caoin-shuarach cò dhiù gheibheadh no nach fhaigheadh sibh na bha sibh ag iarraidh. Thuirt sibh gun robh sibh "n-ar peacaich thruagha," agus gidheadh, theagamh gun robh sibh ri uaill mar bha am Phairiseach, ag radh "nach robh sibh mar dhaoin eile." Nach mi chiatach a' chealgaireachd sin! Ach, air an làimh eile, ma bha ar n-aidmheil treidhireach, gun d-aidich sibh bhi ciontach do bhriseadh an lagh, agus gum beil sibh fo'n mhallachadh aige. Agus an tug sibh fainear cia eagalach an ni tuiteam an làmhaidh an Dé bheò? Nach b' eagalach leibh smuainteachadh air bhi fo fhéirg agus mhalachadh Dhé fad linne na sìorruidheachd. Ma chluinneas sibh mallachdan an lagha so, agus nach bi maoim oirbh air son 'ur saoraidh, 's éigin gum beil 'ur cridheachan cruaidh d' a rìreadh. Gun deanadh Dia tròcair oirbh, agus 'ur cridheacha cloich' a bhuntainn uaibh.

Theagamh gu'm beil thu nis' ag ràdh, Am faudar dhomh tuiteam an eadòchas! Cha-n fheudar; nior leigeadh Dia! 'S éigin dut dùil a thoirt ri saoradh fhaotainn le t' oibribh féin, le d' bhròn air son peacaidh, no le t' ath-leasachadh:— agus le sin a chreidsinn ni e 'n soisgeul taitneach dhut. Rinn an lagh a dhlighe féin ma chuireas e thu dh' ionnsaidh Chriosd. 'S ann dìreach air son so a tha e air a shearmonachadh, agus "'se Criosd crìoch an lagha chum fireantachd." Tha 'n soisgeul a' leigeadh ris saoradh saor, iomlan, agus sìorruidh; tha e 'tairgse mathanas agus beata do'n pheacach

iompaichte, mar shaor thiodhlaca Dhé; oir thug Criosd géill do dh' iarrtais an lagha 'n-ar n-ionad-ne;—ghiùlain e mar an ceudna am peanas air ar son-ne. "Shaor e sinne o mhallachadh an lagha, air dha bhi air a dheanamh 'na mhallachadh air air son." Nach luachmhor am beannachadh a fhuair sibh cheana, mu thug Dia dhuibh trid a Spioraid mothachadh air 'ur peacaidh! 'S e so camhanaich latha àghmhor. Bheir e mar an ceudna dhuibh mothachadh air fìreantachd, agus feuchaidh e dhuibh gum faod sibh fhaotainn, ma bheir sibh géill da, agus gu'm bi sibh air 'ur fireanachadh leis. Thigibh mata, sleuchdaibh sios aig cas-stol a thròcair, aidichibh 'ur peacaidh agus 'ur cionta, aidichibh 'ur laigsinn, aslaichibh mathanas, teichibh chum Iosa, a tha featheamh gu bhi gràsmhor, agus bithidh a' chùis gu math fhathast. Lot e, chum gun dean e 'ur leigheas; mharbh e, chum gun tugadh e beò sibh; air dhuibh mothachadh a bhi agaibh air 'ur n-eucail, bithidh mòr mheas agaibh air an léigh, agus tha e deònach 'ur leigheas. Tha sibh sgìth, agus trom-luchdaichte, agus tha esan a' gealltainn fois duibh. Amen.

SEARMOIN IV.

IS E CRÌOSD CRÌOCH AN LAGHA, CHUM FÌREAN-ACHAIDH.

ROM. X. 4.

Oir is e Criosd crìoch an lagha, chum fìreantachd do gach neach a chreideas.

'S iad an dà earrann àraidh de'n Sgriobtur is fior iomchuidh dhuinn a thuigsinn, an Lagh agus an Soisgeul. "Is diadhair math esan," arsa Luther, "is urrainn an eadar-dhealachadh;" agus faodaidh sinne a ràdh, gur deagh Chriosdaidh esan a ghnàthaicheas gu ceart iad, air mhodh féin-fhiosrachadh agus gnàthaichte.

Chaidh gnè agus feum an lagha a thoirt cheana fainear. 'S e éifeachd iomchuidh anns gach creideach an ni ceudna 's a mhothaich Pòl:—"Bha mi aon uair beò as eugmhais an lagha; ach 'nuair a thàinig an àinte, dh' ath-bheothaich am peacadh, agus fhuair mise bàs." Cuirear an neach a bheirear chum na h-inbhe so gu ràdh cionnas mata,—A thig mi 'an làthair Dhé, le dòchas ri mathanas? Ma tha'n lagh cho naomh', agus cho geur-theann,—mar dean e aon ni air mo shon ach mothachadh a thoirt domh air peacadh, agus mo dhìteadh air a shon,—ciod na meadhonnan trid an gabhair gu taitneach rium?

Cha robh riamh ach dà dhòigh air an tairgse le Dia, no air an dealbh le duine: b'e aon diù, a réir an t-seann cho-cheangail,—Dean, agus mair beò: an t-aon eile, a réir a cho-cheangail nuaidh;—"Creid

anns an Tighearn Iosa Criosd, agus saorar thu." Ge b'e dòigh no meadhonnan air an do smuaintich sluagh de gach aidmheil, faodar an cuibhreachadh chum na deise so, eadhon, *Oibre no Gràs*;—agus cha-n fhaodar iad sin a cho-measgadh; oir ma mheasar tairbhe sam bith ann an oibribh, tha crìoch air tighinn air gràs; agus m'as ann tre ghràs a tha slàinte, an sin cha n-eil feum tuilleadh air tairbhe o oibribh, (Rom. xi. 6.) "Ma's ann tre ghràs, cha n-ann o oibribh ni's mò: no cha ghràs gràs ni's mò. Ach ma's ann o oibribh, cha n-ann o ghràs á sin suas, no cha-n obair á sin suas obair; ionnas gu'm beil sibh a'faicinn nach faod slàinte bhi bho ghràs agus obair air an co-thlàmadh; 's éigin gur ann o aon diù a bhitheas e; agus tha gu minig dearbh-chinnt air a thoirt duinn san sgriobtur, gur "ann le ghràs tre chreideamh a shàbhalar sinn," agus o nach "ann o oibribh, air eagal gun deanadh neach ar bith uaill," Eph. ii. 8, 9.

Is cùis ro fheumail a bhi fiosrach uime so. Faodar sin a thuigsinn o na tha Pòl ag ràdh mu na h-Iudhaich, Rom. ix. 30, &c. "Gu'n d-ràinig na Cinnich, nach robh a' leantainn fìreantachd, air fìreantachd, eadhon an fhìreantachd a ta o chreidimh: ach cha d'ràinig Israel, a bha leantainn lagha na fìreantachd, air lagh na fìreantachd." Their sibh gur iongantach sin! Ciod is ceannfath dha? Tha e 'g innse dhuinn ann an rann 31. "A chionn nach d' iarr iad e tre chreideamh." Cia mar eile? "Ach mar gu'm b' ann tre oibribh an lagha. Oir thuislich iad air a chloich-thuislidh sin." Mo thruaighe, cia iomadh mìle dhiusan ris an abrar Criosdaidhean, a thuislich air a mhodh cheudna. Gun gleidheadh Dia uaithe sinn! Nach dùrachdach a mhiannaich an deagh abstol saoradh a bhràithrean a chaidh air seacharan! "B'e 'ghuidhe agus ùrnaigh ri Dia air an son, gu'm biodh iad air an tèarnadh." Mhothaich e, am feadh a bhiodh sùil

aca ri saoradh tre'n oibribh féin, nach robh iad air slighe na slàinte. Tha e fior, gu'n robh iad dealasach a thaobh Dhé, ach cha diongadh e a bheag, bha e air a stéidheachadh air aineolas. "Bha iad aineolach air fìreantachd Dhé," 's e sin fìreantachd an stéidh-theagaisg ; agus air dhaibh a bhi aineolach uimpe, agus a' tuigsinn a bhi dh' easbhuidh fìreantachd, "dh' iarr iad am fìreantachd féin a chuir air chois ;" dh' fheuch iad r'a cuir suas, chum trid sin gu'n gabhte gu taitneach riu ; eadhon trìd an oibre bhochd, neo-iomlan, dheas-ghnàthach féin ; ach bha iad gu tŭr neo-chomasach air a' chùis ; agus mar so bha iad tre uabhar an cridhe féin, leis nach b' fhiù a bhi 'n eisimeil saor ghràs gu bhi air an saoradh tre fhìreantachd neach eile, eadhon Criosd, ris an abrar sa'n stéidh-theagaisg, "crìoch an lagha chum fìreantachd do gach neach a chreideas." Gun deònaicheadh Dia ar coimheid o'n droch uabhar so, agus gun soillsich e ar n-inntinnean am feadh a shoilleiricheas sinn na tri nithe so a leanas.—

I. Dh' oibrich Criosd fìreantachd iomlan le umhlachd a chum bàis.

II. Le sin a dheanamh, tha e air fàs "na chrìoch an lagha ;" agus

III. Tha 'n fhìreantachd so air a toirt do gach creideach.

I. Dh' oibrich Criosd fìreantachd iomlan, le umhlachd a chum bàis.

"Rinn Dia an duine ionraic." Thug a dha lagh mar riaghailt-iùil air a dheanadas, a' gealltainn beatha dha le choilionadh, agus a' bagradh bàis air le bhriseadh. Na'n coilionadh e 'n lagh gu h-iomlan, mheasadh Dia ionraic e. Thuit Adhamh ; agus trid a leagaidh-san, thuit a shliochd gu h-iomlan ; oir bha esan air òrduchadh dhaibh mar cheann-feudhna agus mar fhear-ionaid. "Trid eas-umhlachd aon duine rinneadh mòran 'nam peacachaibh," (Rom.

v. 19.) Tha nis ar nàdur air fàs truaillidh ; agus thàinig sinn chum an t-saoghail le nàimhdeas 'n-ar cridheachaibh do Dhia. "Cha n-eil an inntinn fheolmhor ùmhal do lagh Dhé, cha mhò is comasach dh'i bhith," am feadh a dh' fhanas i feòlmhor : ach cha n-eil an lagh air a chaochla. Tha e 'g iarraidh an ni a dh' iarr e do ghnà, Gràdh. Bha so do ghnà dligheach o'n duine d'a Chruthadair, agus bithidh e do ghnà dligheach ìocadh, cò dhiù dh' ìocas daoin' e no nach ìoc. Ma dhiultas duin' ìocadh, tha e ciontach do dh'àr-a-mach gaus do dh'iodhal-aoraidh. Air do'n lagh a bhi neo-chaochlaideach, tha e sìor-thaosgadh a mach a mhallachdan uabh-asach an aghaidh gach peacaich air son gach peacaidh ; ach cha n-eil an lagh a' solar cungaidh-leighis air bith. Cha ghabh a ri ùmhlachd thréi-dhirich air son ùmhlachd iomlan : cha ghabh e ri aithreachas a pheacaich mar dhìoladh, no r'a umhlachd san àm ri teachd air son a pheacaidh a rinn e san àm a chaidh seachad. Cha ghabh idir ; tha e a' sìor-iarraidh fìor ghràdh agus ùmhlachd iomlan ; agus tha e 'dìteadh a' pheacaich air son a bhriseadh is lugha a ni e air.

Ach rinn Dia air mhodh eile, an ni nach b' urrainn an lagh a dheanamh, a thaobh laigse na feòla. Chuir Dia a Mhac a chum bhi na fhìrean-tachd dhuinne. Mar nach tugadh an lagh meachainn sam bith seachad, ach gu'm b' éigin da ùmhlachd iomlan fhaotainn o'n chreutair, no gun deanadh e peanas air a' pheacach, ghabh Iosa Criosd os làimh ùmhlachd a thoirt seachad, agus fulang air son a shluaigh,—gu ùmhlachd a thoirt da uile àintean, agus gu uile pheanas agus a chràdh fhulang. Bha'n lagh ag iarraidh ùmhlachd iomlan uatha-san ; thàinig Criosd mar an urras gu ùmhlachd a thoirt air an son ; agus 's ann mar sin a tha e sgrìobhte, "Tre umhlachd aon *duine* nìdhear mòran 'nam fìreanaibh."

Faodar an fhìrinn shòlasach agus àghmhor so a dhearbhadh gu soilleir o iomadh earrann do dh' fhacal Dé. Faicibh iad sin a leanas, "Rinn e esan da nach b' aithne peacadh, 'na ìobairt pheacaidh air ar soinne, chum gu bitheamaid air ar deanamh 'n-ar fìreantachd Dhé annsan," (2 Cor. v. 21.) "Cha b' aithne do dh'Iosa Criosd peacadh air bith." Bha e saor o pheacadh 'na ghnè,—do bhrìgh gum b'e an Tì naomha sin a rugadh leis an Oigh, Mac Dhé. Bha a bheatha air fad cho fior-ghlan 's a bha a bhreith. Cha b' aithne dha peacadh an smuain, an guth, no 'n gniomh: thug e dùlan do naimhdean bu ghairge a dhearbhadh gun robh e 'na pheacach. A deir e riu, "Cò agaibhse chuireas peacadh as mo leth." Seadh, thàinig an t-àrd nàmhaid, an droch-spiorad, agus cha d' fhuair e lochd ann,—aon pheacadh 'na chridhe, no idir 'na bheatha! 'S ann mar so a bha e 'na Uan Dé gun smal gun lochd, freagarrach gu bhi 'na ìobairt iomlan, agus deas gu peacadh an t-saoghail a thoirt air falbh,

Ach rinneadh Iosa Criosd, d'a nach b' aithne peacadh, *'na pheacadh;* 's e sin le 'mheas da: chuireadh as a leth e air a' cheart dòigh air am beil fhìreantachd air a meas duinne. Am measg nan Iudhach theirte *Peacadh* ris an ìobairt pheacaidh; mar shàmhla air a so, theirear an so, gun d' rinneadh Criosd 'na *Pheacadh.* Rinn Dia e 'na pheacadh air *ar soin-ne;* 'se sin, gun do chuir Dia cionta ar peacaidh-ne as a leth-san. O mhòr ghràdh da phobull, chaidh e 'n urras orra, a fhreagradh air son am peacaidh, agus a' ghiùlan am peanais. 'S ann mar sin a tha 'm Fàidhe Isaiah ag ràdh. "Gu deimhin ar n-anmhainneachd ghiùlain e, agus ar doilghiosan dh' iomchair e. Lotadh e air son ar peacaidh-ne: bhruthadh e air son ar n-aingidheachdan,—leag an Tighearn airsan aingidheachd gach aoin dinn," liii. 4, &c.

'S ann a chionn gu 'm biomaid 'n-ar fìreantachd

Dhé annsan a rinneadh Chriosd 'na pheacadh air ar soin-ne. Tha fìreantachd a' fìor cho-chòrdadh do lagh Dhé, agus as a h-eugmhais cha-n fhaodar aon neach a shaoradh; oir tha e sgrìobhte "Cha sealbhaich luchd-deanamh na h-eucorach rìoghachd Dhé," (1 Cor. vi. 9.) Tha sinn uile 'n-ar luchd-deanamh na h-eucorach, a chionn gun do bhris sinn an lagh. Cha n-eil neach fìreanta, dheth féin, air thalamh,—agus gidheadh, as eugmhais fìreantachd, cha bhi sinn air ar saoradh! Ciod uime sin a ni sinn? cò ris a dh' amhairceas sinn? Amhain air Iosa! "Gu deimhin, their aon, 's ann san Tighearn a tha fìreantachd, agus neart agam." Cha deachaidh a rádh, "Gur ann am oibribh no am aithreachas féin; cha n-ann, no am chreideamh féin; ach gur anns an Tighearn Iosa a tha fìreantachd agus neart agam,—fìreantachd chum fìreanachaidh, agus neart chum naomhachaidh." Fìreantachd air a mheas domh chum gabhail rium, neart iasaid chum mo naomhachd fhaotainn. Thug na fàidhean uile fianais air-san; oir "tha fìreantachd so Dhé, as eugmhais an lagha, air a dearbhadh leis an lagh agus leis na fàidhibh." Eisd ris na tha Daniel ag ràdh uime, "A chrìochnachadh ea-ceirt, agus a chur crìch air lochdan, agus a dheanamh réite air son aingidheachd, agus a thoirt a steach fìreantachd shìorruidh," (ix. 24.) Gu deimhin rinn Criosd so uile trid ùmhlachd gu bàs; agus mar so rinneadh crìoch an lagha dheth, ni is e an dara ni a chuir sinn romhainn.

II. Tha Iosa Chriosd, trìd fhìreantachd, air fàs 'na chrich an lagha.

I. Leis a so chuir e crìoch air lagh nan *deasghnàth*, no na h-òrduighean sin, mar tha ìobairtean, a bha 'nan samhla air-san: cha robh annta ach faileas,—'s e Criosd an corp. Chuala sibh gun d'éigh Criosd beagan mu'n d'eug e, "*Tha e crìochnaichte!*" Mar gun abradh e, Tha na gheall mi

do m' Athair air a chrìochnachadh,—tha na sàmhlaidhean agus an fhàisneachd air an coilionadh, tha crìoch air teachd air m' fhulangais,—chuireadh as do lagh nan deas-ghnàth. Mar so "thàinig an lagh le Maois, ach gràs agus fìrinn, brìgh agus seadh an iomlain, le Iosa Criosd."

2. Bha lagh nam modhannan, no lagh nan Deich Aintean, leis a sin air a shàsachadh agus air àrdachadh a réir na fàisneachd. "Ardaichidh e 'n lagh, agus cuiridh e urram air," (Isa. xlii. 21.) 'S éigin gu'm faigh an lagh a rùn, agus gum bi e air a choilionadh gu h-iomlan 'no cha-n fhaod sinne bhi air ar nochdadh an làthair Dhé; ach tha sinn neo-chomasach air a choilionadh dhinn féin. Gidheadh, a mheud nach b' urrainn duinn a dheanamh, rinn Esan e, mar ar n-uarras. Tha 'n lagh ag iarraidh fìreantachd oirnn; 's i so a' chrìoch a th' aige san amharc; ach cha n-urrainn duinne a dheanamh. Rinn Criosd air ar son e, agus tha e air fàs 'na chrìch an lagha chum fìreantachd do gach neach a chreideas. 'S e'n lagh riaghailt iomlan na fìreantachd. Tha e gu soilleir a' leigeadh fhaicinn ciod an fhìreantachd a tha Dia ag iarraidh o dhuine. B'e a cheud rùn, gu'm biomaid fìreanta a réir an lagha. Tha nise rùn eile aige; 's e sin, mothachadh a thoirt duinn gum beil sinn eacorach; agus mar sin ar treòrachadh a dh' ionnsaidh Chriosd, a làn-choilion e air ar son. 'S e Criosd crìoch *choilionaidh* an lagha. Tha fìreantachd an lagha air a coilionadh, agus fhuaradh na bh' aige san amharc, mar fhìreantachd an làthair Dhé. Chòilion esan na bha 'n lagh ag iarraidh; oir "thug a steach fìreantachd shìorruidh." Leis a so tha 'n lagh dìolte; agus, coltach ri dioghaltair na fala, leanaidh e air ar tòir, ach gus an gabh sinn fasgath ann an Criosd;—gheibh an creideach ionad-dion annsan, agus tha 'n lagh làn-toilichte air sgàth fhìreantachd-san. Tha sinn a nis gu fheuchainn-san,

Anns an treas àite, Gum beil an fhìreantachd so air a toirt do gach creideach; no gur ann tre chreideamh a gheibh sinn còir oirre.

Tha 'n fhìreantachd a dh' oibrich Criosd a mach air a buileachadh gu saor air a' chreideach; 's amhail a tha 'n t-abstol Pòl ag ràdh, "Bha 'm breitheanas tre aon *choire,* chum dìtidh; ach a ta an saor thabhartas o mhòran chiontaibh chum fìreanachaidh," (Rom. v. 16.) Cionnas a dh' fhaodas sinne fìreantachd neach eile fhaotainn? Their sinne, air a' cheart dòigh air an do chuireadh ar peacaidh-ne as leth Chriosd, aig nach robh peacadh sam bith leis féin; gidheadh rinneadh e 'na pheacadh air ar soinne; air a mheas mar pheacach, agus chaidh buntainn ris mar pheacach: mar an ceudna tha sinne aig nach eil fìreantachd sam bith leinn féin, air ar deanamh 'n-ar fìreantachd Dhé *annsan*—cha n-ann annainn féin. Cha bhuineadh peacadh nan daoine-taghte do Chriosd, ach a mhàin gun do chuireadh r'a chunntas iad; mar an ceudna cha bhuineadh fìreantachd Chriosd dhuinne, ach gun robh i air a' meas duinn, agus is deònach le Dia buntainn ruinne a réir sin; tha e buntainn ruinn mar nach peacaicheamaid idir, agus a' gabhail ruinn mar gu h-iomlan fìreanta; air chŏr 's nach eil dìteadh sam bith dhaibh-san a chreideas.

Faodar gnè a mheas so a thuigsinn o roinn a chinne-dhaonna ri càch a chéile. Tha sinn a' leughadh an litir an abstoil Phòil chum Philemoin, a dh'ionnsaidh an do sgrìobh e as leth Onesimus, seirbheiseach a theich uaithe, neach a dh' iompaicheadh a rìs, ag iarraidh air gabhail ris:—" Ma rinn e eucoir ort, no ma dhligheas e ni sam bith dhut, *cuir sin as mo lethse,* cuir ri m' chunntas e." 'S amhail a tha luchd-urrais buailteach gu fiachan chàich a dhioladh: tha na fiachan a ta iad a' dioladh air an cur as leth na h-aiteam air son am beil iad an urras, agus tha e air a mheas dhaibh-

san mar gun dioladh iad-féin na fiachan: agus 's ann mar so tha 'chùis mar gun abradh neach, "Cha n-eil san t-soisgeul ach deagh-sgeul,—gun tàinig duine saibhir iochdmhor a steach do'n dùthaich a dhìoladh fiachan dhaoine bochda."

A nise is leinne tabhartas aghmhor so na fìreantachd tre chreideamh; theirear uime sin fìreantachd a' chreidimh rithe; agus "fìreantachd Dhé, a ta tre chreideamh, agus a ta do gach neach a chreideas." Uaithe sin, theirear gu'm beil sinn "air ar fìreanachadh tre chreideamh; agus air ar saoradh tre ghràs, tre creidimh." Tha 'n neach a fhuair mothachadh air a pheacadh, 's a thuig a chunnart, air aomadh gu saoradh, agus a bhi air a shoillseachadh ann an eòlas Chriosd, 's a' gabhail gu deònach ri tabhartas so na fìreantachd:—cha n-eil e faicinn slighe air bith eile:—tha e toilichte leis an dòigh so;—tha e 'gabhail ris an fhìreantachd so, agus ag earbs' aiste chum gabhail ris gu taitneach le Dia.

Cumamaid do ghnà 'n-ar n-aire, gur e esan amhàin a ghabhas ris an fhìreantachd so, an neach a tha mothachail gum beil e dheth féin aindiadhaidh; 's a tha 'g amharc amach air son tearnadh o'n chŏr san d' fhag an lagh e. Chual e lairgse an t-soisgeil; tha e toirt creideis da gu'm beil e fior; a' gabhail tlachd ann a chionn gum beil e math; a' cur cùl ris gach dòigh eile chum saoradh fhaotainn, agus aontachadh gu cridheil gu bhi air a shaoradh tre ghràs. 'S e so an creideamh sin a tha gu tric air a chur an céill san sgriobtur le gabhail ri Criosd,—teachd a dh'ionnsaidh Chriosd,—agus earbs' á Criosd.

AN CO-CHUR.

A nise, mo chàirdean gaolach, thugaibh fainear, guidheam oirbh, cho cudthromach 'sa tha 'chùis. Thuirt Luter, an t-Ath-leasachear mòr, "Gur e fìreanachadh tre chreideamh an stéidh air an éigin do'n eaglais seasamh no tuiteam." B'e post an

Ath-leasachaidh e; 's e teagasg àraidh na h-eaglais ath-leasaichte e. Mar a chì sibh, "'S ann amhàin as leth toillteannas an Tighearn Iosa Criosd a mheasar sinne fìreanta an làthair Dhé, tre chreideamh, agus cha n-ann air son ar n-oibribh no ar toillteannas féin. Uime sin, a chionn gur ann amhain tre chreideamh a tha sinn air ar fìreanachadh, tha e 'na theagasg fallain, agus ro shòlasach." A rìs, "O Dhé, tha thus' a' faicinn nach eil ar muinghinn an aon ni a ni sinn féin. 'S ann a tha sinn a mhàin 'g ar n-earbsa ri d' ghràs nèamhaidh. Cha ghabh sinn do dhànadas na thig chum do bhùird naomha, an earbsa r'ar fìreantachd féin."

Gabh mar an ceudua am beagan so a leanas o theagasg na h-Eaglaise Sasunnaich—"Cha n-urrain an duine e-féin a dheanamh fìreanta le oibribh féin, ann an cuid no gu h-iomlan; oir b' an-dànadas ro mhòr sin ann an duine, gun cuirte Ana-criosd suas an aghaidh Dhé, a chumail a mach gu'm faodadh duine le oibribh féin, dioladh a thoirt 'na pheacaibh, agus mar so e-féin fhìreanachadh. 'S e Criosd a nis am fìreantachd-san uile a làn-chreideas ann; dhiol E an éirig air an son le bhàs; choilion e'n lagh air an son 'na bheatha. Tha 'n fhìreantachd so a fhuair sinn mar so o thròcair Dhé agus o thoillteanas Chriosd, air a gabhail tre chreideamh, agus air a meas taitneach le Dia, chum sinn a lan fhìreanachadh."

Smuaintichibh air a' chùis so m' ur timchioll féin. 'S éigin duibh bàs fhaighinn 'S fheudar dhuibh bhi air 'ur nochdadh am fianais Dé naomha air am beag peacadh, agus a thuirt gum bàsaicheadh an t-anam a pheacaicheadh. Am beil sibh a' feòraich,—"Ciod leis an tig mi ann am fianais an Tighearna; leis an striochd mi mi-féin an làthair an Dé is ro àirde?" Chuala sibh, nach ann le aon oibribh fìreantachd a rinn sibh. Tha iad neo-iomlan, agus mi-dhiongmhalta. Tha coi-measga peacaidh 'sa

chuid is fearr dhiù. Na earbaibh asda. Cuiribh cùl ris an iomlan diù, agus abraibh leis an abstol Pòl, "Seadh, gu deimhin, tha mi 'meas gach ni mar challdach agus mar aolach, chum gun coisinn mi Criosd, agus gum faighear annsan mi, gun m' fhìreantachd féin a bhi agam, ach i sin a ta tre chreideamh Chriosd, an fhìreantachd a ta o Dhia tre chreideamh." Ma dh' earbas sibh a aon ni eile, tha sibh a' cur an aghaidh gràs Dè, agus ann an seadh ag ràdh, "Gun do bhàsaich Criosd an diomhain." Is toibheum so nach b' àill leibh a ràdh; ach tha gach féin-fhìreantachd a' labhairt na cainnt uabhasaich ud. Cuimhnichibh na tha sgrìobhte, "Bunait eile cha n-urradh duine sam bith a chur, ach na chuireadh cheana, eadhon Iosa Criosd," 1 Cor. iii. 11. Giùlainidh so na aonar saoradh a pheacaich; géillidh gach còmhnadh eile an uair a thig àm na deuchainn, agus théid iadsan a dh'earbas asda fodha 'nan léir-sgrios.

Ach tha dùil agam ri nithe is fearr uaibhse, mo bhràithrean eadhon na nithe a bhuineas do shlàinte. Tha dòchas agam gun d'fhuair sibh mothachadh air 'ur peacadh, agus mar an ceudna air fìreantachd; gum beil ciocras oirbh agus déidh agaibh orra. Biodh deagh mhisneach agaibh. Is e saor thiodhlaca Dhé a th'ann, air a bhuileachadh air a' pheacach, gun deagh thoillteannas air bith ann féin. "Iarraibh agus gheibh sibh. Siribh, agus amaisibh sibh, buailibh, agus fosglar dhuibh e." Aslaichibh creideamh o Dhia. Is e obair an Spioraid Naoimh' oibreachadh annaibh. 'S ann le éisdeachd a thig creideamh. Buanaichibh ag éisdeachd an fhacail; agus biodh sùil agaibh, le feitheamh air Dia, gun neartaich e sibh gu creideamh a chur ri éisdeachd, chum gum bi e tarbhach d'ar n-anmaibh.

An do chuir aon neach agaibh an Tighearn Iosa umaibh? An esan stéidh 'ur dòchais? An i fhìreantachdsan a charraig air am beil sibh a' togail; trusg-

an na bainnse leis am beil a mhiann oirbh teachd 'na làthair? Deanaibh gàirdeachas. Is beannaichte bur sùilean, oir tha iad a' faicinn; agus 'ur cluasan, oir tha iad a' cluinntinn. "Is beannaichte bhur cridhe, oir 's ann leis a sin a chreid sibh chum slàinte." (Rom. x. 10.) "Ni mi gàirdeachas gu mòr anns an Tighearn; bithidh m' anam aoibhneach ann am Dhia; oir chuir e orm éideadh na slàinte; chòmhdaich e mi le trusgan na fìreantach!" fallainn a dh' fhalaicheas gach peacadh a chuir mi 'n gniomh an smuain, an guth, no 'n gniomh! "fallainn a dhìonas mi o chlaidheamh a' cheartais, mallachd an lagha, agus gach dioghaltas a thoill m' aingidheachd air fad! trusgan a ni rìomhach agus àillidh m'anam; a ni sgiamhach e mar a' ghealach, soilleir mar a' ghrian, agus iomchuidh air oighreachd nan naomh san t-solus!" Creideach Sona! imich romhad a' deanamh gàirdeachais. Chaidh gath a' bhàis thairis. Cò a dhìteas tu? Dh' fhìrinnich Dia thu. Tha fios agad cò ann a chreid thu; agus gu deimhin coimheadaidh e an ni a dh' earb thu ris. Armaich thu-féin leis an fhìreantachd so mar t-uchd-éideadh; cumaidh i eagal o d' chridhe, ann an àm trioblaid, agus aig uair a' bhàis; agus air dhut a bhi mar so air do dhìon, thig thu gu misneachail an làthair Dhé: Làn de dh' aoibhneas naomh' agus do thaingealachd, cuireadh do bheul agus do ghiùlan an céill, gum beil an ceart chreideamh a tha fìreanachadh an anma, a' naomhachadh a' chridhe, agus a' riaghailteachadh na beatha; agus gum "beil gràs Dé a tha buileachadh slàinte, a' teagasg dhuinn gach mi-dhiadhachd agus anamhianna saoghalt' àicheadh, agus ar beatha a chaitheadh gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhaidh, anns an t-saoghal so làthair."

SEARMOIN V.

MU THUITEAM AN DUINE

ECLES. vii. 29.

Rinn Dia an duine dìreach; ach dh'iarr iad féin iomadh innleachd a mach.

'S iad sin briathran Sholaimh, rìgh Israeil, a shruth o gheur-bheachdachadh agus o fhéin-fhiosrachadh. Air dha na buaidhean a b' àirde bhi aige, agus air a shuidheachadh sa'n inbh a b' urramaiche, chuir e roimhe gun ruigeadh e air a ghliocas bu mhò: ach cha do shoirbhich leis a réir a rùin. Gidheadh thuig e, amaideachd mhòr le cho liugha bean agus leannan a bhi aige, agus tha e 'g ràdh, (rann 28.) " Aon fhear am measg mhìle fhuair mi; ach bean nam measg sin uile cha d' fhuair mi." 'S e sin gun d' fhuair e am measg a chomhairlich agus a luchd-rùine, aon fhear as am faodadh e earbsa; ach nach d'fhuair e a h-aon am measg a chuid ban agus a chuid leannan !—" Ach an ni so a mhàin fhuair mi," a deir e, " gu'n d'rinn Dia an duine dìreach; ach dh'iarr iad-féin iomadh innleachd a mach." Bha e cinnteach as a so. Cha robh teagamh sam bith aig ann; agus 's ann as leth an dol-air-ais so o Dhia a tha e cur gach olc a chunnaic agus a dh' fhairich e. Tha na briathran sin a' cur da ni an céill; 's e sin,—Ceud *chŏr*, agus cŏr an duine an déigh dha *peacachadh* an aghaidh Dhé.

Air tùs, Thugamaid fainear ceud chŏr an duine, " Rinn Dia an duine dìreach."

Tha 'n duine' ciallachadh a' cheud duine, Adhamh; athair nan uile dhaoine, anns an robh an cinne-daonna uile air an gabhail a stigh. *Rinn* Dia e, á dŭslach na talmhuinn, agus shéid e 'na chuinneanan anail na beatha, (Gein. ii. 7.) Rinn Dia *dìreach*, no *ceart* e;—cha n-eil sin a' ciallachadh àirde no eireachdas a phearsa; ach suidheachadh agus togradh inntinn. "Chruthaich Dia an duine 'na dhealbh féin,—'na dhreach féin." Bha e a thaobh gné agus cleachdaidh diadhaidh; bha deagh rùn aig a thaobh Dhé, le gradh do'n ni a bha math, agus le fuath do'n olc. Cha robh an lagh air a sgrìobhadh air clàraibh cloiche, ach 's ann a bha e air a sgrìobhadh air a' chridhe.

Bha *inntinn* luchdaichte le fior eòlas Dhé (Col. iii. 2.) B'aithne dha a Chruthadair; bha e eolach air a bhuaidhibh glòrmhor, a chumhachd, a ghliocas, a naomhachd, agus a mhathas;—bha fios aige air a dhaimh ri Dia, a dhleasanas da, agus mar bha e 'n earbsa ris: chunnaic e glòir agus mathas Dé 'na oibribh; thug e fainear iad, chum gum tugadh e glòir do Dhia annta;—uime sin tha sinn a' faicinn gun tug e ainm air gach creutair, ni a tha feuchainn, gun tug e fainear iad, agus gun do thuig e an gné.

Bha *thoil* a réir toil Dé. Cha robh a thogradh chum uilc mar tha sinne an dràsta; ach bha toil a chridhe do ghnà ag aomadh chum toil Dé anns gach ni.

Bha *ceudfath* anma naomha agus nèamhaidh. Bha ghràdh do Dhia thairis air gach ni eile; mheas se e mar am math a b' àirde, agus priomh thobar a shonais;—bu toigh leis na creutairean air sgàth Dhé: agus thug gach eireachdas agus taitneachd a mhothaich e annta, air a Dhia a ghràdhachadh ni bu mhò.

Bha'n duine sa' chŏr so, fior bheannaichte agus urramach; bha inntinn sìochail; bha a choguis

socrach; cha robh eòlas aig air cionta; cha do mhothaich e nàire: bha eagal an an-fhios da;—cha robh buaireis mhi-thlachdmhor a' cur dragh air anam; bha a chorp saor o thinneas agus o chràdh;—bha e 'cainnt r'a Dhia; agus bha e cho sona 'sa b'urrainn phàrras fhàgail.

Nam buanaicheadh e sa' chŏr neo-chiontach so ùine àraidh, bu dòcha gun rachadh atharrachadh do nèamh gun chràdh gun bhàs; agus bhiodh a ghineil air fad air an co-dhaighneachadh sa chŏr naomha agus shona cheudna, gun a bhi'n cunnart tuiteam mar rinn esan; oir, mar tha e dearbh-chinnteach gun tàinig an cinne-daonna uile o Adh-amh, gum beil iad air an riobadh 'na leagadh-san: faodaidh sinn gu ceart a bharalachadh nam buan-aicheadh esan 'na neo-chiontas, gu'm biodh co-pairt aig a shliochd uile 'na dhuais shonasan;—ach mo thruaighe! "ged a chruthaich Dia an duine dìreach d'iarr e-féin iomadh innleachd a mach;" "thuit an crùn bharr a chinn, dhealaich a ghlòir ris." Is cùis so a tha ro-fheumail dhuinn a thuigsinn;—is e so aon de cheud thùs ar creideamh, ris am beil gach ni eile an earbsa;—"oir, mar eil an duine an eas-aonachd r'a Chruthadair, ciod am feum a bh'air Eadar-mheadhonair? Mar robh e truaillidh agus caillte, ciod am feum a bh'air Fear-saoraidh agus air Slànaighear? Mar robh e 'na thràill do'n pheacadh, c'arson a tha e air a shaoradh le Iosa Chriosd? Mar robh e neo-ghlan, c'arson is éigin da bhi air ionnlad ann am fuil an Uain? Mar robh anam fo eucail, ciod am feum a bha air Léigh nèamhaidh? An aon fhacal, mar robh e ann am peacadh, c'arson a bha'n nuadh-bhreith cho feumail, 's gum beil Criosd gu soilleir ag ràdh, as eugmhais "nach faic aon neach rioghachd Dhé?"—Thuga-maid mata fainear san dara h-àite.

Do chŏr an duine an déigh dha tuiteam. Air do Shàtan a bhi làn fuath do Dhia, agus farmadach mu

shonas an duine, dhealbh e innleachd gu sgrios le cuilbheartachd mhallaichte. Thug e ionnsaidh "air an aon bu laige!" air tùs a' cur cheistean, agus a rithist ag àicheadh facal Dé; a' cur an céill na h-àinte gun robh a meas itheadh tuille 's teann, agus gun robh itheadh neo-lochdach, seadh, ro-tharbhach! "Cha-n fhaigh sibh gu cinnteach bàs," ars' am buaireadair,—ged a thuirt Dia, *Gu deimhin gheibh sibh bàs!* Mar so chaidh Eubh a mhealladh, agus dh'fhàs i 'na meadhon air a fear a mhealladh cuideachd!—Mar so thuit ar ceud-sinnsir o'n cheud staid fhior-ghlain agus bheannaichte san do chruthaicheadh iad!—agus mar chomharradh air fearg uabhasach Dhé ga chionn, chaidh am fògradh a mach á garradh Edein.

Ach 's éigin dut a thoirt fainear, tre thuiteam ar ceud-sinnsir, gun do thuit an sliochd uile san leagadh cheudna. Tha 'n t-abstol Pòl a 'toirt dearbhadh dhuinn air a' chùis, "Mar a thàinig peacadh a steach do'n t-saoghal tre aon duine, agus bàs tre'n pheacadh; mar sin mar an ceudnathainig bàs air na h-uile dhaoinibh, do bhrìgh gun do pheacaich iad uile," (Rom. v. 12.) Agus ann an rann 15. "Fhuair mòran bàs tre chionta aoin;" rann 18. "Tre chionta aon duine a thàinig breitheanas air na h-uile dhaoinibh chum ditidh."

Tha ar gne gu h-iomlan truaillidh, a thaobh an tuiteam ann an Adhamh. Tha ar cridheachan a thaobh nàduir feòlmhor agus saoghalta. Tha sinn a' cur cùl ri Dia,—tobar ar sonais; agus gu h-eacéillidh a' toirt ionnsaidh air sinn-féin a dheanamh sona ann am peacadh agus ann an amaideachd; no mar tha stéidh ar teagaisg ag ràdh, gun d-iarr sinn iomadh innleachd a mach; iomadh co-riasanachadh faoin,—iomadh ceist agus rannsachadh amaideach. Faodaidh sinn ar truailleachd a leughadh n-ar truaighe. San staid chaillte sam beil sinn cha n-eil tlachd againn ach do nithe talmhaidh; agus

leo sin tha sinn gu tric air ar mealladh. Ciod a tha ann an innleachdan lionmhor dhaoine, ach ionnsaidhean faoine agus aingidh gu ruigheachd air sonas as eugmhais Dé, agus an aghaidh a thoile! Nach lionmhor na h-innleachdan a thoileachadh na h-inntinn? Nach iomadh leabhar faoin a tha air a chur a mach, agus a tha gu dùrachdach air an leughadh, gu mòr ni 's mò no facal na fìrinn! Nach lionmhor na h-innleachdan a tha thoileachadh na sùl! Nach iomadh ni tha air a dhealbh chum a chluas a thoileachadh! eadhon gach ceòl le guth agus inneal. Nach iomadh ni a tha air iarraidh chum am blas a thoileachadh! eadhon a bhi 'g iarraidh gach còcaireachd rìomhach, agus gach ni annasach o gach cearna de 'n domhain. Nach lionmhor iadsan ris am faodar a ràdh, gur i an cearna, an teampull, an còcair an sagart, agus am brù an Dia! Nach iomadh innleachd a fhuarradh gu aimsir a mharbhadh, mar theirear ris. Ge gearr ar beatha, agus 's tric a tha sinn a' gearan gum beil i cho gearr, gidheadh 's airsneulach, trom, mall a tha i triall, le mòran. 'S ann air a shon sin a tha choilion toileachadh air iarraidh chum cuir as de'n aimsir. Mo thruaighe! cha-n fhada gus am bu mhiann leo sin aon uair de na tha iad a' mi-bhuileachadh san àm, an uair nach bi aimsir ann ni 's mò! Nach iomadh innleachd a fhuaradh a mach a chum uaill agus fearas-mhòr a thoileachadh! Nach iomadh innleachd a th' air an dealbh gu sinn a dhianamh ni 's rìomhaiche na ar coimhearsnaich! Nach iomadh innleachd a chaidh a dhealbh gu fàs saibhir agus urramach! Chum ruigheachd air so struighidh daoine an neart, agus cuiridh iad an slàinte agus am beatha an cunnart! Nach iomadh innleachd a thùradh gus an car a thoirt as ar nàbaidh! Ach tha innleachdan is measa na iad-sin mu thimchioll creideamh. Nach iomadh innleachd mu theagasg!—Nach lionmhor iad a tha

teagasg àintean dhaoine air son fìrinn Dé! Nach iomadaidh innleachd ann an aoradh Dhé! eadhon iodhal-aoraidh, agus saobh-chràbhadh, nithe a tha gràineil le Dia, agus calltach do dhaoine. Nach iomadh innleachd a tha mu thaitneachd le Dia! Cha n-eil ach aon slighe fhìor ann,—agus 's i sin Criosd; ach fhuair daoine amach mìle slighe eile, an àite cumail air an t-slighe cheart so; a'gabhail os laimh gun cliùthaich iad iad-féin do Dhia tre an deagh-bheus, am mathas, an deagh chaithe-beatha, an seirc, an cràbhadh, agus am fulangais.

Gun tuilleadh a 'ràdh mu thimchioll *innleachdan;* gabhamaid beachd coitcheann air an duine 'na chŏr trid an leagaidh.

Faic cia aineolach a tha inntinn! Nach truaillidh agus bochd a tha cŏr iomadh neach, dlù air gnè nam brùidean féin,—Innseanaich, Americanaich, agus tràillean Africa! Seadh, eadhon anns an Roinn-Eorpa féin, a tha ni 's mò dh'eòlas; agus ann am Breatunn cuideachd,—dùthaich a tha làn eaglaisean agus Bhìoball! Nach lionmhor neach a tha ann an dorchadas agus fosgàil a' bhàis! Tha iomadh neach a tha oileanaichte, 'sa tha geur-chùiseach ni 's leoir mu nithibh saoghalta, aig nach eil eòlas air Dia, nach aithne dhaibh iad-féin, agus nach mò is aithne dhaibh Iosa Criosd. Nach iomadh neach a shaoilear a bhi cràbhach, a tha toirt aoradh "da Dhia neo-aithnichte," air dhaibh a bhi aineolach air an eŏr caillte; agus uime sin tha aineolach air an t-slàinte a tha trid àn Fhir-shaoraidh.

Ach cha n-e aineolas an t-iomlan. Thoir fainear *feŏlmhoireachd* na h-inntinn. Chaidh an cridhe air seacharan o Dhia. Cha chaomh leis eòlas a ghabhail air Dia. Nach iomadh neach a tha'g ràdh ri Dia, "Imich uainn, cha n-àill leinn eòlas air do shlighibh;" agus mo chàirdean, feuchaibh an e so cŏr aon neach agaibhse? Mar biodh a' chùis mar

sin bu toigh libh ùrnaigh. C'arson a tha sibh a' dearmad a Bhiobaill?—c'arson a tha sibh a' briseadh na Sàbaid? c'arson a tha sibh a' gabhail tlachd ann an co-chomunn nan aingidh, agus a' deanamh fanaid air na h-ionracain chràbhach? Tha bhur cogais air uairibh a' toirt achmhasan duibh air son sin a dheanamh, oir tha sibh fiosrach gum beil iad-san ceart, agus gum beil sibh-féin air seacharan: agus nam bitheadh sibh air leabaidh a' bhàis, bu mhath libh a bhi 'nan cŏr-san. Tha anam neo-bhàsmhor agaibh, a tha fios agaibh is éigin a bhi sona no truagh gu sìorruidh; 's gidheadh 's ann a tha bhur caithe-beatha mar nach biodh anam idir agaibh. Agus ged is e diadhachd prìomh-ghnothach an duine gidheadh 'se 'n t-aon ghnothach a tha sibh a' dearmad; is coma libh daoin' eile fhaicinn ga ghnàthachadh. An e nach tabhair so mothachadh dhuibh gum beil sibh da rìreadh feòlmhor? "Aithnichear leanabh air a bheusaibh,"—"tha amaideachd ceangailte ann an cridhe leinibh." (Gnà. xxii. 11.; xxii. 15.) Nach tug thu riamh fainear do dh'fharmad, àrdan, agus buaireas cloinne-bige? Cha 'n-ann o chàch a dh' fhoghlum iad na nithe sin; thàinig iad leo a dh' ionnsaidh an t-saoghail; rugadh iad ann am peacadh.

Beachdaich air muinntir òg. Tha sìol a' pheacaidh a bha nan gnè, a' fàs suas gu follaiseach;—tha ea-ceart a nis' a' teannadh ri teachd fo bhlàth. Faic mar tha 'n t-òganach dàna, ceann-laidir, uaimhreach, àrdanach, a' deanamh tàir air a phàrantaibh, 's a' cuir cùl ris gach comhairle, chum gum faigh e ana-miann a shàsachadh, ged a chuireas e a shlàinte, a chliù, agus a bheatha féin an cunnart. Cò air nach bi mulad ri bhi faicinn an deothas mearcach leis am beil fir agus mnai a' caitheadh am beatha gu neo-stuama, neo-gheimnidh? Tha'm peacadh so gu ladorna a' buadhachadh; agus ged a mheasas cuid e 'na pheacadh faoin,

innis daibh gun toir Dia breith air luchd-strìopachais, agus adhaltrannais. Eabh. xiii. 4.

Ciod a their sinn mu *mhi-naomhachadh?* "Air son mhionnan tha'n tìr a' caoidh!" Tha Breatunn ag osnaich air son a' pheacaidh ghràineil so, a chionta mhi-tharbhach so,—tha na sràidean, na rathaide-mòra, na machraichean, na taighean-òsda, gu h-ea céillidh a' bruchdadh a mach na cainnt ghràineil so! Is uaigh fhosgailte sgòrnan fhir nam mionn, a' sìor labhairt mionnan agus mallachdan, ni a tha ni 's fuathaiche le Dia na tha fàileadh closaiche bréine dhuine. Tha so cho coithcheann 's nach eil suim againn da chiontaichead; ach ciod a deir an lagh? "Cha tabhair thu ainm an Tighearna do Dhé an diomhanas, oir cha mheas an Tighearna neo-chiontach esan a bheir ainm an diomhanas." Tha mionnan-eithich 'na pheacadh a tha ro lionmhor san tìr so. Tha mionnan gu tric air an tabhairt gun chùram gun treidhireachd; seadh 's minig a tha chùis ga leigeadh gu radha Dhé mu fhìrinn nam mionn, ged a tha dĕarbh-fhios aig an fhear eithich eucorach gur i bhreug a th' ann. Tha mi-naomhachadh agus eitheach 'nam peacaidh thairis air peacaidh eile, a leigeadh ris gum beil an duine gu h-eagalach air tuiteam o cheud chŏr, agus anabharr' aingidh; no cionnas a ghnathaicheadh e, no a bhiodh speis aige do na peacaidh ghràineil ud?

Cha bhiodh ùin' againn air labhairt mu mhìle olc eile a tha teachd a mach ás a' chridhe. Leugh an cunntas a tha Criosd féin a' toirt umpa, "Oir is ann as a' chridh tha droch smuaintean, mort, adhaltras, strìopachas, gadachd, fianais-bhréige, toibheum, is iad so na nithe a shalaicheas an duine," Mat. xv. 19, 20.

Tha na sgriobturan a' toirt iomadh dearbhadh air an fhìrinn bhochd so. Leugh na nithe a leanas. Gen. vi. 5. "Agus chunnaic an Tighearna gum bu mhòr aingidheachd an duine air an talamh,

agus gun robh uile breithneachadh smuaintean a chridhe a mhàin olc gach aon là ; agus b' aithreach leis an Tighearna gu'n d'rinn e 'n duine air an talamh ; agus thog e doilgheas da 'na chridhe." (Gen. vi. 56. ; viii. 24.) " Tha smuainte cridhe an duine olc o òige." Faic mar an ceudna, Iob xi. 12. B'àill leis an duine fhaoin a bhi glic, ged is ann mar loth asail fhiadhaich a bheirear duine ; agus caib. xv. 14. " Cò e an duine, gu'm biodh e glan ? agus gu'n saoradh esan e-féin, a rugadh o mhnaoi ?" Ach mu'n saoileadh aon neach nach eil an sluagh uile cho olc, agus nach eil na nithe sin air an labhairt ach a mhàin riusan a tha comharraicht' ann an aingidheachd, thoir fainear ciod a tha facal Dé ag ràdh, " Dh' amhairc an Tighearn a nuas o nèamh air cloinn nan daoine, a dh' fheuchainn an robh neach ann a bha glic, a bha 'g iarraidh Dhé. Chlaon iad uile : tha iad *gu léir* air fàs salach : cha n-eil neach ann a ni math, cha n-eil eadhon *aon*." (Salm xiv. 2, 3.) An aon fhacal, faic fior-dhreach an duine mar tha e air a chur sios ann an, Ier. xvii. 9. " Tha 'n cridhe cealgach thar na h-uile nithe, agus tha e do-leigheas ; cò 's urrainn a thuigsinn ?"

Air an dòigh so tha'n fhìrinn uabhasach, ach fheumail so, air a dhearbhadh. Cha-n fhaod aon neach àicheadh, ni 's lugha na dh' àicheadas e facal Dé: ach mur leòir leat na dearbhaidhean sin, beachdaich air cŏr a' chinne-dhaonna san àm, agus chì thu dearbhadh gu leòir air gum beil iad ann an cŏr truagh. Tha fìrinn a' còmhdach gur neo-mhearachdach a' chùis. Nach cùis iongantais na tha de thruaighe san t-saoghal ! nach lionmhor iad a tha air an claoidh le cràdh no le bochdainn ! 'S aobhar ìoghnaidh gum beil na h-urrad ann diù ; gum biodh *aon* neach a' fulang an cruthachadh an deagh Dhé ! 'S cinnteach gum beil ceannfath air ; agus mar innseadh facal Dé dhuinn ciod e, bhiomaid

am feasd aineolach air. O, Adhamh, ciod a rinn thu! O, dhuine, ciod a tha thu do ghnà a' deanamh! Nach eil "an talamh mallaichte air sgàth an duine?" agus c'arson a tha e toirt a mach drisean agus droigheann cho pailt, am feadh nach toir e mach luibhean feumail, meas, agus pòr, gun mhòr shaothair? Tha 'n talamh a' teagasg na fìrinn so dhuinn; 's am feadh a tha 'n duine a' faighinn aran lathail le falas a ghnùis, tuigeadh e gur e peacadh is aobhar da sin. Thuit an duine, agus tha corraich air Dia ris.

Tha 'n talamh air uairibh air a bhàthadh le tuiltibh cunnartach; air uairibh eile tha e air a thioramachadh le tart anabarrach. Tha tairneanach uabhasach a' crathadh nan nèamh; tha mill dhealanach a' soillseachadh nan speur! Tha critheannantalmhuinn eagalach a' sgoltadh an fhuinn 's a' slugadh sios nam mìltean! Tha sléibhtean loisgeach a' brùchdadh a mach an ainteas marbhtach. Tha 'n cuan uaibhreach, le thonnaibh atmhor a' slugadh sios nam maraichean brònach nam mìltibh! Tha phlàigh chlaoidhteach a' sguabadh air falbh an iomlan de luchd-àiteachaidh bhailtean ann an ùine ghearr! Ciod is cainnt do na teachdairean uabhasach sin? Tha iad gu h-aon-sgeulach ag ràdh, "Thuit an duine, agus tha corraich air Dia." Thugaibh mar an ceudna fainear cràdh nam ban an àm clann a thoirt a dh'ionnsaidh an t-saoghail. Beachdaichibh air caoidhrean, air gul, air cràdh, agus air bàs naoidheanan. Smuaintichibh air cho liugha galar cràiteach 's a tha 'n tòir air a' chinnedhaonna. Cha n-eil an saoghal ach mar thaigh mòr eiridinn; agus 's ainmig a chì sinn taigh anns nach eil cuideigin tinn. Nach iomadh neach d' ar cochreutairean a tha sa' cheart àm so air an sàrachadh le bochdainn, air an claoidh le h-anshocair, no air àird a' chuthaich! Gabh beachd air do chochreutair air leabaidh a' bhais. Seall air a ghnùis air call a lìth. Faic mar tha e sa phlosgail; mar

tha e 'g osnaich, agus an cruaidh spàirn. Fa-dheòigh, faic mar tha e toirt suas an deò, le chead a ghabhail do 'n t-saoghal thruaillidh so. Faic a chorp na shìneadh gu fuar rag air an cislinn. Ged a bha e roimhe cho ionmhainn le chàirdean cha-n fhada gus am bi iad toileach air a chur as am fradharc, agus gun taisg iad e ann an leabaidh thosdach na h-uaighe. Nach anabarrach an dearbhadh a tha so a' toirt duinn m' ar cŏr peacach! Gu cinnteach " thuit an duine, agus tha corraich air Dia."

AM FEUM.

Agus a nise ciod a their sinn ris na nithibh sin? An e so cŏr an duine? Feuch cho feumail 's a tha e dha a thuigsinn! Thug sinn fainear air tùs gur e aon do cheud-thùs ar creidimh e, agus mar bi fios againn air so, cha n-urrainn duinn a' chuid eile a thuigsinn. " An uair a tha dubhar air a' chridhe, tha gach ni eile dorcha. Faodaidh sinn fior-fheumalachd nan tri nithe so a leanas a thuigsinn o na chaidh a ràdh, eadhon, Saorsa, Aithreachas, agus Ath-ghineamhuinn.

1. Saorsa. Is fuathach le Dia am peacadh. Tha peacadh g'ar fàgail gràineil 'na shealladh. " 'S e'm bàs duais a' pheacaidh." " Iocaidh e corraich agus fearg, àmhghar, agus cràdh, air gach neach a ni olc.' Cionnas ma ta a théid sinne as o léir-sgrios? Gu ma beannaichte gu'n robh Dia, air son gu'n do ghràdhaich e'n saoghal cho mòr, 's gu'n tug e aon ghin Mic gu bhi 'na Fhear-saoraidh agus na Shlànaidhear dhuinne. Dh' fhuilig Criosd am bàs air son pheacach, " am fìrean air son an neo-fhìrean, chum ar toirt a dh' ionnsaidh Dhé." Tha réite air a dheanamh air son aingidheachd tre fhuil; agus le a Spiorad tha ar nàdur air ath-nuadhachadh; air chŏr 's gu'm faod sinn a bhi air ar gabhail a staigh gu deagh-ghean agus iomhaigh Dhé. O Iosa ciod nach d'rinn thu chum ar saoradh o chionta agus o chràdh, chum docair a chiùineachadh, chum gath a' bhàis a mhaoladh, a thoirt duinn sonais, ann an

càil, air thalamh, agus gu dheanamh cinnteach dhuinn fad linne na sìorruidheachd !

2. Mar an ceudna faicibh am feum a th' air Aithreachas, no a leithid de mhothachadh agus do shealladh air peacadh 's a threòraicheas sinn gu bròn diadhaidh, agus gu féin-fhuath. 'S e 'm peacadh an t-aon ni is fuathach le Dia, agus cha mhòr nach e an t-aon ni is toigh leis an duine : ach bheir gràs oirnn fuath a thoirt da, agus dhuinn féin air a shon. Mo thruaighe nach fad o so a ghabh iomadh neach a tha 'g ràdh Criosdaidhean riu féin ! Eisd ris an Phariseach uaibhreach ag ràdh. " A Dhé, tha mi toirt buidheachas dut a chionn nach eil mi mar dhaoin' eile ;" no a' deanamh uaill gum beil aige deagh chridhe, agus cogais ghlan ; gum beil e, a réir a chomais, a' cur a dhleasanais an gniomh, agus nach d'rinn e dochair riamh air neach sam bith. 'S i so cainnt ghnàthaichte anmannan truagha tha air am mealladh, a tha aineolach air plàigh an cridhe féin. Na leigeadh Dia gur e so cŏr a h-aon againne. Gu ma fearr leinn a dheanamh, mar rinn na deagh dhaoine air am beil iomradh againn sa'n sgriobtur, ar peacaidh aideachadh, fuath a ghabhail oirnn féinn air an son, agus aithreachas a ghabhail ann an duslach agus an luaithre. An sin gabhaidh sinn gu tàingeil ri saor thròcair agus ri mathanas caomh Dhé tre Iosa Criosd.

3. Uaithe sin, tha sinn mar an ceudna a' faicinn am feum a th' againn air Ath-ghineamhuinn. Cha leòr aon ni as eugmhais so ; oir tha bhi cur an aghaidh nàduir ionnan sa bhi cumail coileach-gaoithe leis an làimh, agus cho luath sa leigear as e, théid e a rithist mu'n cuairt leis a' ghaoith. Ma tha sinn air ar breith ann am peacadh, 's éigin duinn a bhi air ar breith a rithist. 'S amhail a thuirt ar Slànaighear ri Nicodemus, " Gu deimhin deimhin a deiream riut, mur beirear duine a rìs, nach faod e rìoghachd Dhé fhaicinn." (Eoin iii. 3.) 'S éigin duinn cridhe nuadh a bhi againn ; 's e sin rùn nuadh

cridhe ; a leithid de chaochla o'n leth a stigh rìs am faodar gu cothromach cruthachadh ùr a ràdh ; agus 's e so gu mòr is mò na baisteadh le uisge. 'S éigin gu'm beirear o uisge agus o'n Spiorad Naomh'; 's e sin, 's feudar dhuinn cumhachd an Spioraid fhaireachduinn air ar n-inntinnean, a tha coltach ri drùghadh an uisge air a' chorp. chum a ghlanadh o pheacadh. 'S e uisge sa bhaisteadh an comharradh faicsinneach o'n leth a muigh ; ach tha mar an ceudna gràs spioradail o'n leth a stigh ann ; agus 's e so buille bàis a' pheacaidh, agus culaidh ghintinn na fìreantachd. 'S fuathach leis an duin' iompaicht' am peacadh ; agus iarraidh e gu dùrachdach saorsa bhuaithe. 'S i cainnt an anma, Imich uam a pheacaidh, imich uam am feasd ; a nàmhaid Dhé ; fhir-ceusaidh mo Shlànaighear ; thus' a tha cur càmpar air an Spiorad ; a mhallachd na talmhuinn ; a nimh m' fheòla ; a phlàigh m' anma ; agus nàmhaid m' uile shonais.

Nach feumail duinn, ma ta, eòlas a bhi againn air ar staid chaillte ! 'S e ionnsaidh ghramail nàmhaid air n-anmannan sinn a shaoilsinn gum beil ar cor tearuinnte. 'S i obair mhòr agus ghràsmhor Dhé air fior chòr a leigeadh ris duinn. Gun deònaicheadh an Spiorad Naomh' a bheannachadh air na chaidh a ràdh mu thimchioll, chum 's air dhuinn eucail ar nàduir fhaicinn, gum bi mòr mheas againn air Ard-Léigh ar n-anma : gun irioslaich sinn sinnféin san duslach an làthair Dhé ; ach san àm cheudna 'g amharc suas ris air son mathanais, agus air son gràs an naomhachaidh, chum ar n-athnuadhachadh gach là ann an spiorad ar n-inntinn, gus am bi sinn iomchuidh air son nèamh a shealbhachadh, far nach aithnichear peacadh no bròn ni 's mò ; agus maille ris a' mhuinntir shaorte, an cuir sinn an céill ar saoradh glormhor o sgrios an leagaidh, a' cur slàinte as leth Dhé agus an Uain gu bràth agus gu sìorruidh ! *Amen.*

SEARMOIN VI.

MU SHAORSA.

EPHES. i. 7.

Anns sam bheil againne saorsa tre 'fhuilsan.

Faodaidh e bhith gur e 'm facal Saorsa is mò brìgh, na aon fhacal eile a tha 'n-ar cainnt gu h-iomlan, Gun teagamh 'se saorsa am beannachadh is mò is urrainn Dia a bhuileachadh no daoine fhaotainn. 'S e so a tha 'gleusadh nan clàrsaichean nèamhaidh. 'S e so rìgh an òrain ghnà-ùir sin nach urrainn aon neach a shéinn ach a' muinntir shaorte.—" Is airigh, an t-Uan a chaidh mharbhadh, air cumhachd, agus saibhreas, agus gliocas, agus neart, agus urram, agus glòir, agus moladh fhaotainn ; oir shaor thu sinn do Dhia trid t'fhala féin, as gach uile thréibh, agus theangaidh, agus shluagh, agus chinneach."

Tha saoradh an duine, ge b'e ainm leis an cuirear an céill e, do ghnà a' ciallachadh gun do thuit e, gun robh e ciontach, leir-sgrioste, agus neo-chomasach air e-féin a shaoradh ; agus gus an tuig sinn so cha n-eil e'n comas duinn aon fhacal de 'n t-soisgeul a thuigsinn air mhodh ceart. Tha 'n duine ann an galar cunnartach ; 's e Criosd an Leigh, agus 'se slàinte no saoradh a leigheas ;—tha e ruisgte ; sgeudaichidh Criosd e le fhìreantachd :— Tha e an uireasbhuidh ; 's e Criosd a bhiadh agus a dheoch :—tha e an dorchadas ; 's e Criosd a sholus :—tha e 'na sheasamh aig a' mhòd, fo chasaid.

agus ullamh gu bhi air a dhìteadh; tha Criosd a' dol an urras air, agus a' tagradh fhìreantachd chum fhìreanachadh. 'S amhail a tha e sa'n stéidh-theagaisg. Tha 'n duine fo dhaorsa; dhìol Criosd éirig, agus choisinn e a shaorsa.

Thigibh, mo chàirdean, agus thugamaid fainear an teagasg cudthromach so; agus cumamaid 'n-ar n-aire gur ann a tha sinn a' socrachadh ar n-inntinnean air a' chùis thaitnich sin air am beil cridheachan agus clàrsaichean nan naomh ann an glòir a' smuainteachadh; is air am bi sinne a' sìor chainnt gu sìorruidh, ma bhitheas sinn a' measg muinntir shaort' an Tighearna.

'S e saorsa, am measg dhaoine, muinntir a thoirt o dhaorsa, agus o bhraighdeanas, tre ghniomh treubhach, no le éirig a dhìoladh air son am fuasglaidh. Tha mar a shaor Criosd a shluagh taghte, o thruaige an leagaidh, air a chur an céill air an dòigh so; a chionn gum beil iad a thaobh naduir, ann an cŏr truagh, fo dhaorsa agus 'nan tràillean, o'n robh e eacomasach dhaibh iad-féin a shaoradh; agus mar rachadh an saoradh, gum biodh iad gu tur caillte. Ach, o shaor ghràdh, agus o chaomh thròcair, ghabh Criosd Mac Dhé an saoradh os làimh: agus le co-leasachadh iomchuidh ìocadh, eadhon fhuil phrìseil féin, mar éirig air an son, shaor e iad o léir-sgrios, agus dh' aisig e iad gu saorsa.

Chum 's gur feairrd' a thuigeas sinn saoradh an duine chaillte, thugamaid fainear, *a Bhraighdeanas*, —*A neo-fhoghainteachd féin*—agus *Meadhonnan a shaoraidh.*

Air tùs, thoir fainear cŏr duine 'na chiomach agus 'na thràill. 'S iad ciomaich am measg dhaoine, muinntir a théid a ghlacadh an àm cogaidh, 'sa nitear prìosanaich dhiù. 'S iomadh àm a chaidh an gnàthachadh gu h-olc; an cur gu nàire; an oibreachadh gu goirt; air an cuibhreachadh le slàbhraidhean, ann am prìosan, no 'g oibreachadh fo

thalamh; ceangailte ri rothaibh càrbaid am fir-ceannsachaidh; agus air uairibh air an cur gu bàs air mhodh an-iochdmhor. Gus an latha 'n diugh tha na daoine-dubha air an gnàthachadh mar chiomaich, agus air an cumail an daorsa. Tha loingis air an cuir a mach o Shasuinn gu Africa, chum mòran diù fhaotainn gu bhi 'nan tràillean. Tha iad air an goid, agus air an glacadh fo ioma leithsgeul mallaichte; air an spìonadh o chaidreamh an luchd-dàimhe; air an co-éigneachadh air falbh o'n dùthaich: air an dinneadh fo thobhta soighich; agus an uair a bheirear iad chum Innsean-na-h-àird-an-iar, air an reic mar ainmhidhean sa' mhargadh. Tha iad an sin air an claoidh le obair ghoirt, agus gu minig air an droch gnàthachadh, gus an cuir am bàs crìoch air an truaighe, no an saorsainn air a cosnadh le luach-ìocadh air an son.* 'Na shamhail sin do chŏr, faodar a ràdh gum bi duine air a shaoradh; agus air dha sgur o bhi 'na thràill, fàsaidh e 'na shaor-dhuine. Faodaidh so rud-éigin de bharail a thoirt duinn mu ghnè na Saorsa. An uair a chruthaich Dia an ceud duine, rinn e ionraic e; rinn e saor e; ach cha b' fhada gus an do chaill e a shaorsa. Thug Satan ionnsaidh air, agus bhuadhaich e; cha n-ann a mhàin air san, ach air uile shliochd. 'S an staid so rugadh sinn, tha sinn a' caitheadh ar beatha, agus innte bàsaichidh sinn, agus théid sinn am mugha, mur bi Saoradh Chriosd air a chàradh r' ar n' anmaibh leis an Spiorad Naomha. Bu truagh leibh cŏr ioma traill nam faiceadh sibh iad ceangailte le slàbhraidhean troma; nam faiceadh sibh iad air an rùsgadh, am maoin shaoghalta air a bhuintainn uapa, no air an reic mar bhrùidean; nam faiceadh sibh iad air am mi-ghnàthachadh agus air am bualadh; agus air an claoidh gu bàs ann an cràdh agus ann an dòlas. 'S e so, ma ta, ar cŏr féin a thaobh nàduir. Bhuadh-

* O na chaidh so a sgrìobhadh, sguir an cleachdadh so.

aich an droch-spiorad oirnn ; 's fad a ghabh sinn o'r ceud staid shona ; a dh' easbhuidh air fior shaibhreis, iomhaigh agus deagh-ghean Dé; air ar ceangal agus fo chuibhreach ar peacaidh; fo chumhachd a' bhuaireadair a shàsachadh ar n-ana-miannan gràineil; agus mar dean gràs a bhacadh, buailteach gu bhi air ar gairm le bàs a steach do shìorruidheachd, chum duais ar peacaidh fhaighinn, eadhon, truaighe shìorruidh.

O'n chŏr bhochd so cha n-urrainn duinn sinn-féin a shaoradh. Cha n-eil aon chuid an toil no'n cumhachd againn. 'S i truaighe shònraicht an duine chiontaich nach aithne dha a thruaighe féin. Tha proìsanaich eile 'g osnaich air son saorsa. Cha n-eil urrad ainmhidh no eun, ma théid an glacadh, nach dean strì chum a bhi saor; ach tha peacaich neoumhailleach ag àicheadh nach eil iad 'nan tràillean ; agus gu h-amaideach a' deanamh uaill, mar rinn na h-Iudhaich, "nach robh iad riamh ann an daorsa." Is toigh leo a' chuing ; 's ionmhainn leo a' ghainntir, agus is taitneach leo fuaim an geimhlean. Ma tha aon neach 'san éisdeachd sa' chŏr so, gu'm fosgladh Dia an sùilean, agus gun saoradh e iad o'n bhreislich mhuladaich so !

Ach ged a bhiodh duine toileach a bhi saor, cha neil e, dheth féin, comasach air a bhi mar sin. Ciod an éirig a tha aige r'a thoirt seachad? An urrainn e dioladh a thoirt do lagh Dhé, a bhris e? Am beil e comasach air a ghlòir ìocadh do Dhia a bhuin e uaithe? No'n urrainn e iomhaigh Dhé aiseag a rithist d'a anam a chaill e leis a' pheacadh? An urrainn e a ghnè thruaillidh a chaochla gu naomhachd, no e-féin a dheanamh 'na nuadh-chreutair? Cha n-urrainn; tha e ea-comasach. Mar gabh Dia truas ris; mar dean làmh Dhé còmhnadh leis; 's éigin da dol eug 'na thràill, agus a bhi gu sìorruidh maille ri spioradaibh mallaichte ann an ifrinn.

Ach buidheachas do Dhia air son Iosa Criosd! An uair nach robh sùil gu truas a ghabhail, no làmh gu còmhnadh, dh' oibrich a ghàirdean uile-chumh-

achdach féin slàinte a mach. Air do Mhac Dhé truas a ghabhail de'n duine 'na staid chaillte, dh' aontaich e teachd a nuas o ionad na glòire, chum ar fiosrachadh; 's a chionn gun robh acasan a thàinig e a shaoradh, co-roinn do fheòil agus do fhuil, "gabh esan mar an ceudna roinn diù sin; chum tre'n bhàs gu'n claoidheadh e esan aig am beil cumhachd a' bhàis, 's e sin, an diabhol; agus gun saoradh e iadsan a bha tre eagail a' bhàis rè am beatha uile fo dhaorsa." Eabh. ii. 14, 15.

Am measg nan Iudhach, b'ann do'n charaid bu dìlse a bhuineadh còir na saorsa. Chum sinne a shaoradh, dh' fhàs Criosd 'na dhuine, fear-dàimh ar nàduir, "cnàimh d'ar cnàimh, feòil d'ar feòil;" "Oir a ta araon an tì a naomhaicheas, agus iadsan a naomhaichear, uile o aon; air an aobhar sin cha nàr leis braithrean a ghairm dhiù," Eabh. i. 11.

'S e 'n dòigh ghnàthaicht air braighdean a shaoradh luach a dhioladh air an son. Rinn Criosd sin; agus 'se 'n luach à dh'ìoc e fhuil féin, mar tha ar ceann-teagaisg ag ràdh—"Anns am beil againn saorsa tre fhuil-san." (Ephes. i. 7.) Agus mar tha 'n t-Abstol Peadar ag ràdh, "Cha deachaidh 'ur saoradh le nithibh truaillidh, mar tha airgead agus òr; ach le fuil luachmhoir Chriosd;" (1 Pead. i. 18.) Cha n-ann le ni cho suarrach ri saibhreas an t-saoghail so, mar tha airgead agus òr, a th' air an ìocadh chum ciomaich bhochd a shaoradh o dhaorsa, o thruaighe, agus o thràillealachd dhaoine, ach le fuil luach-mhoir, le fulangasaibh, agus le bàs Mhic Dhé.

Air dhuinn, mar so, beachd coitcheann a ghabhail air saorsa, tha sinn a nis gu bhi ni's mionadaiche chum 's gur am is fearr a thuigeas sinn a' chùis, chum gun dean e am barrachd drùghaidh oirnn. Tha 'n duine nàdurra am bruid aig an *Diabhol*,—aig an t-*Saoghal*,—agus aig an *Fheòil*,—aig an *Lagh*,—agus aig an *Uaigh*. Tha Criosd a' saoradh shluaigh uapa sin uile.

1. Tha sinn uile thaobh nàduir am bruid aig an *droch-spiorad*. Air leibh gur cruaidh a' chainnt so, ach tha i tuilleadh 's fior; faicibh dearbhadh air (2 Tim. ii. 26.) "Gun téid iad as o ribe an diabhoil, aig am beil iad air am beò-ghlacadh chum a thoile," air an glacadh beò, air an cur an làimh, 'nan tràillean aig àrd nàmhaid ar n-anma. O 's uabhasach cumhachd Shàtain os ceann pheacach truagha. Cha n-eil iad fiosrach air mar tha' chùis, no ghuidheadh iad gu dùrachdach, "Na leig sinn am buaireadh, ach saor sinn o olc," no o'n aon-eacorach. Tha 'n t-Abstol Eoin ag ràdh, "Gum beil an saoghal uile 'na laidhe sa'n olc, no sa'n droch aon," 1 Eoin v. 19. agus tha Pol ag ràdh, "Gum beil e 'g oibreachadh an cloinn na h-easumhlachd," Ephes. ii. 2. Ionnas gum beil tuilleadh fìrinn ann an cainnt bhaoth cuid de dhaoin aingidh, na shaoileas sinn an uair a their iad. Tha 'n deamhan annad. Tha so ro fhìor mu gach neach neo-iompaichte. Agus 's airigh a thoirt fainear gum beil mòran de shluagh neo-smaointeachail gu barra-sgaoilteach a' gnàthachadh cainnt mar i so a leanas—Ifrinn, agus ifrinneach—Diabhol, agus diabholaidh,—Sgrios, agus sgriosach. Cha n-eil teagamh nach eil iad a bhi 'gnàthachadh na cainnte sin a' dearbhadh cò d'am beil iad a' géilleadh; agus ciod ris an ion sùil a bhitheas 'na ionad-còmhnaidh agus na chuibhrionn daibh. Gun deònaicheadh Dia gum foillsichear olc a chleachdaidh so do gach neach a tha ciontach dheth.

Thàinig am Fear-saoraidh beannaichte a nuas o nèamh a sgrios oibre an droch-spioraid. Thug e buaidh air uile bhuairidhean sa'n fhàsach; thug e buaidh air air a' chrann-cheusaidh; 's an uair a chaidh e suas do nèamh, "thug e bruid am braighdeanas;" cheannsaich e an gaisgeach, agus cheangail e an neach a bha làidir. Nochd e a chumhachd os ceann dheamhan, le 'n co-éigneachadh gu teachd a mach á *cuirp* dhaoine; agus tha e 'sìor

nochdadh a' chumhachd cheudna leis an droch-spiorad a chur a mach á *anmaibh* gach neach a chreideas ann. B'fhearr gun nochdadh e 'n cumhachd gràsmhor ceudna 'n-ar measg-ne san àm so.

Nochdaidh, mo chàirdean, ma tha sinn air ar saoradh o Shàtan, tha sinn air ar "saoradh *do Dhia,*"—air ar saoradh do Dhia, mar a chòir àraidh féin; chum urram agus a sheirbheis; chum co-chomunn ris san àm; agus chum a mhealtainn gu sìorruidh ann an glòir.

2. Tha sinn uile, thaobh nàduir 'n-ar tràillean do'n *Fheòil;* tha ar n-inntinn feòlmhor: "Tha peacadh a' rìoghachadh 'n-ar cuirp bhàsmhor; air chòr 's gun tug sinn ùmhlachd dha 'na anamhiannaibh; tha ar buill 'nan armaibh eucorach; thug sinn ar buill mar sheirbhisich do neo-ghlaine agus do dh' euceart; oir is seirbhisich sinn do'n tì d'an dean sinn ùmhlachd." Rom. vi. 12, &c.

Nach eil so fìor, Fhearabh? Nach eil cuid an so a làthair a tha 'nan tràillean do'n pheacadh? Aon do mhisg, neach eile do mhionnaibh; aon eile do neo-ghlaine; aon eile do bhreugaibh; aon eile do mheirle, no do chionta antrom eile? Mo thruaighe, mo chàirdean, 's e is crìoch do na nithibh sin am bàs;—"oir air son nan nithe sin tha fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-easùmhlachd." Mo thruaighe, nach iomadh neach a tha gu dian a' tagradh as leth saorsa shaoghalta, a tha 'nan tràillean do thruaillcachd! "Oir ge b'e ni le 'm buadhaichear air duine, do'n ni sin féin tha e air a chur fo dhaorsa." 2 Pead. ii. 19.

Ach, buidheacheas do Chriosd, a thàinig g'ar saoradh o ar peacaibh; "chum, air dhuinn a bhi air ar saoradh o làimh ar naimhdibh, gun deanamaid seirbhis da gun eagal, ann an naomhachd agus 'am fireantachd 'na làthair uile laithean ar beatha." Tre chumhachd a Spioraid tha a phobull air am breith a rithist, agus air an nuadh-chruthachadh ann

an Iosa Criosd ; chaidh seann nithe thairis, agus tha gach ni air fàs nuadh. Cha n-eil iad san fheòil, ach san spiorad ; cha n-eil iad a' gluasad a réir na feòla, tha iad comasach air seann duine a' pheacaidh a cheusadh, agus duine nuadh nan gràs a chur uime ; agus ann an càil a' bheatha a chaithe 'san naomhachd sin, as a h-eugmhais, nach faic aon neach an Tighearna. Mar sin, tha Pòl a' labhairt ris na Romanaich iompaichte, " Buidheachas do Dhia, an déigh dhuibh a bhi 'n-ur seirbhisich do'n pheacadh ; gun tug sibh o bhur cridhe ùmlachd do'n chumadh teagaisg sin d' an tugadh sibh thairis. Air dhuibh ma ta bhi air 'ur deanamh saor o'n pheacadh, rinn sibh seirbhis do'n fhìreantachd," Rom. vi. 17, 18.

3. Tha sinn uile thaobh nàduir 'n-ar tràillean do'n t-*Saoghal;* no mar tha 'n sgrìobtur 'ga ainmeachadh,—" ghlùais sinn a réir gnà an t-saoghail so," gu toileach ag aomadh do thoil a' pheacaidh, gidheadh gu h-amaideach am barail gun dean sinn gu math fathast, a chionn gum beil sinn a' deanamh mar tha muinntir eil' a' deanamh ; gun chuimhn' againn gur leathann an t-slighe a tha treòrachadh a chum bàis, agus gur lionmhor iad a tha 'g imeachd oirre : am feadh nach eil iad ach tearc a tha 'g amas air slighe aimhleathainn na beatha. Tha sinn a thaobh nàduir air ar co-chumadh ris an t-saoghal ; r'a chleachdadh amaideach, nòs, earradh, agus culaidh-shùgraidh ; agus mar an ceudna r'a bharaillean cunnartach, mearachdach, mu dhiadhachd : Tha sgàth air daoine smuainteachadh air an son féin; tha iad an earbsa ri creideamh an coimhearsnaichean, gun urrad do dhragh a chuir orra féin 's gun ceasnaich iad e le facal Dé, a dh' fhaicinn cò dhiu tha e ceart, no mi-cheart, fior, no meallta.

Ach thug ar slànaighear beannaichte e-féin air son ar peacaidh-ne, chum gun saoradh e sinn o 'n droch shaoghal a ta làthair ; o pheacaidh, o bhuair-

eadh, o chleachdadh agus o ghnà muinntir an t-saoghail so. Thu Peadar a' labhairt mu e bhi air a shaoradh o ar caithe-beatha dhiomhain a thugadh dhuinn or sinnsireachd. Cha-n fheirrde sinna bheag mar chaidh ar n-àrach, no ciod an creideamh a bh' aig ar n-atharaichibh, mar robh e ceart, 's éigin duinn cùl a chur ris. 'S éigin duinn Criosd aideachadh am fianais dhaoine, no àicheadhaidh esan sinne an làthair ainglibh: agus cha bhi nàir oirnn a soisgeul Chriosd, ma bhios sinn fiosrach gur e cumhachd Dhé e chum ar slànachaidh; ach 's ann is dàcha sinn a dheanamh uaill a crann-ceusaidh Chriosd, trid am beil sinn air ar ceusadh do'n t-saoghal, agus an saoghal duinne. An sin is sinn fior dheisgiobuil Chriosd, an uair nach eil sinn do'n t-saoghal, eadhon mar nach robh esan do'n t-saoghal.

4. Tha sinn uile, mar pheacaich, am bruid agus an làimh, aig Lagh, agus aig Ceartas Dé, a bhris, agus a chiontaich sinn 'na aghaidh. Tha'n lagh ag iarraidh ùmhlachd iomlan do ghnà. Ma chiontaicheas sinn an aon phonc tha sinn ciontach do'n iomlan; agus buailteach d' a mhallachadh èagalach. Tha 'n lagh ag iarraidh ar n-ùmhlachd no ar fuil. Gar an ciontaich sinn ach aon uair, tha ar beatha air a call. Tha sinn air ar dìteadh cheana; agus ma gheibh am bàs sinn air an dòigh so, théid ar dùnadh ann an ifrinn gu sìorruidh.

Ach buidheachas do dh' Uan Dé, a chionn gun tainig e chum an t-saoghail a shaoradh pheacach; is air son nach faodadh mathanas peacaidh a bhi as eugmhais dortadh fala, thug se e-féin gu saor thairis air ar soinne, agus bàsaich e air son ar peacaidh, am fìrean air son nan neo-fhìrean, chum gun tugadh e sinn gu Dia. Mar so thug se e-féin suas 'na éirig air ar son; agus shaor e sinn o mhallachadh an lagha, air dha bhi air a dheanamh 'na mhallachadh air ar son. Gal. iii. 13. Leis a sin "tha gach neach a chreideas ann air an saoradh

o'n fhéirg ri teachd"—"Cha n-eil a nise dìteadh sam bith dhaibhsan." "Chaidh iad thairis o bhàs gu beatha;" "agus cò chuireas aon ni as leth sluagh taghte Dhé; 'S e Dia a dh' fhìreanaicheas. Cò a dhìteas? 'S e Criosd a chaidh gu bàs." Do thaobh sin, tha còir air sìth cogais, eadhon sìth Dhé a ta dol thar gach uile eòlas.

Fa-dheòigh, tha sinn uile, air son peacaidh fo bhinn *a' Bhàis*, agus bithidh sinn an ùine ghearr an gainntir na *h-Uaighe*. 'S e so an tigh tha air òrduchadh do na h-uile bheò; 's eigin duinn uile an ùine ghearr triall chum an ionaid chòmhnaidh dhuaichnidh dhorcha so, agus fantainn ann gu maduinn na h-aiseirigh.

Ach thuirt ar Fear-saoraidh tròcaireach r'a shluagh, "fuasglaidh mi iad o chumhachd na h-uaighe; saoraidh mi iad o'n bhàs; O bhàis, bi'dh mis' a'm' phlàigh dhut; O uaigh, bi'dh mis' a'm' sgrios dut." Tha gu deimhinn, Iosa air a dheanamh 'na shaorsa dhuinne; eadhon "saorsa a' chuirp;" agus "bithidh an creutair féin" 's e sin an corp "air a shaoradh o dhaorsa na truailleachd, gu saorsa glòrmhor cloinne Dhé," Rom. viii. 21. An sin thig e gu crìch na chaidh a ràdh, "Tha bàs air a shlugadh suas ann am buaidh. O bhàis, c'àit' am beil do ghath? O uaigh, c'àit' am beil do bhuaidh? 'S e am peacadh gath a' bhàis, agus 's e neart a' pheacaidh an lagh: ach buidheachas do Dhia a tha toirt dhuinne na buaidhe, trid ar Tighearna Iosa Criosd."

AN CO-CHUR.

A nise, mo chàirdean, ciod i ar barail mu Shaorsa? Cò dhiù a tha sibh ga mheas na beag no mòr. Ciod an drùghadh a rinn e air 'ur cridheachaibh? Nach eil fios agaibh gum beil sibh, no gun robh sibh aon uair, fo'n daorsa thruagh so? Cha n-urrainn duibh fuasgladh iarraidh, no idir gràdh a thoirt do'n Fhear-saoraidh, gus an tuig

sibh so. An uair a bha clann Israeil san Eiphid, "bha iad ag osnaich air son na daorsa, agus ghlaodh iad, agus thàinig an glaodh suas gu Dia air son na daorsa." A rithist, an uair a bha clann Israeil ann am Babulon "shuidh iad sios ri taobh nan àbhnaichean agus ghuil iad: seadh, ghuil iad, an uair a chuimhnich iad air Sion." Bithibh cinnteach gur e so an cŏr anns am beil sibh san àm, mar do mhothaich sibh, roimhe so gun robh sibh mar sin Mar d' iarr sibh riamh bhi air bhur saoradh, cha n-eil sibh fathast ann. Mar faca sibh riamh aon oirdheirceas ann an Criosd, tha sibh fathast "ann an domblas na seirbhe, agus fo chuibhreach na h-eucorach." Ghabhaibh mo chomhairle, an uair a théid sibh dhachaigh, rachaibh do dh'ionad eigin uaigneach, agus aslaichibh, air 'ur glùinibh lùbte, gun saoradh ar Fear-saoraidh beannaichte sibh. Abair leis on t-Sàlmadair, "Thig am fagus do m' anam, agus saor e." Dlù-bheachdaich o' d' ghainntir air nèamh. Glaodh ris an Tighearn ann a' d' theinn, agus saoraidh e thu a't' airc. Cluinn e 'g radh, "An àill leat a bhi saor?" Tha e ullamh gu d'chuibhrichean a bhualadh dhiot, agus do 'chuir fa-sgaoil. Nam b' ann an earbsa riut féin a bhiodh luach do shaoraidh a dhioladh, is math a dh' fhaodadh tu tuiteam an eadòchas! ach chaidh t'éirig a dhìoladh; cha n-eil air iarraidh ortsa ach gabhail ri d' shaorsa le d' chridhe agus le d' làimh. Thig, ma ta, oir tha na h-uile nithe ullamh. "Earbadh Israel as an Tighearna; oir aig an Tighearna tha tròcair, agus aige-san tha mòr shaorsa," (Salm cxxx. 7.) 'S ann an so a tha brìgh an t-soisgeil. Ann an so tha ait-theachdaireachd an aoibhneis mhòird do dh' anmaibh trom-luchdaichte le peacadh. Am beil tha fo mhòr àmhghar e mothachadh air do pheacadh agus air do thruaighe Ro mhath, tha dòchas ann an Israeil mu thimchioll an ni so. "Earb as an Tighearna;" ni h-ann asad

féin, no a' t' oibribh féin, ach a Iehobhah; agus 'se'n t-aobhar misnich a th' agad gu sin a dheanamh, "gum beil tròcair aige-san,—gràs, mathas, agus fiùghantas. Tha e, dheth féin ullamh gu mathanas a thoirt seachad; agus mar thuilleadh misnich, "tha aige-san mòr-shaorsa." Dhoirt Criosd fhuil mar éirig air son an saorsa. Tha 'n t-saorsa pailt. Tha saibhreas neo-chrìochnach a ghrais agus a thròcair co-ionann ri t' uile uireasbhuidh. Cuir do dhòchas, ma ta, anns an Tighearna, agus biodh t-earbs' a mhain as, oir "saoraidh e Israel o cuceartan uile."

Agus sibhse, tre ghràs, a chreid gu sàbhaladh ar n-anma, thigibh agus thugaibh fainear an staid san robh sibh aon uair; o nach robh aon ni comasach air 'ur saoradh ach fuil ioc-shlàinteach Chriosd. Faicibh gràinealachd a' pheacaidh ann am fallas fala an Fhir-shaoraidh ann san lios, agus 'na chràdh anabarrach air a' chrann-cheusaidh. O, faicibh na rinn am peacadh! Thugaibh mòr fhuath dha, agus cuiribh romhaibh cùl a chur ris am feasd.

Thigibh, agus beachd-smuaintichibh air gràdh Chriosd, "a ghràdhaich sibh, agus a thug e-féin air 'ur son," agus a thug trid a Spioraid éifeachd na saorsa chum ar cridheachan. Cha robh mathas air bith annaibhse a bhrosnaich e chum so a dheanamh. Cha robh: oir "an uair a bha sinn fathast 'n-ar nàimhdibh, gun d'fhuilig Criosd bàs air ar son." O, bithibh taingeil air son ar saorsa iongantaich. "O thugaibh buidheachas do Dia, oir tha e math; oir mairidh a thròcair gu bràth. Abradh muinntir shaorte an Tighearna so, iadsan a shaor e o làimh an nàimhdean." Nan saoradh duine fiùghantach sibh o thràillealachd nan Turcach, &c. nach bu taingeil a bhiodh sibh dha? Theireadh sibh ris, "A dhuine, 's mòr a tha sinne a' d' chomain air son na rinn thu as ar leth: cha di-chùimhnich sinn am feast do chaoimhneas duinn." Ach cha robh caraid

saoghalta sam bith comasach air 'ur n-anmannan a shaoradh o pheacadh agus o ifrinn. Thuirt duine naomha roimhe so, O b' fhearr gum b' urrainn domh a chur sìos air pàipeir luach agus ro-oirdheirceas, àrd-chliù agus moladh ar Fir-shaoraidh! O cha n-eil feum aig air mo chliù lag-sa, &c.

Mar so, mo chàirdean, smuaintichibh air Criosd; agus air dhuibh a bhi mar so a' smuainteachadh air, nochdamaid ar gràdh dha le àintean a choimhid a' sìor-chuimhneachadh "nach leinn féin sinn, gun do cheannaicheadh le luach sinn; air an aobhar sin thugamaid glòir do Dhia le 'r cuirp agus le 'r spiorad, is le Dia." Cùimhnichibh gum beil sibh fathast sa' chorp; corp peacaidh agus bàis; agus ged a tha, trid gràis, 'ur tlachd ann an lagh an Tighearna, a réir an duine au taobh a stigh, gidheadh tha lagh eile a' m' bhallaibh a' cogadh an aghaidh lagha m' inntinn." Deanaibh faire, ma ta, 'na aghaidh, air eagal uair air bith gun tugadh e sibh am bruid do lagh a' pheacaidh. Seasaibh gu daingean san t-saorsa leis an d'rinn Chriosd saor sibh; agus deanaibh gàirdeachas an dòchas ri saorsa glòrmhor, iomlan, siorruidh cloinne Dhé an taobh thall do 'n uaigh.

SEARMOIN VII.

MU ATH-GHINEAMHAINN, NO'N NUADH-BHREITH.

EOIN iii. 3.

Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Gu deimhin deimhin a ta mi ag radh riut, mur beirear, duine a rìs, nach feud e rioghachd Dhé fhaicinn.

'S iad dà fhìrinn mhòr a' Chreidimh Criosdail, ar sgrios tre Adhamh, agus ar saoradh tre Chriosd: agus gus an tuig sinn iad maraon, cha n-urrainn duinn aon dleasanas a choilionadh, no aon sochair a mhealtainn air chòir; cha bhi sinn comasach aon chuid air seirbhis a thoirt do Dhia sa' bheatha so, no idir dol a steach d'a ghlòir san ath-bheatha.

'S fheudar a thoirt fainear gum beil facal Dé do ghnà a roinn a chinne-dhaonna nan dà earrainn —na h-aingidh agus na h-ionracain; peacaich agus naoimh; creidich agus neo-chreidich; oighreachan ar ifrinn, agus oighreachan nèimh. Tha iad sin an cuideachd a chéile air thalamh, ach bithidh iad air an eadar-dhealachadh air cheann lath' a' bhreith-eanais; agus bithidh an còr sìorruidh air a shocrachadh, a réir mar bha an giùlan a bhos an so air thalamh. Ciod, ma ta, is feumaile dhuinn no bhi fiosrach air ar fior staid san àm? Thugaibh fainear, ged a tha 'n t-eadar-dhealachadh a chaidh ainmeachadh eadar daoine, gum beil sinn uile thaobh nàduir 'san aon chŏr; 'se sin, 'n-ar peacaich; agus 'n-ar cloinn na féirge. Air chŏr 's mar tig atharrach-

adh oirnn, gum buanaich sinn ann, gu'n caith sinn ar beatha, agus gu'm bàsaich sinn ann, agus gum bi sinn caillte gu sìorruidh.

Is dearbh fhìrinn so, a dh'innis Iosa Criosd do Nicodemus san cheann-teagaisg. Bithidh e feumail innse dhuibh cò e, agus c'arson a thuirt Criosd, so ris. Do bhrìgh coltais, bha Nicodemus 'na dhuine mòr am measg nan Iudhach. Bha e 'na fhear-teagaisg, agus 'na uachdaran; agus air dha a chluinntinn gun do labhair agus gun d'rinn Iosa Criosd iomadh ni iongantach, thàinig e d'a ionnsaidh san oidhche, oir bu nàr leis gum faict' e ri solus an latha, agus thuirt e ris, "A mhaighstir, tha fhios againn gur fear-teagaisg a thàinig o Dhia thu." Air ball thòisich Criosd r'a theagasg; agus thionndadh e leis an fhìrinn is cudthromaich a chaidh riamh a theagasg—feumalachd an nuadh-bhreith, ni a tha e 'cur an céill leis a' chainnt is treise; "Gu deimhin, deimhin, a deirim riut, Mar bi duine air a bhreith a rithist, nach faod e rìoghachd Dhé fhaicinn." Mar gun abradh e, Tha mise neach is mi an fhìrinn, ag innse dhut gu soilleir, nach urrainn aon neach, a thuigsinn, no idir sochairean rìoghachd nan gràs sin, a thàinig mise ga cur suas a mhealtainn; cha mhò a dh' fhaodas e ìnntrinn a steach do rìoghachd na glòire mar bi a chridhe air atharrachadh le cumhachd os n-àird.

Do bhrigh coltais, cha do thuig Nicodemus ciod a bha ar Tighearn a' ciallachadh leis a so; agus tha e feòraich cionnas a dh'fhaodadh e tachairt. Ach tha ar Triath ga innsedh dha thairis agus thairis, agus cha n-eil teagamh againn nach do thuig Nicodemus mu dheireadh e, agus gun d' fhàs e-féin 'na nuadh-dhuine. Gun deònaicheadh Dia gum fàs sinne 'n-ar nuadh chreutairibh, chum a thoil a dheanamh an so, agus a mhealtainn an déigh so!

Tha'n *nuadh-bhreith* a' ciallachadh *atharrachadh mòr,* air a dheanamh air cridhe a' pheacaich, le

cumhachd an Spioraid Naoimh'. Tha e ciallachadh gum beil ni-éigin air a dheanamh annainn, agus air ar son, nach robh sinn-féin comasach air a dheanamh ; rud-éigin air an robh sinn roimhe so an-fhiosrach; rud-éigin, trid am beil sinn a' teannadh ri teachd beò, mar nach robh sinn roimhe beò; seadh, rud-éigin, leis am beil beatha a' toiseachadh a mhaireas gu sìorruidh ; oir mar tha sinn le'r ceud bhreith air ar breith gu bàs fhaighinn, 's amhail a tha sinn le'r dara breith, air ar breith gu bhi beò gu bràth.

Chum 's gur fearr a thuigeas sinn an nuadhbhreith so, no an caochla so air a' chridhe, thugamaid fainear

I. *Gnè* a' chaochla so ; agus,

II. Am *feum* a tha air.

I. Thugamaid fainear *gnè* a' chaochla so. Cha n-e th'ann mùthadh air brìgh no air ceudfathaibh an anma. Cha do chuir am peacadh as do bhrìgh an anma, ach da chothromaichead ; ionnas nach eil gràs a' toirt nuadh cheudfath do'n anam, ach buaidh ùr. Cha n-eil e a' milleadh na cungaidh, ach an seann dreach a bh' air, gu dealbh ùr a bhualadh air. Cha n-e an coinnlear a bhriseadh, ach coinneal ùra chur ann. 'S e th' ann teudan ùr a air an cur san inneal chiùil, chum a ghleusadh gu ceòl ùr." Is caochla mòr ath-ghineamhainn ; no 'n nuadh-bhreith ; no 'n nuadh-chruthachadh. 'Nuair a thig leanamh chum an t-saoghail, bithidh an dòigh air am beathaichear e air mhùtha seòil o'n dòigh air an robh e air a bheathachadh am broinn a mhàthar ; air an t-sheòl cheudna, tha sinne a' caithe ar beatha air mhùthadh dòigh, trid na nuadh-bhreith. Tha meud an atharrachaidh so air a chur an ceill, le "dol o dhorchadas gu solus ;" seadh le "dol thairis o bhàs gu beatha." —"Bheothaich e sibhse bha marbh an eu-ceirtibh agus am peacaibh." Tha e deanamh duine càlg-

dhìreach an aghaidh mar b' àbhaist da bhi; cho fada uaithe 's a tha 'n-àird-an-Ear o'n àird-an-Iar; an àirde-Tuadh o'n àirde-Deas; solus o dhorchadas; agus duine o spiorad. Tha e 'na chaochla cho mòr 's ged fhàsadh duine dubh geal; no ged fhàsadh leoghann 'na uan. 'An aon fhacal, tha Dia a' buntainn uainn a' chridhe chloiche, agus a' toirt duinn cridhe feòla.

Is mùthadh *coitcheann* e—" creutair ùr;" cruthachadh iomlan; cha n-e uile-bheist neo-iomlan. 'S e obair Dhé e, agus air an aobhar sin tha e coilionta 'na uile bhallaibh; ach faodaidh iad fàs ni's mò mar ni naoidhein air ùr-bhreith. Na meallamaid sinn féin le caochla neo-iomlan; mar tha beachd ùr a ghabhail air a' chùis, no aontachadh le nuadh aidmheil; no cuid do pheacaidh a thréigsinn, no cuid do dhleasanais chràbhach a choilionadh. Faodaidh mùthadh aois agus caithe-beatha rud-eigin do dh' atharrachadh oibreachadh; ach 's éigin gur e bhios ann an duine gu h-iomlan air atharrachadh. Tha solus an àite dorchadas san *tuigse.* Tha maothachd an àite cruas san *toil.* Tha gràdh an àite nàimhdeas sna *ceudfathaibh.*

Is caochla o'n leth a stigh a th' ann. Tarmaichidh e caochla o'n leth *a muigh,* ma bha 'n caithebeatha san àm a chaidh seachad mi-dhiadhaidh; ach faodar a bhi deagh-bheusach gun an t-atharrachadh so o'n leth a stigh. Cha n-e Ath-leasachadh Ath-ghineamhainn, ged a tha e gu tric air a ghabhail 'na riochd. Is atharrachadh *cridhe* e. 'S éigin duinn " a bhi air ar n-ath-nuadhachadh ann an spiorad ar n-inntinn." (Ephes. iv. 23.) " Seallaidh an duine air an leth a muigh, ach amhaircidh Dia air a' chridhe." Gheall Dia cridhe nuadh a thoirt d' a shluagh; agus tha'n Salmadair gu dùrachdach a' guidhe air a shon, " A Dhé, cruthaich annam cridhe glan, agus athnuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhiom." As eugmhais so cha n-eil fior atharrachadh idir ann.

'S éigin gum bi rothan an uaireadair air an càradh mu 'n gluais na lamhan air dòigh. Faodaidh iad a bhi ceart dà uair sna ceithir uairean fichead, ach cha-n ann air son aon fhìrinn a tha 'na ghluasad. Air an dògh cheudna theagamh gum measar duine bhi air atharrachadh le gniomh no dha mathasach; ach do bhrìgh nach eil e air a bhrosnachadh o aobhar ceart, cha n-eil e ach cealgach. Tha mùthadh mòr eadar deagh-bheus agus diadhachd; eadar saoghaltachd agus naomhachd. Tha mòran daoin' a' seachnadh cuid do pheacaibh, agus a' coilionadh cuid do dhleasanasaibh; air son an slàinte, an cliù, no am buannachd; ach tha caochla *rùin* san nuadh chreutair. 'S e creideamh rùn an nuadh-chreutair; "tha creideamh ag oibreachadh tre ghràdh; agus mairidh so." Cha n-eil e mar uaireadair a chuibhlear suas, 'sa dh' fhalbhas am feadh a mhaireas a slàbhraidh air ruith; ach air de'n duine Spiorad Dhé a bhi ann, agus beatha Dhé a bhi 'na anam, tha gràs, "mar thobar uisge a' sruthadh suas chum na beatha maireannaich."

Tha muthadh crìch aig an nuadh chreutair san amharc, cho math ris an *rùn* o'm beil e 'g oibreachadh. 'S i glòir Dhé tha aig an nuadh dhuine sa'n amharc. 'S e e-*féin* a th' aig an t-seann duine 'na bheachd. Cha n-eil dearbhadh is mò air sinn a bhi air ar breith a rithist, no sinn a bhi air ar toirt o 'r féin-spéis, agus chum glòir Dhé anns gach ni a bhi againn sa'n amharc: cò dhiù a dh' itheas no dh' òlas sinn; an uaigneas no am follais; mu thimchioll diadhachd no mu gnothaichibh coitcheann; gun toir sinn ionnsaidh dhùrachdach air glòir Dhé a chur air aghaidh; air dhuinn fios a bhi againn nach leinn féin sinn, ach air ar ceannach le luach, tha sinn ri Dia a ghlòrachadh le'r corp, anam, agus le'r spiorad, is le Dia."

Gum beil an nuadh-bhreith 'na atharrachadh cho mòr 'sa chaidh a chur an céill, eadhon gur

mùthadh mòr e, caochla coitcheann, agus atharrachadh o'n leith a stigh; tha so ni's soilleire r'a fhaicinn, ma bheir sibh fainear am mùthadh a ni e air beachd agus barail duine. Tha smuaintean ùr aige mu Dhia, uime féin, mu'n t-saoghal, mu shìorruidheachd, mu Iosa Criosd, agus mu na h-òrduighean naomha.

Tha smuaintean ùr aige mu Dhia. Bha e roimhe so, mar bu tric, a' caitheadh a bheatha as eugmais Dhé anns an t-saoghal; gun a bheag do dh'eòlas fior aige mu Dhia, gun mhiagh uime; agus bha e ullamh gu mheas nach robh Dia na b' fhearr na e-féin. Ach tha e nis a' faicinn mòrachd uabhasach ann an Dia, fior-ghloine iomlan, teann cheartas, agus gum beil e 'na mhòr chùis eagail. Tha e nise fiosrach gum beil sùil Dé do ghnà air; agus nan tionnsgnadh e ann am breitheanas ris, nach b' urradh dha seasamh. Ach tha e mar an ceudna a' tuigsinn, o'n t-soisgeul, gu'm beil Dia ann an Criosd, làn gràis, agus mathais, agus gràidh; ionnas gu'm beil eagal Dé agus a mhathais air.

Tha caochla baralach aig an nuadh dhuine air féin. Ghiùlain se e-féin roimhe so nar gu'm b'e féin a mhaighstir, lean e a thoil cheannlaidir féin; ullamh gu leith-sgeul a dheanadais bu mheas a ghabhail; a' meas nach robh na pheacaidh ach nithe faoin, theagamh gur ann a rinn e uaill 'na nàire. Tha e nis a' faicinn olc a ghnàthachaidh a bh' aige roimhe; tha e gu neo-chealgach ri bròn air son a pheacaidh; tha e mothachail air olcas a chridhe o'n do shruth iad; tha e ga mheas mar am peacach is mò; tha iongantas air r'a dhànachd a' peacachadh; agus tha'm barrachd ioghnaidh air ri foighidin Dé nach do ghearr as e le grad bhuille bàis. An aon fhacal, tha e 'g éigheach, "Feuch, tha mi gràineil. Tha mi 'gabhail gràin dhiom féin, agus ni mi aithreachas ann an duslach agus an luath."

Tha smuaintean ùr' aig an nuadh-dhuine mu'n

t-*saoghal ;* mu na *daoine*, agus mu na *nithe* a th' ann. Bha e roimhe so toigheach mu chùideachd dhaoine mi-naomha agus neòghlan; tha e nis gan seachnadh mar sheachnadh e galar millteach; agus 's e is cainnt d'a, "Imichibh uam, a dhaoin' aingidh, oir coimhididh mise àintean mo Dhé." Bha sgreamh air roimhe so ri daoine naomha fhaicinn; ach tha e nis ag aontachadh leo-san air am beil eagal an Tighearna; air leis a nise gur iad maithean na talmhuinn, a' miannachadh bhi leo beò agus marbh. Cha n-ionann barail a th' aige 'sa b' ăbhaist da bhi aige mu nithe *saoghalta*. Bha toil aige bhi mòr; bha déigh aige gu bhi saibhir; bha e'n tòir air toilinntinn. B'e ithe agus òl, cairtean agus làn-aighear, ceòl agus dămhsa, bu shàimh dha roimhe so; agus a chum am mealtainn ciod nach deanadh e? Tha e nis' a' faicinn cia cho faoin 'sa tha iad uile. Tha e faicinn cho cunnartach 'sa tha iad. Cha mhòr nach do tharruinn iad e gu beul sgriosa, ach tha e nis a' tionndadh uapa le gràin.

Tha smuaintean ùr' aige mu *shìorruidheachd*. B' ainmig leis smuainteachadh idir orra roimhe; ach a nise tha i do ghnà 'na bheachd; tha nis an *creideamh* sin aige, ni is " e brigh nan nithe ri'm beil dòchas, dearbhadh nan nithe nach faicear." Cha n-eil e nis ag amharc air nithibh ata ri'm faicinn, oir tha fios aige gum beil iad aimsireil; ach air nithibh nach facear, oir tha iad sìorruidh. Tha fios aige gu'm bi e beò gu bràth, an dara cuid air nèamh no an ifrinn. Air an aobhar sin cha n-eil e cur nithe talmhaidh an coimeas ri nithe neamhaidh; agus cha n-eil meas aig air aon ni cho mòr 's a th'aig air a shona shìorruidh.

Tha caochla smuaintean aig an nuadh chreutair mu *Iosa Criosd* seach mar bha aige roimhe. Air leis gun robh e aon uair gun dreach no maise ann; ach a nis' air leis gur e an ceann-feadhnadh am measg dheich mìle e, agus gu h-iomlan ionmhainn.

Cha bu chaomh leis iomradh chluinntinn air, leughadh, no labhairt uime, ach a thoirt tàir dha; ach a nise cha n-urrainn e gu leòir a chluinntinn uime; oir tha e nis' a' faicinn ma tha e idir ri bhi air a shaoradh, gur h-ann a mhàin tre Iosa a bhios e: uime sin "tha e meas gach ni na challdachd, chum gum bi e còlach uime, gu'm faigh se e, agus gu'm faighear annsan e."

Tha caochla barail aige mu na *h-òrduighean naomha.* Cha b' fhurasda leis an t-sàbaid a choimhid naomha. 'S ainmig a fhrithealadh e air aoradh follaiseach Dhé, agus 'nan éireadh dha uair air bith dol ann, bhiodh e 'na eallaich dha; cha n-aontaicheadh e leis an ùrnaigh; bha séinn nan sàlm dha 'na chulaidh-shùgraidh; cha robh sgoinn aige do'n t-searmoin; theagamh gur ann a deanamh e fanaid oirre; agus bu bheag air ùrnaigh dhiomhair. Nach mòr an t-atharrachadh so! 'S e, a nis, an t-sàbaid a thoilinntinn 'S e tigh an Tighearn a dhachaigh; 's e facal Dé a lòn; 'S e 'm Bìobail a chaomh chòmpanach; agus 's i ùrnaigh anail anma.

Mar so chi sibh am mùghadh mòr a thàinig air na smuaintibh; agus nan ceadaicheadh ar n-uine dhuinn e, dh' fhaodamaid fheuchainn gum beil na *nuadh-smuaintean* sin ag àrach *nuadh-thograidh;* is toigh leis na bu bheag air roimne so; is fuathach leis a nis' an ni a b' ionmhainn leis roimhe so. Tha tograidh ùr aig' a nis', eagalan ùra, aoibhneasan ura, agus bròn ùr. Tha e cur nuadh rùin roimhe. Tha e ri saothair ùr. Tha culaidh shòlais ùr eile aige. Tha dòchais agus beachdan ùr aige. Nach ceart, ma ta, a theirear creutair ùr ris!

Air dhuinn gu h-aith-ghearr gnè na h-ath-ghineamhainn a nochdadh, thugamaid fainear.

II. *Cho feumail 's a ta e.* Thugaibh fainear cho teann 's a tha ar Triath ga earalachadh san stéidh-theagaisg, "Gu deimhin, deimhin, tha mi 'g ràdh ruibh, mu'r beirear duine a rithist, nach fhaod e

rioghachd Dhé faicinn." Cha choltach nach drùigh na facail sin oirne, ma chreideas sinn Dia na fìrinn. Ach feòraichidh sibh, Ciod a th' air a chiallachadh le rìoghachd Dhé? 'S e th' air a chiallachadh le sin, rìoghachd nan gràs air thalamh, agus rìoghachd na glòire air nèamh. Agus as eugmhais an nuadh bhreith cha-n fhaod aon neach rìoghachd Dhé fhaicinn.

Mu thimchioll gnè an t-soisgeil an so, far am beil Criosd a' rìoghachadh, cha'n urrainn aon duine bhi 'na *fhior Chriosdaidh* mar bi e air a bhreith a rithist; cha-n fhaod e bhi 'na fhior bhall do dh' eaglais Chriosd, no de'n chomunn sin a tha Criosd a' riaghladh; cha n-urrainn da aon do na dleasanais a tha air an iarraidh air iochdranaibh na rìoghachd so a choilionadh; no idir aon sochair a bhuineas daibh a mhealtainn.

Cha n-urrainn da a h-aon de na *dleasanais* a choilionadh. Tha 'n duine peacach aineolach air ciod a tha fior mhath. "Their e olc ri math, agus math ri olc." Tha e "mi-iomchuidh air gach deagh obair, (Tit. i. 16.) Tha fuath aige do gach ni a tha math. "Tha 'n inntinn fheòlmhor 'na nàimhdeas an aghaidh Dhé," agus le ăr-a-mach an aghaidh lagh Dhé tha i a' nochdadh a naimhdeas, (Rom. viii. 7. Air dha buanachadh sa'n staid so, cha n-urrainn da a chrìoch mu'n do chruthaicheadh e a choilionadh, eadhon Dia a ghlòrachadh; agus air dha a bhi mar so cho mhi-iomchuidh, agus cho neo thoileach a' chrìoch sin a fhreagradh, tha e anabarrach feumail gu'm bi an t-atharrachadh so air a choilionadh. "Is ann an Iosa Criosd a tha sinn air ar cruthachadh chum deagh oibribh. Cha n-urrainn duinn "ùrnaigh a dheanamh san Spiorad," gus an "ginear o'n Spiorad sinn;" cha bhi sinn comasach air séinn le grăs 'n-ar cridheachaibh gus am faigh sinn gràs; cha bhi sinn 'n-ar n-urrainn aoradh a thoirt do Dhia san Spiorad, am feadh a

tha sinn san fheòil. Cha n-urrainn peacach marbh beò-iobairt a thoirt seachad. Tha dleasanas duine an staid naduir neo-shunntach agus marbh; cha n-urrainn e seirbhis spioradail a thoirt do Dhia; do bhrìgh gu'm beil e feòlmhor; no idir gu grasmhor, oir tha e truaillidh; no gu beothail, a chionn gu'm beil e marbhanta; no gu saor, oir tha e na namhaid do Dhia; no le tlachd, oir tha a cridhe air a thréigsinn; no gu dùrachdach, oir tha cridhe cealgach; no idir gu taitneach, "oir cha-n fhaod esan ata san fheòil Dia a thoileachadh." Air a mhodh cheudna, cha n-urrainn an duine neo iompaichte a bheag de *shochaircan* beannaichte an t-soisgeil a mhealtainn. Cha n-eil eòlas aig air aoibhneis na slàinte. Tha e 'na choigreach air sìth an t-soisgeil. Cha n-eil tlachd aige de dh'fhìor bhainne 'n fhacail. Cha n-eil déigh aig air ùrnaigh; cha mhò tha cochomunn aige ri Dia no r'a naomhaibh; oir cha n-eil tlachd aige ach do nithe feòlmhor. Tha so a' dearbhadh.

Nach fhaod an duine nach eil air ath-ghineamhainn rìoghachd na glòir fhaicinn. Cha n-eil, gun amharus, an nuadh-bhreith a' toirt còir do dhuine air nèamh, ach tha i ga dheanamh "iomchuidh air oighreachd nan naomh san t-solus." Tha 'm peacach neo-iompaichte air a dhùnadh a amcho nèamh le rùn suidhichte Dhé féin, a thuirt nach rachadh aon ni a shalaicheas a steach do'n ionad sin, agus as eugmhais naomhachd nach faic aon neach Dia. Agus ma bheir sibh fainear ciod iad aoibhneis agus gnàthachadh nan naomh air nèamh, agus ciod e togradh a' pheacaich, chithear gu soilleir nach faod e rìoghachd Dhé fhaicinn. 'S e naomhachd sonus nèimh; agus tha ràdh gum bi neach sona as eugmhais 'na amaideachd cho mòr 's a ràdh gum bi neach gu math a dh' casbhuidh a shlàinte, no gu'm bi e air a thearnadh as eugmhais a bhi air a shaoradh Tha daoin' ullamh gu smuainteachadh

ma théid iad do nèamh gu'm bi iad sona: ach mar bi an nadur air ath-nuadhachadh, dh' fhaodadh duine bhi cho neo-thoilichte ann an nèamh, 'sa bhiodh iasg air talamh tioram, no ri damh anns a' chuan. An saoil sibh gum faod an duin' aingidh, air am beag na daoine diadhaidh, a bhi sona ann an co-chomunn nan naomh. An urrainn esan nach coimhid tri uairean de 'n dòmhnach air mhodh naomha, a bhi sona far am bi e 'na aon Sàbaid shìorruidh? Am feud esan a tha 'n tràs ri mallachadh agus ri mionnachadh, a shaoilsinn gum bi e sona do ghnà a' cliùthachadh Dhé? Am faod esan air am beag a bhi smuainteachadh air Dia san àm, a bhi toigheach mu bhi a' beachd-smuainteachadh air gu sìorruidh? Cha-n fhaod idir. 'S i ifrinn suaimhneas a' pheacaich; an sin mealaidh e a chompanaich féin, agus ann an càil a sheana ghnàthachadh, ged a bhiodh iad a nise dha gun an toileachadh bu ghnà leo a bhuileachadh air; ach a thaobh nèamh, cha-n fheud e am feast a' faicinn, mar bi e air a bhreith a rithist.

AN CO-CHUR.

O na chaidh a ràdh cheana mu ghnè an nuadhbhreith, seachnamaid am mearachd coitcheann, gur e baisteadh ath-ghineamhainn. 'S e baisteadh an comharradh o'n leth a muigh, ach cha n-e an nì féin. 'S éigin duinn a bhi air ar "breith o uisge agus o'n Spiorad," (Eoin iii. 5.) 'S e sin, o'n Spiorad Naomh, a tha a ghràs do'n anam, mar tha uisge do'n chorp. Na gabhaibh am faileas air son a' chuirp. Am faod am baisteadh an cridhe atharrachadh? An do mùth e do chridhse? A pheacaich bhochd, cionnas a ta chùis agadsa? Their do chogais riut, "Cha deach na seann nithe thairis; cha d'fhas gach ni nuadh." Am beil aon neach agaibh a' caithe bhur beatha ann am misg, ann an an-diadhachd, am briseadh-sàbaid, an neo-ghlaine, no ann am peacadh sam bith eile? No, beil sibh neo-chùramach mu thimchioll ar n-anma, dearmad-

ach mu'r slàinte, as eugmhais Chriosd, agus as eugmhais ùrnaigh; bithibh cinnteach gum beil sibh fathast 'n-ar coigrich air a atharrachadh mhòr àigh so. Agus, as eugmhais, tha Dia na fìrinn ag innse dhuibh, gur eacomasach dhuibh bhi air ar saoradh. 'S éigin duibh bhi air ar breith a rithist. Na smuaintichibh gur leòir ath-leasachadh o'n leth a muigh, no deagh-bheus, no aidmheil chràbhach, no dleasanais dhiadhaidh a choilionadh gar saoradh. Tha gach ni dhiù sin uile fada gearr air an atharrachadh spioradail so o'n leth a stigh. 'S fheudar gum bi thu air do bhreith a rithist. Ceart cho cinnteach 'sa tha Dia ann an nèamh, is co cinnteach gur éiginn dut a bhi air do bhreith a rithist, no cha téid thu am feasd do nèamh. Agus an urrainn thu an smuain, a bhi air do dhùnadh a mach fhulang? Cuir a cheist riut féin.—" An urrainn domh còmhnaidh a ghabhail an lasraichibh siorruidh? An urrainn domh dorchadas sìorruidh fhulang? An urrainn domh fhulang a bhi gu sìorruidh air m'eadar-dhealachadh o'n Dia bheannaichte? Am beil a bheatha pheacach neo-gheimnidh a tha mi caithe san àm r'a roghnachadh air thoiseach air aoibhneas sìorruidh? Am beil aon earrann de'n sgriobtur is urrainn misneach a thoirt domh san staid so?" O! gun robh na h-urrad mhothachaidh agaibh air a ghrad fheum a th' agaibh air an atharrachadh so, 's gun toir e oirbh, mu'n caidil sibh an nochd, tuiteam sios air 'ur glùinibh an làthair Dhé, 's gun aslaich sibh air gu dùrachdach gun ath-nuadhaich e sibh. Tha e comasach air sin a dheanamh ann an gradaig; agus gheall e a Spiorad Naomha dhaibhsan a dh'iarras e. Na h-abraibh, mar their sluagh amaideach, cha mhùth mi mo chreideamh. Ceadaichibh dhomh aon cheist fheòraich dhibh, an do mhùth creideamh sibhse? Mar do thachair sin, 's mithich a mhùthadh. Ach na bithibh air ull mealladh le coltasaibh, riaghailtibh, no le ainmidh. Cha ghnothach beòil no glùin, fìor chreideamh, ach a

chridhe. "Oir cha bhiadh agus cha deoch rìoghachd Dhé," no deas-ghnàthaibh o'n leth a muigh : cha-n fheadh, ach 's ann o'n leth a stigh a tha i ; "'s ann a tha i a' co-sheasamh ann am fìreantachd, ann an sìth, agus aoibhneas san Spiorad Naomh." Gabhaibh comhairle, agus leughaidh agus éisdibh fhacal, oir is e sin am meadhon a tha Dia a' gnàthachadh chum a chaochlaidh mhòir so a thoirt mu'n cuairt. "Tha creideamh a' teachd tre éisdeachd, agus éisdeachd tre fhacal Dé."

Agus air 'ur son-sa, a mhothaich am mùthadh beannaichte so, thugaibh a ghlòir do Dhia, agus gabhaibh misneach uaithe. An do ghineadh sibh o Dhia? ma ta 's libhse nèamh. 'S i fireantachd Chriosd a thug dhuibh còir air flaitheas, ach leis a so tha sibh iomchuidh air. Mar beirear duine a rithist, cha-n fhaod e rìoghachd Dhé fhaicinn: tha e uime sin a' leantainn, ma bhios sinn air ar breith a rithist, gum faic sinn i. Buidheachas do Dhia air a shon. Tha sibh air 'ur n-ath-nuadhachadh chum na crìche so, gum foillsicheadh sibh a chliù. Thug Dia oirbh bhi eadar-dhealaichte o'n mhòr-earrainn de'n chinne-dhaonna. Rinn e 'm barrachd air 'ur son no ged a dheanadh e sibh 'n-ur rìghrean agus 'n-ur n-iompairean ; oir rinn e sibh 'n-ur mic do Dhia agus 'n-ur oighreachan ar glòir ; "oighreachan air Dia, agus co-oighreachan maille ri Iosa Criosd." Smuaintich gu tric air an staid san robh thu roimhe so ; agus biodh meas agad air a' ghràdh a dh' oibrich an t-atharrachadh. Thug Dia dhut a Spiorad, agus leis-san, earlais chinnteach air t-oighreachd nèamhaidh. "'S e Dia a dh' oibrich an ni ceudn' annadsa." Bi cùramach faicilleach chum do bheatha a chaitheadh mar a mhuinntir ath-nuadhaichte ; agus leis a sin bheir thu dearbhadh air an atharrachadh slàinteil a bhi air oibreachadh ort ; cuir urram air an t-soisgeul, dean math do'n choimheasnach, agus thoir glòir do Dhia.

SEARMOIN VIII.

MU AITHREACHAS.

MARC. vi. 12.

Agus chaidh iad a mach, agus shearmonaich iad gu'n deanadh daoine aithreachas.

Tha e comharraichte, ge b'e eadar-dhealachadh barail a th' aig daoine mu chreideamh, gum beil iad uile a' creidsinn gum beil aithreachas feumail a chum slàinte. Ach 's aobhar eagail gum beil mòran air am mealladh mu thimchioll, a' gabhail an fhaileis air son a' chuirp. Tha mòran eile ann, ged a tha iad a' meas gum beil aithreachas feumail, tha iad a' cur dàil ann gu àm eile; agus tha àireamh lionmhor a' dol eug gun aithreachas a ghabhail, agus air an call 'nam peacadh. Tha e, uime sin, fior fheumail gu'n biodh fios againn cia anns am beil *fior-aithreachas* a' co-sheasamh; agus gum bu chòir dhuinne a bhi air ar n-earalachadh gu aithreachas a ghabhail, chum 's nach sgriosar sinn. Tha aithreachas fior agus neo-chealgach, "as nach gabhair aithreachas a' gabhail a stigh nan ceithir nithe so a leanas:

I. Geur-mhothachadh mu pheacadh.
II. Aithreachas air son peacaidh.
III. Aidmheil peacaidh.
IV. Iompachadh o pheacadh.

I. 'S e cheud ni a bhuineas do dh' aithreachas neo chealgach, *geur-mhothachadh* air son peacaidh,

no sinn a bhi làn-fhiosrach air sinn a bhi ciontach; a dh'easbhaidh, aon chuid aithreachas no diadhachd; oir faodar gu cothromach a ràdh mu'n t-soisgeul, gur e creideamh a' pheacaich e; cha n-eil feum ach aig na peacaich air tròcair no air aithreachas; agus tha Iosa Criosd gu soilleir ag ràdh, "nach tàinig e a ghairm nan ionracan," 'se sin, leithid nam Phairiseach, a bha 'gam meas féin ionraic, "ach peacaich chum aithreachais." Tha na h-uile dhaoine peacach; cha n-e a mhàin iad sanis mi-dhiadhaidh agus is ciontaiche, ach mar an ceudna na daoine is deaghbheusaiche, is cràbhaiche, agus is neo-lochdaiche n-ar measg; oir "pheacaich na h-uile, agus thàinig iad gearr air glòir Dhé."

Tha 'm facal aithreachas a' ciallachadh *caochla inntinn;* caochla mòr 'na inntinn agus 'na rùn, gu h-àraidh uime féin, mar pheacach: mùthadh a thàirmaicheas iomagain, agus cùram sònraichte, ag eiridh o bhi fiosrach gun robh e roimhe ciontach. Chum na crìche so tha'n Spiorad Naomh' a' fosgladh a shùl, chum gum faic e lagh naomha Dhé, mar tha e air a chur sios 'sna deich Aintibh. Tha 'n lagh so ag iarraidh o gach duine, gràdh do Dhia, agus spéis do dhuine. Tha e 'g iarraidh oirnn gràdh a thoirt do Dhia th'ar gach ni, agus ar nàbaidh a ghràdhachadh mar sinn féin. Tha e 'g iarraidh ùmhlachd iomlan, bhunailteach, neo-lochdach, fad uile làthaichean ar beatha.—Cha n-eil e a mhàin ag iarruidh ùmhlachd thréidhireach, a dheanamh cho math 's a dh' fhaodas sinn; ach an t-iomlan a dheanamh, agus sìor-bhuanachadh 'na dheanamh; ionnas ma bhios duine fàillneach an aon phonc, tha e leis a sin 'na pheacach: tha 'n lagh air a bhriseadh; tha 'm mallachd a' leantainn; agus mar faigh e mathanas tre fhuil Chriosd, 's i ifrinn is crannachur dha.

Is tric a tha'm peacach aithreachail air a dhùsgadh suas air tùs air son peacadh mòr éigin d' an robh e ciontach, mar bha a' bhean o Shamaria, an uair a

chuir Criosd adhaltranas as a leth; no mar bha Pòl an uair a fhuair e mothachadh air a gheur-leanmhainn fhuileachdaich a rinn e air na naomh-aibh. Ach cha stad an geur-mhothachadh an so; lòrgaichidh e sruthan a' pheacaidh chum a mhàthair-aobhair, eadhon an nàdur truaillidh a thàinig leinn chum an t-saoghail. Aidichidh sinn gu saor, maille ri Daibhidh, gun "robh sinn air ar dealbh ann an euceart, agus gun do ghabh ar màthair sinn 'na broinn ann am peacadh." Aidichidh sinn le Pòl nach eil aon ni math annainne, 's e sin, 'n-ar feòil, ar nàdur truaillidh; ach gum beil uile bhreithneach-adh smuaintean ar cridhe amhàin olc an còmh-naidh." (Gen. vi. 5.) Aidichidh an t-aithreachan gun d-rinn e ar-a-mach an aghaidh Dhé fad a bheatha; gun d' fhàg e gun deanamh na nithe bu chòir dha a dheanamh; agus gun d'rinn e na nithe bu chòir dha a sheachnadh.

Tha lagh Dhé spioradail; tha e 'ruigheachd chum nan smuaintean, nan tograidh, nan dùrachd, agus nan rùn is diomhaire. Tha e toirmeasg peacaidh a' chridhe, cho math ri peacaidh nam bilean agus a' chaithe-beatha. Tha peacach iompaichte fiosrach air iomadh peacadh dìomhair. Tha e mothachail gu beil a dhleasanais agus a sheirbhis is fearr air an co-measgadh le peacadh; eadhon ùrnaighean agus a dhleasanais chràbhach. Tha e 'toirt fainear gun do chaith e a bheatha, as eugmhais Dhé, agus nach robh meas aige d'a thoil no d'a ghlòir; gun tug e am barrachd spéis da-féin, do'n t-saoghal, agus do'n chreutair, na thug e do Dhia; agus gu'n d-rinn e so uile an aghaidh fhiosrachaidh agus eòlais; a dh'aindeoin sanais a choguis, a rùin-shuidhichte chum atharrach a dheanamh; agus an aghaidh gach sochair agus rabhadh a bhuilich Dia air chum a ghairm gu ath-leasachadh beatha.—Ge b'e àit' am bi an geur-mhothachadh so bithidh aithreachas na cho-lorg.

II. *Aithreachas*, no *bròn diadhaidh neo-chealgach air son peacaidh*, agus cràdh cridhe air a shon. 'S e so an *cridhe maoth*, no'n *cridhe feòla*, a gheall Dia a thoirt da shluagh; an àite a' chridhe chloiche a bh' againn an uair a rugadh sinn, agus aig nach eil mothachadh spioradail sam bith.

'S e spiorad briste ìobairtean Dhé: "air cridhe briste agus brùite, a Dhé, cha dean thusa tàir." (Salm li. 17.) Ni daoíne tàir air nithibh briste.—Rinn am Phairiseach uaibhreach di-meas air a' chismhaor iriosal bhachd; ach cha d'rinn Dia dì-meas air. Is cò fad a ghabh Dia o sin a dheanamh, 's gur fearr leis gu mòr, mòr, nàire agus bròn a' pheacaich aithreachail, no iomadaidh ìobairt reitheachan agus tharbh. 'S e cridhe a chriothnaicheas ri facal Dé, cridhe a' briseadh, gun bhi 'an eadòchas, gidheadh iriosal: cridhe fo thrioblaid air a shon-féin, agus a' tréigsinn a' pheacaidh. 'S amhail a bha Peadar, an uair a bha mothachadh iomchuidh aige mu àicheadh a Mhaighstir, chaidh e 'mach agus ghuil e gu goirt: agus air do Mhuire Magdalen mothachadh a bhi aice air a cionta san àm a chaidh seachad, dh' ionnlaid i casan a Slànaighear le 'deuraibh.

Tha *bròn cealgach* ann gun teagamh, a tha mòran a' gabhail an riochd a' bhròin cheirt. An uair a bhios neach gu tinn agus fo eagal a' bhàis, cha ghnothach ùr a chluinntinn ag ràdh gum beil e duilich air son a pheacaidh; agus ma chaomhnas Dia a bheatha gun ath-leasaich e i. Ach is tuilleadh 's tric a chì sinn gum beil a leithid sin de dhuine a mhàin dubhach air son gum beil Dia cho naomha, gu'm beil an lagh cho teann, 's gum beil e'n cunnart a bhi air a sgrios air son a pheacaidh. Cha n-eil duilichinn air son gun do chuir e corraich air Dia, a charaid is fearr, a bhuilich mathas agus tròcair air fad uile làthaichean a bheatha. Ach chithear mi-fhallanachd an aithreachais so, an uair a dh'

aisigear an duine chum a shlàinte; 'nuair a théid eagal a' bhàis as aire, pillidh e chum an t-sean ghnàthachaidh a bh' aige roimhe. Cha-n fhearr am bròn so na bròn a chiontach aig bun na croiche; tha iad duilich air son gum beil iad ri fulang, ach cha n-eil duilichinn sam bith orra air son an droch dheanadais. Bha Felics air bhall-chrith ach cha do ghabh e aithreachas: agus bha Iudas dubhach air son na rinne e, ach cha b' ann air mhodh diadhaidh. Tha so a' leigeadh fhaicinn cho neo-chinnteach sa tha aithreachas crìche. Nior leige Dia gu'n cuir sinne dàil ann an aithreachas gus an t-àm sin.

Ach 's ann a tha bròn an fhìor aithreachain air son a pheacaidh, mar air a chur an gniomh an aghaidh Dia naomha agus math. 'S amhail a bha aithreachas Dhaibhidh, a thuirt. " A' t'aghaidh, t'aghaidh féin a mhàin pheacaich mi, agus rinn mi'n t-olc so a' d' shealladh." (Salm li. 4.) Pheacaich e an aghaidh a cho-chreutairean; an aghaidh Uriah, agus Bhatseba, Ioab, agus Israel: gun teagamh bu duilich leis sin; ach 's e an ni a chràidh a chridhe, mar pheacaich e 'n aghaidh Dhé; an Dia sin a dh' àrdaich e o chrò-nan-caorach gu suidh air cathair-rioghail; a shaor e bho laimh Shauil, 's a thug dha tigh a mhaighistir; agus nam biodh sin tuilleadh 's beag, a bheireadh am barrachd dha; (oir mar so dh' antromaich Natan am fàidh a pheacadh,) " A' t'aghaidhs', a Thighearn," thuirt an t-aithreachan brònach so, " a' t'aghaidhse pheacaich mi." Mar so, " threòraich mathas Dé e gu aithreachas." Thoir fainear, mar an ceudna, mar thuirt am mac stròghail. " Eiridh mi agus théid mi dh'ionnsaidh m' athar, agus their mi, Athair, pheacaich mi 'n aghaidh nèimh agus a' d' làthairse, agus cha-n fhiù mi tuilleadh gu'n goirte do mhac-sa dhiom." Dh' fhaodadh e a ràdh, Athair chaith mi mo mhaoin, mhill mi mo shlàinte, dh' fhàs mi a'

m' dhéirceach, agus tha mi ullamh gu dol bàs le gorta ; deònaich mo chòmhnadh.— Tha chridhe gu sgàineadh le mothachadh air a pheacadh agus air amaideachd. 'S amhail a tha peacach aithreachail. Tha e meòraich air mòrachd na Tì naomha sin air an do chuir e corraich ; laghalachd iarrtais, na comainean a bhris e, agus mi-thaingealachd ghràineil a ghiùlain. An sin tuigidh e brìgh na cainnte sin, "Cluinnibh O neamha, agus tabhair éisdeachd O thalaimh, oir tha'n Tighearn a' labhairt : Dh' altruim mise, agus thog mi suas clann, agus rinn iadsan ceannairc a' m' aghaidh. Is aithne do'n damh a shealbhadair agus do'n asail prasach a maighstir ; ach cha'n aithne do dh' Israel ; cha n-eil mo shluaghsa a toirt fainear." (Isa. i. 2. 3.)

Is math a dh' fhaodas mathas Dé do'n pheacach, a thaobh fiùghantas a fhreasdail, a bhrosnachadh chum a' bhròin dhiadhaidh so ; ach gu mòr ni's mò na sin le bhi smuainteachadh air a ghràdh iongantach a shaor e ! An e, gun do ghràdhaich Dia daoine ceannairceach cho mòr 's gun do chuir e aon-ghin Mic d' an ionnsaidh. Agus an do chuir e uaithe a Mhac, " cha n-ann a dhìteadh an t-saoghail, ach a chum 's gum biodh an saoghal air a shaoradh trid-san ?"—O gràdh gun choimeas, gun tomhas, a' dol thar labhairt.

Cuimhnicheadh an t-aithreachan mar an ceudna air Iosa ; an t-Iosa neo-chiontach, taitneach, agus fiùghantach. Esan a dh'fhàg rìgh-chathair a ghlòire, agus a dh' fhàs 'na dhuine truagh, àmhgharach. C'arson a rinneadh dimeas air 'sa chuireadh cùl ris le daoine ? C'arson a bha e 'na dhuine dhoilghiosan agus eòlach air bròn ! C'arson nach robh ionad aige air an cuireadh e a cheann beannaichte ? C'arson a dh' fhuilig e a leithid de dh' anacainnt o pheacaich ? C'arson a shàraicheadh agus a chràidheadh e ? C'arson a rinneadh beubaineachd air aghaidh ni's mò na air aon duine, agus air a dhreach

seach clann nan daoine? Is aithne dhombs' an t-aobhar, ars' an t-aithreachan truagh, "Gu deimhin ghiùlain e m' anmhainneachd, agus dh' iomchair e mo dhoilghiosan: lotadh e air son mo pheacaidh, agus bhruthadh air son mi' aingidheachd."

III. Aidichidh am fior aithreachan a pheacadh. A thaobh nàduir tha sinn ullamh chum ar peacaidh a chleth, an àicheadh, agus an leithsgeul a ghabhail: gu ràdh nach eil sinn ni's ciontaiche na daoin eile; nach robh comas againn air ged a chuir sin ann gniomh iad; agus nach eil sinn a' faicinn mòr choire annta. Ach cha n-ann mar sin idir a bhios am fior aithreachas. Gabhaidh sinn a chomhairl' a thug Iosua air Achan. "A mhic, thoir glòir do Dhia, agus dean aidmheil da." Tha bhi cleth no 'g àicheadh ar peacaidh na eas-urram do Dhia; mar nach bu léir dha, no nach b' urrainn da peanas ìocadh; ach le sinn a dh' aidmheil ar peacaidh, tha sinn a' cur urram air Dia, a chionn gun do bhris sinn a lagh; a' cur urram air uile-léirsinneachd, a tha faicinn gach ciont a rinn sin; meas a bhi againn air a cheartas, a dh' fhaodadh dioghaltas a dheanamh oirnn air an son; agus fhoighidinn a ghiùlan leinn cho fada gun ar grad bhualadh le bàs. Gun amharrus 's e sinn a dh' aidmheil gu saor ar peacaidh an dòigh is fearr air mathanas fhaotainn. "'Nuair a bha mi a' m' thosd," ars' an Sàlmadair, "laidh aois air mo chnàmhaibh, le 'm bhùireadh fad an latha; ach dh' aidich mi mo pheacadh dhut, agus cha do cheil mi m' euceart: thuirt mi, Aidichidh mi m' easaontas do'n Tighearn, agus mhath thusa cionta mo pheacaidh," Salm xxxii. 3, 5.

Cha n-eil peacaidh dhiomhair ach a mhàin ag iarraidh aidmheil dhiomhair; ach is iomchuidh gum bi peacannan follaiseach, gràineil air an aideachadh gu follaiseach, chum gun deanar coleasachadh air son an uilc a chuireadh an gniomh.

Tha'm fior aithreachan neo-chealgach 'na aidmheil fhollaisich. Nach lionmhor a their riu féin, peacaich thruagha; a tha 'g aideachadh gum beil a bhi 'cuimhneachadh air an lochdaibh doilgheasach dhaibh, agus an uallach do-fhulang; 'sa tha 'g éigheach, "A Thighearna dean tròcair oirnn, A Chriosd dean tròcair oirnn," gun mhothachadh sam bith a bhi aca air olc no air ĕiridh a' pheacaidh. Is cealgaireachd ghràineil so, agus tha e cur peacadh ri peacadh. Ach tha 'n t-anam iompaichte treidhireach 'na aidmheil; tha e faireachdainn cainnt an sgriobtuir fior fhreagarrach d'a chŏr féin, agus aontaichidh e gu neo-chealgach le cainnt Iob. "Uime sin gabhaidh mi gràin diom féin, agus ni mi aithreachas ann an duslach agus an luath;" no le cainnt a chìs-mhaoir, "a Dhé dean tròcair ormsa, peacach;" no le cainnt Phòil, a tha 'g ràdh am peacach is mò ris féin.

Thug sinn a nise fainear, *Geur-mhothachadh, Aithreachas*, agus *Aidmheil*, mar thrì nithe femail ann am fior-aithreachas; agus riu-sin 's éigin duinn ni eile a chur,

IV. *Iompachadh;* ni is e peacadh a thréigsinn, agus pilleadh uaithe chum Dhé. Dh' aslaich Eoin Baiste, a shearmonaich gu cumhachdach aithreachas, air a luchd-éisteachd, "iad a thoirt a mach toradh iomchuidh chum aithreachais." Agus air a mhodh so shearmonaich Pọl do na h-Iudhachaibh agus do na Cinneachaibh, "gun gabhadh iad aithreachais, agus gum pilleadh iad ri Dia, a' deanamh oibre iomchuidh an aithreachais," (Gniomh. xxvi. 20.) As eugmhais so cha leòir na briathran agus na h-aidmheilean is iriosaile, an dùsgadh coguis is mò, no na tuiltean is pailte de dheòir. Ged a bhiodh uabhas Chain, aidmheil Iudais, geallaidhean Pharoh, irioslachadh Ahab, agus taitneachd Herod ri bhi cluinntinn Eoin, agus a' deanamh iomadh nì, uile air co-chruinneachadh cò-làth ann

an aon duine, cha dearbhadh iad e 'na fhior aithreachan, am feadh a bha aon pheacadh gun chur ás da 'na chridhe, no air a chleachda 'na chaithe-beatha. Cha leòir le fior aithreachas na meanglain a ghearradh dheth, ach cuiridh e 'n tuagh ri bun na craoibhe. Faodaidh nàmhaid ar n-anma a chur am fiachaibh nach eil mòr chron ann an caidreamh a thoirt do leannan peacaidh ; ach tuigidh gràs, mar chuireas aon toll beag long fodha, gur ionann a chuireas aon pheacadh d'an toirear caidreamh ás do'n anam. Ge b'e cho ionmhuinn sa bhios anamiann, no ge b'e cho deacair 's a bhios e dealachadh ris, 's éigin a thréigsinn. 'S amhail a tha ar Tighearn ag ràdh, " Ma bheir do shùil dheas aobhar tuislidh dhut, spìon a mach i, agus tilg uat i ; ma bheir do làmh dheas oilbheum dhut, gearr dhìot i ;" 's e sin ma bheir do shùil no do lamh ort ciontachadh, no t'aomadh gu peacadh a chuir an gniomh, pill air falbh do shùil, mar neach biodh sùil idir agad gu fhaicinn, no lamh gu chur an gniomh, agus bi cho toileach gu dealachadh ri leannan peacaidh, 'sa bhiodh duine gu dealachadh ri laimh no ri cois lobhte, chum a bheatha a chaomhna. " Oir is fearr dol a steach chum beatha deireasach, no bhi le dà shùil no da laimh air ar tilgeadh do dh' ifrinn, far nach bàsaich a' chnuimh, agus nach mùchar an teine."

Tha dearbhadh ciatach agaibh air fior aithreachas ann an Sacheus, an cìs-mhaor iompaichte. 'Nuair a thàinig Criosd agus slàinte d'a thigh agus d'a chridhe, esan, theagamh a bha 'na pheacach mòr, agus thuirt e ris an Tighearna : " Feuch, a Thighearna, tha mi toirt leth mo mhaoin do na bochdaibh : agus ma thug mi aon ni o neach air bith le casaid bhréige, bheiream dha a cheithir urrad." Cha n-e mhàin gun robh aideachadh peacaidh an so, ach mar an ceudna tréigsinn peacaidh. Esan a bha roimh 'na fhear breith-ar-

éigin, tha e nis' a' fàs, cha n-e mhàin, ionraic, ach fiùghantach. Tha e 'g ìocadh *co-leasachadh;* mar ni gach fior aithreachan. Ath-nì e an ni a rinn e roimhe, ma dh'fhaodas e. Mo thruaighe 's iomadh olc air nach gabh ath-dheanamh deanamh! Theagamh gum beil cuid-éigin ann an ionad na truaighe, a chuidich ar n-aingidheachd-ne ann. Ach neartaichidh gràs sinn chum na dh' fhaodas sinn a dheanamh; cha bhi buaidh aig a' pheacadh oirnn: agus bithidh sinn a ni's cho dìchiollach chum Dia a thoileachadh, 'sa bha sinn roimhe so chum nàmhaid ar n-anma a riarachadh.

AN CO-CHUR.

Ma 's e so aithreachas, is feumail duinn a thuigsinn, An d'rinn sinne aithreachas? O! na meallamaid sinn féin. Thuirt Iosa Criosd, an fhianais dhìleas agus fhìor, " Mur dean sibh aithreachas, sgriosar sibh uile mar an ceudna:"—cha n-e gun tig iad gu neo-ni, no nach bi iad idir ann, (oir bu shona cŏr iomadh peacach truagh neo-iompaichte nam b'e sin an cŏr) ach nìtear peanas orra " le sgrios sìorruidh, o làthaireachd an Tighearn, agus o ghlòir a chumhachd." Na bithibh ann am mearachd. Tha aithreachas feumail do gach neach, oir " pheacaich na h-uile dhaoine." Ged a dh' fhaoidte chòmhdach nach do pheacaich sinn riamh ach aon uair, bhiodh aithreachas anabarrach feumail. Is leòir aon mheirle, na aon mhort air a dhearbhadh aig mòd talmhaidh, gu duine dhìteadh; air an dòigh cheudna 's leòir aon pheacadh gu'r dìteadh gu truaighe shìorruidh. Ach cha n-e aon pheacadh, do deich mìle peacadh, a th' againn ri bhi brònach air an son; "cò dh' fhaodas a sheacharain a thuigsinn?" Na tugaibh éisdeachd do dh' Athair nam breug; gheall e do dh' Eubh nach deanadh ithe de'n mheas thormisgte coire sam bith dh'i; ach mhothaich ise, agus tha sinne uile 'faireachdainn toradh uabhasach a' cheud pheacaidh sin. Na

h-abraibh leis an duin' aingidh o shean, neach "an uair a chluinneas e briathran a' mhallachaidh so, an sin gum beannaich se e-féin 'na chridhe, ag ràdh, "Bithidh sìth agam ge do ghluais mi ann an ana-miann mo chridhe féin, a' cur misge ri pathadh." Nior leige Dia, oir thugaibh fainear an co-dhùnadh, "Cha chaomhain an Tighearn e, ach an sin cuiridh fearg an Tighearna, agus eud smùid diù an aghaidh an duine sin, agus laidhidh gach mallachadh air a tha sgrìobhte san leabhar so," (Deut. xxix. 19, 20.) 'S e gabhaibh aithreachas, no théid sibh am mugha breith fhollaiseach Dhé. Tha e 'g àinte do na h-uile dhaoine anns gach àite, iad a dheanamh aith-reachais; agus ciod a dh' fhaodas a bhi ni's coth-romaiche? Tha'n lagh a bhrist sinne naomha, cothromach, agus math. B'e gràdh a thoirt da ar seirbhis reusonta, agus thionndadh e a mach 'na shochair ro luachmhor dhuinn. Air dhuinn, ma ta, a bhriseadh, agus le sin a dheanamh a bhi fo chorraich, agus buailteach do léir-sgrios, am faodar a mheas mi-reusanta, gun deanamaid strìochdadh iriosal dha, agus a thròcair aslachadh?

Thigibh ma ta, agus deanaibh grad aithreachas. Dh' fhaodadh e bhur gearradh as ann bhur peacaibh, gun sanus air bith fhaotainn; ach thug e dhuibh ùine gu aithreachas a ghabhail. Tha iarrtas 'na chulaidh-mhisnich dhuibh. The e ciallachadh gum beil mathanas aige; oir tha mathanas peacaidh agus aithreachas neo-sgarail. "Tha Criosd air àrdach-adh gu aithreachas agus mathanas peacaidh a thoirt seachad." O, ruigibh e, gun dàil, le ùrnaigh iriosail, agus bheir e dhuibh iad araon. Cluinn, a pheacaich, an teachdaireachd ghràsmhor a tha e cur a t' ionnsaidh an diugh. "Tréigeadh an t-aingidh a shlighe, agus an duin' eucorach a smuaintean; agus pilleadh e ris an Tighearn, agus nochdaidh e tròcair dha; agus ri ar Dia-ne, oir bheir e mathanas

gu pailt." Ach a mhàin na smuaintich gun toill aithreachas mathanas. Cha n-eil aithreachas, no creideamh, no a h-aon de'n toradh ghniomhaich nan airigh, ann a bheag no mhòr air tròcair no air a' bheatha mhaireannaich. Cha n-eil idir. 'S ann gu h-iomlan o ghràs a tha saoradh; ach 's e so an riaghailt a dh' òrduich Dia; oir le bròn an aithreachais, tha'n cridhe air ullachadh chum gabhail ri tròcair Dhé, tre Iosa Criosd ar Tighearna.

Gun treòraicheadh mathas Dé gu aithreachas thu. Cha n-eil tlachd aige ann am bàs peacaich, ach ni e gàirdeachas ri philleadh. Agus tha Criosd a' toirt dearbhaidh dhuinn "gum beil aoibhneas air nèamh air son aon pheacaich a ni aithreachas, ni's mò na air son naoi deug agus ceithir fichead fìrean, aig nach eil feum air aithreachas." Eirich, a pheacaich; oir tha e gairm ort. A' beil do chridhe a' maothachadh? Am beil thu 'g ràdh, "Eiridh mi agus théid mi chum m' athar?" Eirich, ma ta, agus theirig gun dàil d'a ionnsaidh. Chi e thu fad as, agus ruithidh e a' d' chòdhail: tha e feitheamh ri bhi gràsmhor; agus bithidh aoibhneas air nêamh, agus air talamh, a chionn thu philleadh.

Fhuair na mìltean a bha cho truaillidh riutsa trôcair. Na h-abradh Sàtan ruit gum beil e tuilleadh 's fadalach: tha 'n dorus fathast fosgailte: agus na h-abradh e gum beil e tuilleadh 's luath, oir faodaidh an dorus an ùine ghearr a bhi air a dhùnadh. Theagamh gun abair esan gun dean am màireach an gnothach. Tha Dia ag ràdh gum feum e bhi 'n diùgh. "Am feadh a theirear an latha 'n diugh ris," éisd r'a ghuth. Faodaidh am màireach a bhi tuilleadh 's anamoch. "An nochd dh' fhaoidte gun iarrar t'anam ort." Na cuir dàil an aithreachas gu adhart a' bhàis. An saoil thu nach bi ni's leòir agad r'a dheanamh san àm sin, chum giulan gu foighidneach le t' euslaint agus le spàirn

a' bhàis? C'arson a chuireas tu dragh, a dh' fhaoidhte sheachnadh, ort-féin san àm sin? C'arson nach biodh agad an sin sìth Dhé, agus aoibhneas an Spioraid Naomha, chum misneach agus sòlas a thoirt dut? Ach cò aig tha fios nach spionar air falbh thu le grad bhàs; no theagamh gum bi do chràdh cho mòr, no do cheann na bhreislich, ionnas 's nach bi a' d' chomas aithreachas a dheanamh. Na glac mi-mhisneach le shaoilsinn gum beil aon ni do-dheante ann an aithreachas. Thuirt Criosd, "Is beannaicht iadsan a tha ri bròn, oir gheibh iad sòlas." Tha tuilleadh sòlais aig an aithreachan na dheuraibh, na th' aig fear an t-sùgraidh na uile ghreadhnachas. Os-barr, ma tha'n dorus cumhann, tha sòlas neo-chrìochnach an taobh a stigh dheth. Suaimhneis nach eil an taing aois no aimsir, ach a mhaireas gu sìorruidh. Tha Dia a nis a chòmhnuidh sa' chridhe bhrùite; agus cha-n fhada gus an gabh gach fior aithreachan còmhnaidh maille ris-san ann am phàrras. Thugadh iadsan, gan aithne fior aithreachas, cliù dhasan a bhuilich orr' e. Tuigibh mo chăirdean nach obair latha a th' ann an aithreachas, ach obair fad beatha duine. Mar is mò a thuigeas tu do chridhe féin, agus is pailte t'eòlas air Criosd, is mo am feum a mhothaicheas tu air spiorad aithreachais. Guidh gum meudaich an Spiorad Naomh' o latha gu latha, obair an aithreachais; agus gun neartaich e thu anns gach àm de d' bheatha, gu toradh iomchuidh an aithreachais a thoirt a mach. "Gluais gu h-iriosal maille ri d' Dhia;" agus deònaich gu'n cùm thu cuimhn' air do pheacaidh a bhi air am mathadh iriosal thu a' d' bheachd féin; air dhut tròcair fhaotainn, gràdhaich gu pailt, oir mhathadh mòran; agus dean dìchioll gach latha chum coguis nèolochdach a choimhid a thaobh Dhé agus nan uile dhaoine.

SEARMOIN IX.

MU OBAIR AN SPIORAID NAOIMH'.

ROM. viii. 9.

A nis mur eil Spiorad Chriosd aig neach, cha bhuin e dha.

Ge h-iomadh eadar-dhealachadh a th' eadar daoine ann an inbh, cha n-eil ach a dhà an làthar Dhé; agus tha 'n t-Abstol Pòl gan ainmeachadh, roi' stéidh ar teagaisg—" Iadsan a tha a réir na feòla, agus aig am beil an aire air na nithibh a bhuineas do'n fheòil; agus iadsan a ta réir an Spioraid, air na nithibh a bhuineas do'n Spiorad," (rann 5;) 'se sin, gum beil iadsan a thà buanachadh san staid 's an d'rugadh iad, do ghnà a' gabhail tlachd, agus an dian-thoir air nithibh saoghalta, feòlmhor, agus peacach; no, air an làimh eile, tha iadsan a ghineadh a rithist o'n Spiorad, fo a stiùradh agus fo chumhachd; agus uime sin tha iad a' leantainn, agus 'an tòir air na nithibh a tha spioradail agus nèamhaidh. Buinidh gach neach air thalamh do dh' aon de'n dă bhuidhinn sin; agus 's còir dha bhi na chùram sònraicht oirnn cò de'n dithis d'am buin sinn; oir 's ann ris a sin a tha ar cŏr sìorruidh an earbsa. Cha n-urrainn esan a tha " a réir na feòla Dia a thoileachadh," (rann 8;) ach 's ann a tha e'n cŏr a' bhàis, (rann 6;) no, mar tha e san cheann-teagaisg, " cha bhuin e do Chriosd," 'se sin, nach eil e 'na bhall de chorp, 'no na leanamh da theaghlach, no idir na ìochdaran da rìoghachd; agus ma gheibh e bàs sa'n staid so, cha ghabh Criosd ris mar

aon d'a chloinn, cha mhò a bhuilicheas e a' bheatha mhaireannach air air chionn lath' a' bhreitheanais. Ach ma tha, tre gràis Dé, an Spiorad naoimh'againn, agus ma tha sinn a' caitheadh ar beatha fo a chumhachd, tha e 'na dhearbhadh gu'm buin sinn do Chriosd, agus gheibh sinn glòir bhith-bhuan maille ris-san. Nach feumail duinn ma ta, gum biomaid fiosrach mun chùis chudthromaich so, agus gu'm bi sinn cinnteach cò dhiù a bhuineas sinn do Chriosd no nach buin. Chum's gur urrainn duinn so a dheanamh, guidheamad air Dia ar còmhnadh chum a dheanamh, am feadh a bheir sinn

I. Fainear cò e Spiorad Chriosd.

II. Dearbhaidh sinn gum beil Spiorad Chriosd aig gach fior Chriosdaidh, agus nochdaidh sinn c'arson a tha e aca.

III. Comharraichidh sinn a mach dearbhadh air ar staid o sin.

I. Thugamaid fainear cò e Spiorad Chriosd.

Tha'n sgriobtur gu h-iamlan a' cur an céill, "nach eil ann ach aon Dia beò agus fìor ;" ach tha facal Dé gu soilleir a' foillseachadh, gum beil ann an aonachd na Diadhachd tri pearsa ; mar a chì sibh (1 Eoin v. 7.) " Tha triùir a tha deanamh fianais air nèamh, an t-Athair, am Facal, agus an Spiorad Naomh : agus an triùir sin is aon iad." Theirear gu coitcheann riu, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomha ; ach cha n-ann a tha na h-ainmean sin a chur an céill am bith nam measg féin, (oir is eòlas sin a tha os-ceann ar tuigse-ne agus cha n-eil e air a leigeadh ris duinn) ach am modh air am beil iad ag oibreachadh ann an cùmhnanta nan gràs. Tha buaidhean agus oibre sònraichte air an cur as leth gach aon de na trì pearsa diadhaidh sin, agus theirear Dia ris gach aon diù. 'S e'n Tì naomha mu'm beil sinn san àm a' labhairt an Spiorad Naomha ; ris an abrar ann an rann stéidh ar teagaisg "Spiorad Dhé." Chithear gu'n abrar gu cothromach : *Neach* ris o na

buaidhibh agus o na h-oibribh a chuirear ás a leth. Theirear gum beil *Tuigse* no *Gliocas* aige, (1 Cor. ii. 10. Isa. ii. 3.) Theirear gum beil *Toil* aige, (1 Cor. xii. 11.) Tha *Cumhachd* aige, (Iob xxxii. 4.) Theirear gun *teagaisg e sinn,* (Eoin xiv. 26. 1 Eoin ii. 27.) *gun treòraich—gun stiùr,* gun toir e mothachadh —*gun ath-nuadhaich—gun labhair*—gum foillsich—gun gairm e *luchd-frithealaidh* agus *gun cuir e uaithe iad.* Tha so gu soilleir a' dearbhadh gur neach e, agus nach e a mhàin buaidh de'n Diadhachd, mar tha cuid gu h-amaideach am barail.

Tha e mar an ceudna 'na *Neach Diadhaidh,* no gu fìrinneach 'na Dhia, co-ionnan ris an Athair agus ris a' Mhac; oir tha buaidhean diadhaidh air an cur as a leth-san, mar tha *Bith-bhuantachd—Uile-làthaireachd,*—no a bhi anns gach ionad; agus *Uile-fhiosrachd,* no bhi fiosrach air gach aon ni. Theirear gu soilleir Dia ris an Spiorad Naomha. Tha e air a ràdh gun d' rinn Ananias breug do'n Spiorad Naomha. (Gniomh. v. 3.) agus san ath-rann, tha Peadar ag ràdh ris " Cha d' rinn thu breug do dhaoinibh ach do Dhia." 'S e 'n t-aon neach a th' air a chiallachadh san da roinn, ni a tha gu soilleir a' nochdadh gur e 'n Spiorad Naomha Dia. Chithear so mar an ceudna o'n *pheacadh* 'an aghaidh an Spioraid Naomh'; mur b' e Dia e, cha bu pheacadh toibheum a thoirt da, pheacadh air son nach faighear mathanas? Thairis air sin uile, thoir fainear riaghailt a' bhaistidh. Tha ar Tighearn a' toirt àinte da abstolaibh, iad "a theagasg nan uile chinneach, gam baisteadh an ainm an Athar, a Mhic, agus an Spioraid Naomhe." 'S amhail a tha e 'sa bheannachadh: " Gun robh gràs an Tighearn Iosa Criosd, gràdh Dhé, agus co-chomunn an Spiorad Naoimh', maille ruibh." Anns an dà ghniomh so tha'n t-urram ceudna air a thoirt do'n Spiorad Naomha 's a th' air a thoirt do'n Athair, agus do'n Mhac; ni bu toibheum, mur bhiodh e co-ionann riu.

'S e Spiorad Chriosd a theirear ris san stéidh-theagaisg, cha n-e mhàin a chionn gun *tàinig* e bho Chriosd, cho math agus o'n Athair, ach do bhrigh gun robh e air *a ghealladh,* agus air *a chur* le Chriosd. B'e Spiorad Chriosd e anns gach fàisneachd o shean; agus tha e nise "a' togail fianais mu Chriosd,"— "tha e 'gabhail do na nithe a bhuineas do Chriosd, agus nochdaidh e dhuinne iad;" an aon fhacal, a chionn gum beil an t-iomlan do shlàinte Chriosd air a cho-chur ris a' chridhe le a dhrùghadh àigh. Tha sinn a nis' anns.

II. Ri dhearbhadh gum beil Spiorad Chriosd aig gach fior Chriosdaidh, agus gu fheuchainn c'arson a tha e aca. Tha so cho feumail chum slàinte, 's gum beil an t-abstol Pòl ag ràdh san stéidh-theagaisg, "Mac eil Spiorad Chriosd aig neach, cha bhuin e dha;" 's e sin, nach Criosdaidh e.

Tha e 'na mhearachd cho cunnartach 'sa th' ann ri'r linn, a chumail a mach nach ion sùil a bhi againn ri cumhachd an Spioraid, agus gur h-ann ri linn nan abstol a chaidh a bhuileachadh, an uair a bha comas aca miorbhuilean oibreachadh. A thaobh na barail mhearachdaich so, tha gach ni a chaidh a ràdh mu thimchioll Iompachadh, Ath-ghineamhainn, agus Sòlas air a chur a neo-brìgh; agus tha muinntir aineolach bhochd air an cur 'nan suain ann an tearuinnteachd fheòlmhor, làn-toilichte le coltas na diadhachd as eugmhais a cumhachd; am feadh a ta iad air an seòladh le'n luchd-teagaisg aineolach, chum gach creideamh fior, beothail, a mheas mar neònachas, agus mar anabharra cràbhaidh.

Bhiodh e ro mhi-fhreagarrach do dh' aon neach a bhuineadh do'n Eaglais Shasunnaich obair an Spioraid aicheadh mar sin, a chionn gum beil an Eaglais sin a' dearbhadh gu laidir am feum a th' air ann an iomadh earrann do, "Leabhar nan Urnaighean coitcheann." Anns na h-ùrnaighean gearr gheibh

sibh na h-achanaichean so:—" Deònaich dhuinn, do sheirbhisich ùmhal, gun smuaintich sinn air na nithibh a ta math trid do dheachdaidh naomha." Ann an àite eile, " Cuir oirnn do Spiorad Naomh', agus taosg 'n-ar cridheachan tiodhlac ro òirdheirc sin na seirce." Ann am frithealadh a' Chomunaichidh tha i 'guidhe, "Glan smaintean ar cridhe le deachdadh do Spioraid Naoimhe. Faic mar an ceudna an ùrnaigh as leth an Rìgh ; " Ath-lion e le gràs do Spioraid Naoimhe ;" Theirear leis an Eaglais sin, " Nach eil oibre a nithear m' am faighear gràs Chriosd, agus deachdadh an Spioraid Naoimh, taitneach le Dia." Tha e air fheòraich do gach Pears' Eaglais an àm a ghabhail a stigh san dreuchd sin leis an Easbuig. " An i do bharail gum beil thu air do bhrosnachadh leis an Spiorad Naomha chum an dreuchd so a ghabhail ort féin?" Freagraidh am ministear agus their e, " Tha dòchas agam gu'm beil." Agus anns an ùrnaigh air son Sàbaid na Caingis their an Eaglais, " A Dhé, mar air an àm so, a theagaisg thu do shluagh dìleas, le solus an Spioraid Naoimh' a chur d'an ionnsaidh : *Deònaich dhuinne trid* an *Spioraid cheudna gum bi barail cheart againn mu gach ni; agus sior-ghàirdeachas a dheanamh 'na shòlas naomha."* Mar an ceudna an ùrnaigh na sàbaid an déigh latha an Dol-suas, "Tha sinn a' guidhe ort na fàg gun chofhurtachd sinn; ach *cuir d' ar n-ionnsaidh an Spiorad Naomha chum sòlas a thoirt duinn."* Tha sibh a nis' a' faicinn, mo bhràithrean, gum beil an Eaglais Shasunnach gu làidir a' cumail a mach gum beil obair an Spioraid feumail do gach ministear dìleas, agus do gach fìor chriosdaidh. Cionnas mata a their aon neach gun do sguir a chumhachd no fheartan, o cheann 1600 bliadhna? Ach leis mar nach faodar ar creideamh-ne shocrachadh air ùghdarras dhaoine, rannsaicheamaid na Sgriobturan a dhearbhadh gum beil obair an Spioraid air a' chridhe anabharra feumail do fhior-diadhachd.

Tha sinn ag aideachadh gun robh tiodhlaca sònraicht an Spioraid air a bhuileachadh a mhàin sna ceud linnibh. Cò a nis' a tha gabhail orra féin gum beil aca tiodhlacan labhairt, gun fhòghlum, le teangaibh, no idir gur urrainn daibh miorbhuilean oibreachadh ? Cha n-eil sinn a' gabhail oirnn féin a bhi neo-thuiteamach, no gum beil fàisneachd againn mu nithe ri teachd, no comas aon ni a thuigsinn ach na tha air fhoillseachadh dhuinn ann am facal Dé. 'S ann air son *cumhachd naomhachaidh* an Spioraid a tha sinn a' tagradh. Cha n-e mhàin gu'n d' fhuair na h-abstoil agus na ceud Chriosdaidhean, na cumhachdan' miorbhuileach a chaidh ainmeachadh, o'n Spiorad, ach mar an ceudna solus nan tuigse, mothachadh air am peacaidh 'nan coguis, creideamh agus gràdh Chriosd nan cridheachan. Ghlan iad an anmannan le géill a thoirt do 'n fhìrinn trid an Spioraid: Bha 'n dòchas pailt tre 'n Spiorad Naomha;" Bha "aoibhneas aca san Spiorad naomha ;" " Bha gràdh Dhé air a dhòrtadh a mach 'n-ar cridheachaibh, tre 'n Spiorad Naomha." Trid an Spioraid cheudna, " chlaoidh iad gniomharran na colla ;" agus dh' éigh iad Abba, Athair. B' e 'n Spiorad earlas air an oighreachd nèamhaidh; agus theirear r'an gnè, an tograidh, agus an deanadais naomh, toradh an Spioraid. Nach eil na nithe sin uile cho feumail duinne 's a bha iad dhaibhsan ? Tha 'n nàdur truaillidh sa'n àm so mar bha e 'n sin, agus feumaidh e 'n cumhachd ceudna ga chaochla. Tha gràs mar an ceudna co-ionnan sa'n àm so sa bha e roimhe, agus a' sruthadh o 'n tobar cheudna. Is leòir so a dhearbhadh feumalachd obair an Spioraid.

Thoir fainear mar an ceudna, gun do gheall ar Slànaighear beannaichte gu'm buanaicheadh a Spiorad maille ris an eaglais an ionad a làthaireachd chorparra. 'S amhail a tha e labhairt. " Agus guidhidh mise an t-Athair, agus bheir e dhuibh Comhfhurtair eile chum 's gu'm fan e maille ruibh

gu bràth ; ni h-ann a mhain maille ris na h-abstolaibh, ach maille riusan uile a chreideadh," Eoin xiv. 16 : agus sin, cha 'n ann rè a dha no thri cheuda bliadhna, ach gu sìorruidh ; fad na h-ùine bhios Criosd air falbh o'n talamh, gus an tig e an dara h-uair chum breitheanais. Ach tuigear so ni's fearr le thoirt fainear na *rùin* air son am beil an Spiorad air a bhuileachadh.

Tha na h-uile duine marbh ann an ea-ceartaibh agus am peacaibh, marbh do Dhia agus do nithibh spioradail ; mar tha corp marbh sa'n uaigh neo-mothachail air nithibh na beatha so. A nis' is e an Spiorad a bheothaicheas, (Eoin vi. 63.) 'S ann air son so a tha facal Chriosd air a ghnàthachadh san t-soisgeul. " Cluinnidh na mairbh guth Mhic Dhé ;" ach 's ann tre chumhachd an Spioraid a tha 'n t-anam marbh air a bheothachadh chum a chluinntinn. Tha 'm facal air a thoirt chum a' chridhe, agus an sin air a chluinntinn, " cha n-ann mar chainnt duine, ach mar dhearbh fhacal Dé." Gun deònaiche Dia gum bi am facal san àm mar so air a chluinntinn ! Cha n-eil ach aon fhacal san sgriobtuir air son àn àilidh a tha 'n anail na beatha, agus air son a ghràis ni is e anail ar beatha spioradail ; agus an uair a shéid ar Slànaighear beannaichte air na h-abstolaibh, mhìnich e brìgh a' ghniomh a rinn e, le ràdh, *Gabhaibh an Spiorad Naomha;* agus uaith sin theirear *deachdadh* ris, no séideadh a stigh : oir is i dreuchd àghmhor an Spioraid Naoimh' oibreachadh air an anam, mar ni an anail air a' chorp.

Theirear *Spiorad na firinn* ri Spiorad Dé. Cha n-eil eòlas slàinteil aig neach sam bith air an fhìrinn ach trid a theagaisg-san. Faodaidh neach fòghlum-te a litir a thuigsinn, ach cha n-urrainn ionnsachadh saoghalta fhior bhrigh a nochdadh. Tha'n t-abstol Pòl ag ràdh, " Cha ghabh an duine nàdurra ('se sin an duine saoghalta) ri nithibh Spioraid Dé ; oir is amaideachd leis iad ; agus cha n-eil e'n comas da

eòlas a ghabhail orra, do bhrigh gur ann air mhodh spioradail a thuigear iad," (1 Cor. ii. 14 ;) agus tha e 'g ràdh, rann 12. "Fhuair sinne Spiorad Dé, chum gu'm biodh fios nan nithe sin againn a thugadh dhuinn gu saor o Dhia :"—'s e sin, gum beil sinn air ar teagasg agus air ar soilleachadh leis, chum gum bi againn eòlas fior agus slàinteil air sochairibh glòrmhor an t-soisgeil; agus gu deimhin, cha n-eil seòladh sam bith eile diongmhalt air a shon sin. Is math a thuirt diadhair araid, "Cha n-eil gliocas no eòlas saogalta feumail chum facal Dé a thuigsinn, ach foillseachadh an Spioraid Naoimhe, a dheachdas am fior bhrìgh dhaibhsan a rannsaicheas le irisleachd agus le dìchioll air a shon." Is mòr an sòlas so do dhaoine bochda, a bhios ullamh gu ràdh, gum beil iad gun fhòghlum, agus uime sin nach urrainn daibh am Bìoball a thuigsinn. Guidhibh, mo chàirdean, air son an Spioraid Naoimh', agus an sin tuigidh sibh e ni's fearr no an duinne is mò fòghlum as eugmhais an Spioraid.

A rithist, tha'n Spiorad air a thoirt do gach fior Chriosdaidh a thoirt achmhasan, agus mothachadh air peacadh. Tha sinn do thaobh nàduir aineolach air lagh naomha Dhé, agus air peacadh, ni is e briseadh an lagha. "Tha sinn beò as eugmhais an lagha," mar bha 'n t-abstol Pòl roimhe so ; ach an uair a thàinig an àinte chum na coguis tre chumhachd an Spioraid bheannaichte, an sin tha sinn so mhothachadh air ar staid chaillte : mu pheacaidh ar caithebeatha ; peacaidh dearmaid cho math agus gniomha ; peacaidh ar cridhe, agus ar nàduir ; ach tha'n Spiorad Naomha gu h-àraidh a' toirt mothachaidh dhuinn mu pheacadh mòr an ana-creidimh, le cùl a chur ri Criosd, agus a' deanamh dearmad air a shlàinte mhòir.

A rithist, 's ann tre chumhachd an Spioraid a tha sinn comasach air creidsinn chum sàbhaladh an anama. Ma tha sinn a' faicinn am *feum* a th' againn air slàinte, 's ann tre a ghràs a tha e. Ma tha sinn a' faicinn slighe na slàinte, 's ann trid a sheòlaidh-san

a tha e. Ma tha sinn toileach bhi air ar saoradh air an dòigh sin, 's ann tre a chumhachd-san. 'S e creideamh tiodhlaca Dhé. 'S ann tre oibreachadh an Spioraid a tha sinn a' creidsinn. Agus, gun amharus, 's gnothach mòr creidsinn. Gabhail gu toileach ri uile theistis Dhé mu thimchioll Iosa Criosd. Leis a' bheachd so bhi againn air ar truaighe féin, nach eil annainn ach clann na féirge, agus a' chreidsinn gum beil Criosd araon comasach agus deònach air ar saoradh—Le uallach trom ciont' air a' chogais, agus an t-uallach sin a chur air an Tighearna, agus leis a sin a dheanamh, fois fhaighinn d' ar n-anmaibh—Cùl a chur ri 'r n-oibribh agus ri 'r toillteannasaibh féin, agus ar muinghinn a mhàin a chur ann am fireantachd Chriosd. Is obair mhòr so, nach urrainn aon neach a dheanamh ach tre Spiorad a chreidimh.

Theirear, mar an ceudna, Spiorad na naomhachd ri Spiorad Chriosd; oir 's esan ùghdar na naomhachd sin, as eugmhais nach faic aon neach an Tighearna. Tha creidich air an taghadh chum slàinte trid naomhachaidh an Spioraid, agus an fhìrinn a chreidsinn. 'S e ath-ghineamhainn tùs beatha nuadh spioradail. 'S e naomhachadh obair an Spioraid leis a' bheatha sin a choimhid agus a meudachadh. Tha gach fior chriosdaidh 'na *naomh*, mar a dh' fhaodas sibh fhaicinn ann an litrichibh nan abstol, a bh' air an sgrìobhadh chum nan naomh; agus ged a tha 'n t-ainm sin, tre amaideachd agus aingidheachd mhòrain, a' faighinn tàir, tuigeadh gach aon neach mar eil sinn 'nar naoimh nach faod sinn bhi air ar saoradh.

S' e aobhar eile mu'm beil creidich a' faighinn an Spioraid gu còmhnadh a dheanamh riu 'nan dleasanais chràbhach. A deir Criosd, as m' eugmhais-se cha 'n urrainn duibh aon ni a dheanamh : agus tha 'n t-abstol Pòl ag ràdh, " Nach eil sinn foghainteach uainn féin chum ni sam bith a smuainteachadh mar uainn féin : ach 's ann o Dhia a ta ar foghainteachd ;" 's e sin, 's ann a ta e air a bhàraigeadh oirnn leis

an Spiorad Naomha. Tha Criosd a làthair, tre a Spiorad, "far am beil dithis no triùir air cruinneachadh an ceann a' chéile 'na ainm;" agus ma gheibh iad beannachadh ag éisdeachd an fhacail air a shearmonachadh, o shéinn shàlm, no ann an ùrnaigh, 's ann gu h-iomlan o dhrùghadh an Spioraid Naoimh' a bhitheas e. Theirear ann an Rom. viii. 26 gum "beil an Spiorad féin a' deanamh còmhnadh le 'r n-anmhainneachd ann an ùrnaigh;" tha sinn cuideachd a' leughadh, air "a bhi ri ùrnaigh sa'n Spiorad, agus a' séinn anns an Spiorad."

Tha 'n Spiorad Naomh' air a thoirt do chreidich mur *Cho-fhurtair.* Fo 'n ainm chaomhail so, gheall Iosa Criosd a chur a dh' ionnsaidh a dheisciobuilibh bhrònach; agus thuirt e gu'm fanadh, e do ghnà san Eaglaismar Fhear-co-fhurtachd. Buidheachas do Dhia air son gum beil sòlas ann an diadhachd. Is sligheannan subhachais agus sìth sligheannan Dé, agus cha n-àicheadh aon neach so ach iadsan nach d'imich riamh annta. 'S ann a tha fior shonas a mhain ri fhaotainn ann an creideamh, gràdh, agus ùmhlachd. A bhi fiosrach air peacadh air a mhathеadh; sìth cogais tre fhiul Chriosd; deagh mhuinghinn tre ghràs; buaidh air eagal a' bhàis; nach sòlasach, àghmhor na nithe sin? Ciod a dh' fhaodas an saoghal, no peacadh, a thairgse co-ionann luach riu sin? 'S ann o fheartaibh cumhachdach an Spioraid a tha iad sin uile a' sruthadh; agus tha so gar treòrachadh chum an ni fa-dheireadh a chur sinn romhainn.

III. Dearbhadh m' ar staid, mar a thuigear e o'n Spiorad a bhi againn no uainn. Tha ar stéidh-theagaisg ag ràdh, "mar eil Spiorad Chriosd aig neach, nach buin e dha," air an aobhar sin 's dual do'n neach eil a bhi ann an cŏr ro uabhasach; agus ma gheibh e bàs san staid sin, tha e caillte gu sìorruidh. Ach tha na briathran a' ciallachadh firinn shŏlasach, eadhon, gum buin cuid-eigin do Chriosd. Buinidh, agus is iad a shluagh ionmhainn, tiodhlac an

Athar, a cheannaicheadh le fhuil, tre chumhachd an Spioraid, les an tug siad iad-féin suas da.

'S e an Spiorad a bhi againn, air an dòigh agus air son an aobhair mar a chuala sinn, an t-aon dearbhadh sònraichte air sinn a bhi an staid nan gràs. Theirear an *seula* ris, (Ephes. i. 13. iv. 30.) 'Tha nithe luachmhor air an glasadh, chum iad a bhi tearainte, 's a nochda cò dha a bhuineas iad. 'S ann mar so a ta creidich air an seuladh. Cha n-e oibreachadh sònraicht sam bith air an inntinn ris an abrar "nasgadh" no "geall-daighnich an Spioraid," ach 'se th' ann rùn-phairteachadh an Spioraid e-féin do chreidich. Thug Dia a Spiorad daibh; tha e thàmh 'nan anmaibh: tha e 'gam beothachadh, tha e 'gan soillseachadh; tha e toirt mothachadh dhaibh air peacadh; tha e 'gan neartachadh gu creidsinn ann an Criosd; tha e 'gan naomhachadh; tha e 'gan còmhnadh gu ùrnaigh a dheanamh; tha e toirt sòlais d' an cridhe. 'S e so seula Dhé. Cha-n fhaodar a ghabhail an riochd meallta. Tha Eoin ag ràdh, "Leis a so aithnichidh sinn gum beil sinn a chòmhnaidh ann an Dia, agus esan annainne, do bhrìgh gu 'n tug e dhuinn d' a Spiorad," (1 Eoin iv. 13.) 'S e so làn-dearbhadh air ar còir air deagh-ghean Dé; 's e so dearbh-chinnte gum buin sinn da. "Oir cha n-eil dìteadh sam bith do 'n dream a tha ann an Iosa Criosd," 's a tha dearbhadh gum beil iad ann le "gluasad a réir an Spioraid." Is beatha agus sìth ar n-inntinn a bhi spioradail. "A mheud 'sa tha air an stiùradh le Spiorad Dé, is mic do Dhia iad." Ge b'e air bith aig a beil an Spiorad, tha *geall-daighnich* cinnteach aig air nèamh. (2 Cor. i. 22. Ephes. i. 14.) Tha e fàs na cho-oighre maille ri Iosa Criosd; tha *ceud thoradh* an Spioraid aige; agus gun teagamh bithidh an t-anam agus an corp sona gu bràth anns an t-saoghal gun cheann gun chrìoch.

AN CO-CHUR.

Agus a nis', a mhuinntir ionmhainn neo-bhasmhoir, ciod i air barail mu na nithe sin ? Air dhuibh fhaicinn gur ann a réir 's mar bhios Spiorad Dhé agaibh a shonraichear ar cŏr am feasd, cionnas a tha sibhse do thaobh sin? Am beil an Spiorad agaibh? Faodaidh sibh a thuigsinn. Is còir a thuigsinn ; oir tha ar sonas sìorruidh an earbsa ris. Ma tha 'n Spiorad againn is leinn nèamh. 'S i ifrinn ar crannchur ma bhàsaicheas sinn as easbhaidh. Smuaintichibh car tiotadh air na chaidh a ràdh, agus aslaichibh mar rinn Diabhidh, "Rannsaich mi, O Dhé, agus dearbh mo chridhe." Chuala sibh c'arson tha gach creideach a' faighinn an Spioraid. Beothaichidh e'n t-anam marbh. An do bheothaich e sibhse ? Am beil sibh beò do Dhia, no n-ann a tha sibh do pheacadh agus do'n t-saoghal ? Tha 'n Spiorad a' soillseachadh na h-inntinn ann an eòlas na fìrinn. An aithne dhuibh, am beil sibh a' faireachdainn, agus a' gràdhachadh fìrinn an t-soisgeil ; no'm beil sibh a' deanamh tàir orra agus ga fuathachadh ? Tha 'n Spiorad a' toirt mothachadh air peacadh. Am beil thu mothachail agus irislichte air son do pheacaidh ? no 'n-ann a tha thu ga chur an suarrachas—theagamh a' deanamh uaill ás ? 'S esan ùghdar a chreidimh. Am beil thu creidsinn ann an Criosd, no 'n ann a tha thu a' deanamh dearmad air a shlàinte ? Tha e naomhachadh an anma. Am beil t-anams' air a naomhachadh tre a ghràs, no m beil thu ga t' eabradh ann an salachar a' pheacaidh. Tha e deanamh còmhnadh ris an fhior Chriosdaidh gu ùrnaigh a dheanamh. Am beil thu mothachail air a chòmhnadh gràsmhor an àm bhi ri ùrnaigh, no'm beil thu buanachadh gun ùrnaigh idir a dheanamh, nom beil thu toilichte le riaghailt bhriathran gun bhi teachd o'n chridhe ? Is fear-co-fhurtachd Spiorad Dhé. An ann uaithsan a tha do shòlas, no 'n ann o dhiomhanas an t-saoghail ? Gun neartaich an Tighearna sibh gu

freagradh neo-chealgach a thoirt do na ceistibh sin! Ma tha cuid agaibh, mar is ion eagal a bhi gum beil, as eugmhais an Spiorad, ciod an staid anns am beil sibh? Cha bhuin sibh do Chriosd. Criothnachibh ri smuainteachadh air. 'S éigin duibh bàsachadh; agus an déigh sin teachd chum breitheanais. An uair a chì thu e 'na shuidh air a righ-chathair uabhasaich, O! mar a mhiannaicheadh tu gu'm buineadh tu dha, agus gu'n aidicheadh e thu. Earalaicheam oirbh, ma ta, gun dàil, 'ur cridhe a thogail ri Dia, agus a ràdh, a Dhé thròcairich, deònaich dhomh do Spiorad Naomha! Gheall e a thoirt dhaibh-san a dh'iarras e. Faodaidh sibh an t-sochair phrìseil so fhaotainn fhathast, agus gheibh sibh i gun teagamh, ma dh' iarras sibh e gu neo-chealgach. "Iarraibh ma ta, agus gheibh sibh; siribh agus amaisidh sibh; buailibh aig an dorus agus théid fhosgladh dhuibh." Mar chaomh iochd d' ar n-anmaibh, gun deònaicheadh an Dia Uile-chumhachdach dhuibh so a dheanamh. Agus mu thimchioll na muinntir a fhuair am beannachadh so is mò, eadhon an Spiorad Naomha, ciod tuilleadh dh' fhaodar a ràdh? Beachdaichibh air an t-sochair luachmhor le mòr ìoghnadh agus le taingealachd. Na h-àicheadh an t-sochair bheannaichte a bhuilich Dia ort. An do mhothaich thu toradh àigh an Spioraid, a chaidh ainmeachadh cho tric? 'S e so ma ta, seula mòr àrd Uachdaran nèimhe, a' deanamh cinnteach dhuit dlù-dhàimh ri Criosd, agus còir air rioghachd na glòire. Deanaibh gàirdeachas, agus bithibh rŏ ait; agus air dhuibh an Spiorad fhaotainn, thugaibh an aire gu'n "gluais sibh sa'n Spiorad;" bithibh faicilleach nach cuir sibh "doilgheas air an Spioraid;" agus bithibh cùramach chum "toradh an Spioraid a thoirt a mach;" ni a tha tre Iosa Criosd, chum cliù agus glòir Dhé.—*Amen.*

SEARMOIN X.

MU NAOMHACHD.

EABH. xii. 14.

Naomhachd, ni as eugmhais nach faic neach air bith an Tighearna.

"Is Naomha, Naomha, Naomha! an Tighearna Dia Uile-chumhachdach!" 'S i so cainnt nan naomh agus nan aingeal 'nan aoradh follaiseach. Tha'n Dia a rinn sinn, a tha 'g ar riaghladh, agus a bheir breith oirnn, 'na Dhia ro naomha. "Cò tha coltach riut, glòrmhor ann an naomhachd, àghmhor ann am moladh, a' deanamh nithe iongantach?" Bheir a bhi meòraich air naomhachd Dhé oirnn a bhi dùrachdach gach aon àm, agus gu h-àraidh an uair a bheir sinn fainear ar mi-naomhachd féin. Is math a dh'fhaodas sinn briathran an fhàidh a chantainn, "Mo thruaighe mi! oir tha mi caillte; do-bhrigh gur duine mi aig am beil bilean neo-ghlan, agus tha mi a chòmhnaidh am measg sluaigh aig am beil bilean neo-ghlan."—"Cò is urrainn seasamh an làthair an Tighearna Dia naomha so?"

An uair a chruthaich Dia an duine, rinn e naomh' e. Chruthaich Dia an duine 'na dhreach féin, agus b' i naomhachd an dreach sin; oir 's e so cliù sònraichte Dhé. Ach cha b' fhada gus an do chaill an duine glòir a' nàduir leis a' pheacadh. Dh' fhàs e mi-naomh', agus dh' fhogair Dia, (a tha

shùilean ni 's glaine na gu'n seall e air olc, agus cha-n fhaod e amharc air aingidheachd,) a mach a phărras e; oir chuir peacadh as do 'n co-chomunn shòlasach a bh' aige roimhe ri Dia. Mar nach faod co-chomunn a bhi eadar solus agus dòrchadas, cha mhò dh' fhaodas co-chomunn a bhi eadar Dia naomh' agus peacaich mhi-naomha. Agus 's e so is aobhar air na th' air a ràdh san steidh-theagaisg, "as eugmhais naomhachd, nach faic aon neach Dia." Is e 'n Tighearn fhaicinn cunntas mu shonas nèimhe, far am bi a bhuaidhean glòrmhor uile air am foillseachadh, chum mòr thoilinntinn nan daoine iompaichte; ach as eugmhais naomhachd cha-n fhaod sinn fhaicinn. A nis an Dia sin a chruthaich an duine air tùs naomha, dhealbh e gu gràsmhor innleachd chum a dheanamh naomh' a rithist. Is earrann àraidh so do 'n t-slăinte mhòir; oir trid fala Chriosd, tha ciont a' pheacaidh air a thoirt air falbh o na h-ionracain; agus le Spiorad Chriosd tha iad air an gintin a rithist, agus air an deanamh na'n nuadh-chreutairean; 's e sin gum beil iad air an deanamh naomh', agus iomchuidh air nèamh a shealbhachadh, ni is e Dia fhàicinn. "Chì iadsan a tha glan 'nan cridhe Dia." Nochdaidh sinn san àm so,

I. Ciod e naomhachd.

II. A' dhearbhadh am feum a tha air naomhachd, agus,

III. Na meadhonnan leis am faighear naomhachd a chomharrachadh a mach.

I. Thugamaid fainear gnè fior naomhachd.—'S i naomhachd dreach Dhé a bhi air a h-aiseag a rithist anns an anam; no am briathraibh eile. 'S i naomhachd fior-ghlaine an duine na ghnè, na thograidh, agus 'na dheanadais, ni a tha 'na shàmhla air iomhaigh Dhé.

Thoir fainear an so, gur i naomhachd *fior-ghlaine;* ceart-atharrachadh an ni ghràineil sin, truailleachd

a' pheacaidh air an anam. Tha dà ni annsa' pheacadh *a chionta*, agus *a neo-ghlaine.* Trìd a chionta, tha sinn buailteach do pheanas sìorruidh; trìd a neo-ghlaine, tha sinn neo-iomchuidh air seirbhis a thoirt do Dhia, no idir a mhealtainn. Tha cionta gar fàgail gealtach. Tha neo-ghlaine gar nàrachadh. Mar so bha ciont agus eagal air Adhamh 'nuair a chuir e a cheud pheacadh an gniomh. A nise trid ar saoraidh tre Iosa Criosd, tha Dia a' toirt air falbh uainn an dà ni sin. Tha ciont a pheacaidh gu h-iomlan air a thoirt air falbh uathasan a chreideas tre fhuil Chriosd, a thug dioladh air a shon. Tha salachar a' pheacaidh air a thoirt air falbh o gach neach a ghinear as-ùr, tre ghràs an Spioraid Naoimhe.

'S i 'n fhior-ghlaine mum beil sinn a' labhairt fior-ghlaine a' chridhe, no na gnè. Cha leòir e ged nach bi an gniomharradh o'n leth a muigh neo-ghlan; cha bhi fior-naomhachd ann gus am bi an cridhe air a ghlanadh. Tha mòran daoin' a' dearmad so gu h-iomlan. Air leo gur leòir e ma tha iad a' caithe am beatha gu neo-lochdach, no a' deanamh oibrichean matha, mar theirear ris. B'e so mearachd cunnartach nam Phairiseach, mar chuir ar Slànaighear beannaicht' an céill e. Bha iad ro-dheatamach mu bhiadh agus mu dheoch, agus mu ionnlad gach ni, chum salachar a sheachnadh; ach tha e maoidheadh orra nach eil iad ach a mhàin a' nigheadh an taobh a muigh, gun bhi gabhail cùram air bith de 'n chridhe; bha iad a' tarruinn dlù do Dhia le 'm bilibh, ach bha 'n cridhe fad uaithe. Bha'n taobh a stigh ro shalach; bha iad mar uaighean gealaichte, sgiamhach o'n leth a muigh, ach làn de chnàmhan dhaoine marbha agus do gach neo-ghlaine. Uime sin thuirt ar Slànaighear gu'm b' fheumail a bhi air ar breith as-ùr; no gum biodh com-pairt againn de nàdur ùr agus diadhaidh. Tha creidich air am breith os-àird, air an gintin o Dhia; agus mar tha co-roinn aig gach duine cloinne de ghnè athar, 's

amhail a th' aig mic ùra Dhé ; tha iad " a cur dhiù, a thaobh a cheud chaithe-beatha, an seann duine, a tha truaillidh a réir nan ana-mhiannan cealgach ; tha iad air an ath-nuadhachadh ann an spiorad an inntinn, agus chuir iad umpa an nuadh dhuine, ata air a chruthachadh a réir Dhé am fìreantachd agus am fìor-naomhachd," Ephes. iv. 22—24.

Air do 'n chridhe bhi mar so air ath-nuadhachadh, 's éigin gum bi nuadh-rùin agus nuadh-thograidh ann. Tha iad sin naomh' aig a' Chriosdaidh, a réir toil Dé. Tha 'n t-atharrachadh a tha gràs a' deanamh gu deas air a chur an céill leis an fhàidh. " An sin gabhaidh am madadh-allaidh còmhnaidh maille ris an uan, agus laidhidh an liopard sìos maille ris a mheann ; agus an laogh, agus an leòghan òg agus an spréidh reamhar le chéile ;" (Isaiah. xi.) 'se sin, gun deanar na h-urrad chaochla air daoin' aingidh ge b'e air bi cho borb 's a bhitheas iad, gu'm fàs iad, tre éifeachd an t-soisgeil agus gràis Chriosd, ciùin, séimh agus taitneach do'n na Criosdaidhean is laige. Mo bhràithrean, an d' fhairich sibhs' a bheag de 'n chaochla so? Ciod a bharail a bhios againn mu luchd geur-leanmhainn, a tha deanamh tàir air diadhachd ; a tha toirt fuath agus a' deanamh dochair air sluagh cràbhach ? Gu'n teagamh, tha iad sin fathast nam madraidh-allaidh, agus nan leòghain, agus cha'n fhaodar caoirich Chriosd a ràdh riu. B' fhearr gum biodh fios aig an samhail sin ciod e bhi air an nuadh-bhreith !

Thugamaid a nis' gu h-aithghearr fainear, ciod iad na rùintean agus na tograidhean a tha gu buadhar aig muinntir dhiadhaidh.

Tha iad fo ghnà chumhachd *eagail* Dé—ni h-e eagal tràilleil, ach eagal leinibh. Chuir Dia eagal nan cridheachan ; ionnas an ionad a bhi caithe am beatha as eugmhais, mar a b' àbhaist daibh ; 's ann a tha iad a nis' an eagal Dé rè an latha air fad. Tha fhios aca gum beil e gam faicinn ; tha iad ga

chur fa 'n comhair do ghnà, agus 'se an dùrachd a thoileachadh agus a glòrachadh anns gach ni a smuainticheas iad, a their, no ni iad.

A rithist, tha iad *iriosal.* 'S i irioslachd freumh gach gràs eile, agus an t-aon ìre anns am fàs iad. 'S aithne dhaibh iad-féin ; 's aithne dhaibh plàigh an cridhe féin : tha iad fiosrach air peacadh gun àireamh air am beil an saoghal an-fhiosrach. Tha bhi cùimhneachadh air peacaidh a' chuir iad an gniomh 'nan staid neo-iompaichte le nàire ; agus tha bhi mothachail air fuigheall truailleachd gan cumail iriosal 'nam beachd féin ; air chŏr, 's nach e mhàin gum beil iad a' strìochdadh do Dhia, ach cha dean iad tàir air an co-fhearsnach. Ma tha eadar-dhealachadh eadar iad-féin agus a' chuid is tàire de'n chinne-dhaonna, tha iad mothachail gur e gràs a mhàin a rinn an t-eadar-dhealachadh. Air dhaibh a bhi mar so air an iompachadh, tha iad a faighinn rìoghachd nèamh mar chloinn bhig, 's a' cleachdadh bhi caithe am beatha mar ri gnà earbsa á gliocas, á gràs, agus cumhachd an Athar nèamhaidh.

Aon uair eile, Tha *inntinn nèamhaidh agus spioradail* aig daoine diadhaidh ; oir " an inntinn fheòlmhor is bàs i ; ach an inntinn spioradail, is beatha agus sìth-chainnt i."—Thug creideamh orra am barrachd meas a bhi aca air nithibh ri teachd agus sìorruidh, seach air diomhanaisibh na beatha so ; oir is e 'n creideamh tre 'm beil iad a nise beò, brìgh nan nithe ri 'm beil dòchas, agus dearbhadh nan nithe nach faicear " " An ni a ghineadh o 'n Spiorad is spiorad e." Tha 'n inntinn a' cur roimpe nithe spioradail a ghabhail a roghainn air nithibh feòlmhor. An uair a tha iad a' cur dhleasanais chràbhach an gniomh tha iad làn aiteis ; agus air uairibh 's urrainn iad sealltainn sìos le suarachas air nithibh aimsireil. 'S ann air nèamh a ta an caithe-bheatha-san." Trìd crann-ceusaidh Chriosd tha'n " saoghal air a cheusadh dhaibhsan ;" 's e sin

nach eil tuille na urrad thlachd aca do 'n t-saoghal, na bhiodh aig duin ionraic le cairbh lobhte; agus tha iad mar an ceudna "air an ceusadh do'n t-saoghal;" cha mhò a dhrùigheas an saoghal orrasan, na a dhrùigheas nithe mothachail air neach marbh.

Ach thar gach ni, 'S e gradh rùn buadhar gach neach cràbhach. Gun ghradh 's diomhain gach ni air an ruigear agus gach aidmheil. Tha Dia ag ràdh, "A mhic thoir dhomhsa do chridhe."

Is ionmhainn leis gach fior chreideach Dia. Tha an gràdh do dh' Iosa Criosd ro-dhlù-thàirneach. Tha spéis aca dhasan a chionn gun do ghràdhaich esan iad-san air tùs. Air dhaibh deagh dhòchas a bhi aca trid gràis gun tug Dia air sgàth Chriosd mathannas daibh nam peacannaibh, gun do ghabh e riu, agus gun tabhair e iad chum glòire, tha iad air an co-éigneach-adh gu cùl a chur ri aingidheachd, ni ata fios aca is beag air-san, agus chum naomhachd a ghnàthach-adh, oir tha fios aca gur toigh leis i. Uime sin 's iad a shluagh, fhacal, a latha, aobhar, cion-fàth an toilinntinn; agus 's e urram a thoirt dà nuadh chrìoch am beatha. Tha so 'gar toirt ni 's faide chum a thoirt fainear, gur eigin do dheanadais an samhail sin de dhaoine bhi naomha mar an ceudna. Air d'an nàdur a bhi air ath-nuadhachadh, agus an rùin air an naomhachadh. Tha iad air fàs naomh' anns gach gnè chaithe-beatha agus dhiadhachd. Bu chealgaireachd ghràineil do neach a ghabhail air gum beil a chridhe naomh', ma tha chaithe-beatha an-diadhaidh. Faodaidh deagh-bheus a bhi as eug-mhais naomhachd, ach cha-n fhaod naomhachd a bhi as eugmhais deagh-bheus. Air do lagh Dhé bhi air a sgrìobhadh air a' chridhe, agus gràdh Dhé air a thaosgadh a steach ann, bithidh ùmhlachd dha an da chuid furasd agus taitneach. Tha cuing Chriosd so-iomchar, agus tha uallach aotrom. Ach 's gnothach mòr so nach faodar leinn ach a mhàin ainmeachadh.

'S eigin gun sruth *deagh ghniomharran o rùn ceart:*

's e sin, o'n ghnè nuadh, no o ghràs an Spioraid ann an creideach: 's éigin gun deanar iad a réir *deagh riaghailt,* ni is e facal Dé; agus 's eigin gur ann chum *deagh* chrìoch a nithear iad; agus 's e sin, chum glòir Dhé. 'S ainmig gniomharra tha da rìreadh ceart, nan rachadh a dhearbhadh leis na riaghailtibh sin!

Tha naomhachd a' gabhail a steach gach dleasanas a bhuineas dhuinne ìocadh do Dhia; 's éigin duinn iad sin a thoirt fainear air tùs; ged a tha mòran daoine ga'n cumail gu tur as an fhradharc. Ciod is tric a chluinneas sinn na sluagh aineolach a' toirt misneach dhaibh féin an aghaidh eagal a' bhàis, le iad a bhi ionraic, agus nach eil iad fo fhiachan do neach sam bith? Faodaidh sinn a ràdh r'an leithidibh sin, mar thuirt ministear aon uair ri fear a bha sa' bheachd sin, air leabaidh a bhàis—"Ach an do dhìol thu do Dhia na fiachan a bh' aig a' t'aghaidh?" 'S ann an comaine Dhé a tha sinn air son ar cridhe, ar gràidh, agus ar n-ùmhlachd: ach 's lionmhor iad a dhi-chuimhnich Dia; a chaith am beatha as eugmhais; agus a rinn ceannairc 'na aghaidh rè am beatha air fad. Ach bithidh mòr mheas aig duin' iompaicht' air facal, air toil, agus air glòir Dhé, na uile dheanadas.

Cha deanar dearmad air ar coimhearsnach. Cha n-ann ri gnà ùrnaigh agus ri aoradh a thoirt do Dhia a tha diadhachd gu h-iomlan a' co-sheasamh; tha 'n duine diadhaidh a' coimeasgadh a chràbhaidh na uile ghnothaichibh; a réir an t-sean gheallaidh, "Anns an là sin, bithidh air cluig nan each, *Naomhachd do'n Tighearn,*" Sech. xiv. 20.; 's e sin, nach bi naomhachd air a cuibhreachadh ri sagartan agus ri teampuill, ach bheirear i do ghnothaichibh coitcheann na beatha, agus gach cùis a bhi chum gloir Dhé. Ni naomhachd fir agus mnathan mhatha; deagh phàrantan agus deagh chlann; deagh mhaighstirean; deagh luchd-ceairde; deagh sheirbhisich; agus deagh iochdarain. Ni i so uile. Tha i ga dheanamh, ni tha cur ìoghnadh air gach neach a

ghabhas beachd air; agus 's e so an t-aon dòigh is fearr chum an soisgeul a chraobh-sgaoileadh, agus a thoirt air an coimhearsnachaibh meas a bhi ac' air. Mar so 's feumail do gach creideach a bhi 'na fhear-mhonaich gniomhach, "a' cur an céill facal na beatha." "'S éigin d'ar solus dealradh an làthair dhaoin," agus an sin, "air dhaibh-san ar deagh ghniomharran fhaicinn, gun toir iad glòir do'r n-Athair ata air nèamh." Cha n-eil an so ach cunntas gearr air fior naomhachd: rachamaid a nis' air ar n-aghaidh,

II. A dhearbhadh *feumalachd* na *naomhachd.* Tha 'n stéidh-theagaisg ag ràdh, "as a h-eugmhais nach faic aon neach Dia." Tha na Sgriobturan gu h-iomlan a' togail fianais air an fhìrinn cheudna. Agus 's cinnteach gum beil e soilleir, do gach neach smaointeachail; oir is earrann d'ar saoradh e; agus tha smuainteachadh gun sàbhalar sinn gun naomhachd, cho eacomasach 'sa ràdh gun saorar sinn gun mheadhon na slàinte. Thàinig Iosa Criosd chum ar saoradh *o'r peacaibh,* cha n-ann g'ar saoradh *annta.* Cha n-eil 'n-ar saoradh o chionta peacaidh, no mathanas fhaotainn annta, ach leth ar saoraidh: chuir Iosa Crìosd le bhàs, roimhe, ar saoradh o gach easantas, agus gun glanadh e dha féin sluagh sònraichte, eudmhor mu dheagh oibribh. Cha-n fhaodar, uime sin, Criosd a roinn; 's éigin duinn an t-iomlan d'a shaoradh a bhi againn, no gun chuid idir a bhi againn deth. Na smuainticheadh, ma ta, aon neach gun ruig iad air a bhi air an saoradh, am feadh a bhuanaicheas iad le'n saor-thoil anns a' pheacadh.

Osbarr, tha àithne Dhé a' nochdadh cho feumail 's a tha naomhachd. Ciod a tha 'n lagh ag ràdh, "Is mis an Tighearna bhur Dia, uime sin naomhaichibh sibh-féin, agus bithidh sibh naomha, oir tha mise naomha;" agus 's i sin cainnt an t-soisgeil cuideachd. Chum gum faic sibh mòr fheumalachd na cùise, tha e air ainmeachadh san Tiomnadh Nuadh, far am beil an t-abstol Peadar ag ràdh, "Mar tha esan a' ghairm

sibh naomha, bithibhse naomha mar an ceudna 'n-ar n-uile chaithe-beatha." Tha cheart soisgeul a tha toirt slàinte, a' teagasg dhuinn "gach mi-dhiadhachd agus ana-mhianna saoghalt' àicheadh; agus ar beatha a chaithe gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhuidh anns an t-saoghal so làthair."

A rithist tha *gradh taghaidh Dhé* a' dearbhadh cho feumail 'sa tha naomhachd. An do thagh e o shìorruidheachd iadsan a ghlòraicheas e air a cheann fadheireadh? Thagh, ach c'arson? "Chum gu'm biodh iad naomha," (Ephes. i. 4.) An do roi'-òrduich e iad chum na beatha shìorruidh? Roi'-òrduich, agus a chum na crìche so, "gum biodh iad co-choltach ri dealbh a Mhic." Agus tha do réir sin, an leithidibh sin de dhaoine air an earalachadh leis an abstol Phol, gu "chur umpa, mar dhaoine taghte Dhé, naomha agus ionmhainn innigh thròcaire, caomhalachd, irioslachd inntinn, macantas," &c. Tha na nithe sin ciatach dhaibh, agus tha iad air an iarraidh orra, air son an còir air gràdh taghaidh Dhé.

Gu sònraichte, *tha gnè Dhé*, neach is naomhachd neo-chrìochnach e-féin, agus *gnè na nèamha*, a tha co-sheasamh ann a bhi faicinn, ann an seirbhis, agus ann am mealtainn Dhé, ga dheanamh anabharra feumail gum biothamaid naomha, oir as eugmhais so, mar tha ar teagasg ag ràdh, "nach fhaic aon neach an Tighearna." *Cha-n fhaic aon neach;* Cò air bith e: àrd no iosal; bochd no beairteach: aineolach no fòghluinte; measail no gun mheas: Ge b'e cho eòlach 's a bhitheas e mu chreideamh, no àrd 'na aidmheil; cò dhiù tha e mòr as a dheagh-bheus, a chreud, a oibre, no a ùrnaighean—'s diomhain iad uile as eugmhais naomhachd. Na mealladh aon neach e-féin le briathraibh faoine, dh' òrduich Dia nèimhe nach téid an duine mi-naomh a steach d'a rìoghachd.

Cha bhiodh nèamh féin ach mar ifrinn do na h-aingidh. 'S éigin do'n duine mhi-naomh' aideachadh nach eil tlachd sam bith aige ann an nithibh

nèamhaidh. Tha thoil feòlmhor agus saoghalta. Tha a thlachd ann an amaideachd, an diomhanas, agus ann am peacadh. 'S iad daoin' aingidh an domhain is companaich thaghte dha. Is beag air na h-ionracain; tha e deanamh tàir orra air son gum beil iad naomha; theagamh gum beil e cur dragh air an aoradh, agus a' deanamh ciorram air an corpaibh. Cha n-eil ùrnaigh agus moladh, leughadh agus éisdeachd ri facal Dé ach nan gnothaichibh neo-shunntach leo. Tha 'n t-sàbaid féin 'na uallach dhaibh. Cionnas ma ta a theid anam mi-naomh a steach do nèamh? Tha e eacomasach do réir gnè nithibh, agus gu tŭr eacomasach do réir àinte Dhé. Dh' fhaoidte moran tuilleadh a ràdh mu thimchioll—feumalachd naomhachd; ach 's cinnteach gur leòir na chaidh a ràdh a thoileachadh gach neach reusonta. Nach faod dùil a bhi againn gu'm beil cuid-eigin ag ràdh, Tha, tha e solleir gu leòir, labhair Dia e, agus tha mis' a' toirt creideis da. Tha mi ga chreidsinn air mo shon-féin, agus tha mi nis' ullamh a dh' fheòraich, Cionnas a dh'fhaodas mise, a tha a' m' chreutair mi-naomha, a thaobh gnè agus cleachdaidh, fàs naomha? 'S ullamh a fhreagras sinn an fhoighneachd fheumail sin, oir 's e sin an ni ma dhéireadh a chuir sinn romhainn, eadhon,

III. Na meadhonnan leis am fàs sinn naomha.

Agus an so 's feumail a thoirt fainear, nach eil aon neach ann an staid nàduir, comasach air ruigheachd air fior naomhachd trid a chumhachd, no dhìchioll féin. An ni a ghineadh o'n fheòil is feòil e; cha mhò 's cha-n fhearr e na sin. Gus an ginear a rithist sinn; gus an creid sinn an Criosd; gus am bi sinn air ar dlù-cheangal ris, cha n-urrainn duinn am feast fàs naomha. Faodaidh faileas agus samhla na naomhachd a bhi ann am modhonnan agus an deaghbheus; ach 's ann o Chriosd, agus uaithe-san a mhàin a tha fior naomhachd. Uime sin 's diomhain do dhaoine bochd aineolach a bhi gu diomhain a'

saoithreachadh an trasgadh, an ùrnuigh, 's a' deanamh peanas orra féin, am fad 's a tha iad a' deanamh dearmad air Criosd. Is ceart cho mearachdach iad-san a tha 'm barail gur éigin daibh a bhi 'n comaine Chriosd air son mathanas peacaidh, ach gur h-ann an earbsa r'an deagh ionnsaidhean féin is éigin daibh a bhi air son naomhachd; 's i càinnt an fhior chriosdaidh, "Gu cinnteach 's anns an Tighearn Iosa tha *fìreantachd* agus *neart* agam."

Tuigibh ma ta, mo bhraithrean, mar bha peacadh ar nàduir air teachd oirnne o Adhamh, an ceud duine, 's amhail is fheudar do naomhachd ar nuadh nàduir teachd oirnn o Chriosd, an dara h-Adhamh; chum 's mar bha dreach an fhir thalmhaidh oirnn, gum bi dreach an fhir nèamhaidh oirnn mar an ceud-na. A nise, buidheachas do Dhia, tha lànachd gràis ann an Criosd, do'n eaglais gu h-iomlan, d'am buin sinne, ma ghabh sinn tre chreideamh ri Criosd agus gun d' fhuair sinn as a lànachd-san gràs air son grais.

'S e *creideamh* an gràs sin a dh' òrduich Dia mar mheadhon chum sinn a dh' fhas naomha. Tha barail mhearachdach aig daoine mu chreideamh, a shaoileas gum beil e an aghaidh naomhachd, no deagh obair. Ma bheir sinn facal Dé fainear chì sinn gun robh cridheachan nan ana-creideach bu ghràineile air an glanadh tre chreideamh ann an Criosd, Gniomh. xv. 9; agus air an naomhachadh tre chreideamh, Gniomh. xxvi. 18.—Tha 'n creideamh a tha toirt a' pheacaich a fhuair mothachadh a dh 'ionnsaidh Chriosd chum a shaoradh, a' faighinn uaithe, mathanas leis an dara laimh, agus naomhachd leis an laimh eile, air do'n da chuid a bhi 'n rùn Chriosd no obair eadar-mheadhonail, agus mar an ceudna gur e sin miann gach anma air a nuadh-bhreith.

Thoir mar an ceudna faincar, gum beil *sòlais an t-soisgeil,* dearbh-chinnt air gràdh Dhé, agus mathanas peacaidh; sìth coguis; aoibhneas 'san Spiorad Naomh, agus dòchas 'na glòire a' cur ar naomhachd gu mòr air a h-aghaidh.

Chum na crìche ceudna, 's éigin duinn ar Biobaill a leughadh gu dùrachdach; gu tric a bhi 'g éisdeachd an t-soisgeil air a shearmonachadh, agus a bhi gu minig ag ùrnaigh. Theirear gu cothromach *meadhonnan nan gràs* riu sin; agus ged nach eil iad leòir-fhoghainteach dhiù féin chum ar deanamh naomh'; gidheadh tha iad air an òrduchadh le Dia chum ar feuma; gheall e am beannachadh dhuinn; agus le'n gnàthachadh gu cùramach, tha gach gràs o'n Spiorad air a chleachdadh, agus trid sin air am meudachadh. Mar so tha mothachadh air a thoirt duinn mu olc a' pheacaidh, agus mu mhaise na naomhachd; agus air an dòigh so tha ar n-anmannan, gu sònraichte, air an tarruinn uatha féin, agus tre chreideamh a' dearcadh air Iosa, agus mar so air an deanamh comasach chum gabhail ri cuibhrionn lathail de ghràs chum sinn a dh' fhàs ann an naomhachd, eadhon, "gràs air son gràis."

AM FÒGHNADH.

An ni so naomhachd mo chàirdean, c'àit am beil i ri faotainn? 'S beag a tha ri fhaicinn 'n-ar dùthaich dh'i! Gidheadh 's i so gun teagamh iomhaigh Dhé chum am beil gach fior Chriosdaidh air athnuadhachadh, ni as eugmhais is fheudar gum beil neach fathast 'na pheacaibh, agus ma théid e eug san staid sin, théid e am mugha gu sìorruidh.

Bu chòir dha so maoim a chur air a pheacach neo-chùramach, a tha gabhail tlachd anns a' pheacadh! Mo thruaighe 's lionmhor iad a tha air adhart a' bhàis, a tha cho fada o'n naomhachd so 's a tha 'n-àird an ear o' n-àird an iar. Tha iad fiosrach air a so. Agus ciod is éigin tachairt? Nach creid thu Dia na fìrinn, a thuirt gur éigin do'n mhi-naomhachd so do dhùnadh a mach o nèamh? Nach deach a dheanamh mach gu soilleir nach faod do leithids' a bhi air do ghabhail a steach do'n ionad sin? Aidichidh do chridhe féin nach eil e comasach gum bi.

Ach' s cinnteach nach deònach leat gum buanaich

a' chùis mar sin. Am bu mhiann leat a bhi naomha? Mas a h-eadh, thoir buidheachas do Dhia air son an tograidh. Tuigibh, mo chairdean, gum beil gach neach co-ionann a thaobh nàduir. Ma tha neach sam bith agaibh naomha cheana, 's e gràs àrd-uachdranach a rinn ann e. Am beil thu bràth éigh-each. "Ciod is éigin domh a dheanamh?" Freagram, amhairc air tùs ri Iosa air son mathanas a' d' pheacaidh ; agus an sin air son do chridhe a ghlan-adh. Cha ruig thu leas fiachainn an toiseach ri thu-féin a dh' fhàs ni's fearr, agus an sin sùil a bhi agad gur feairrde do dhochas ri bi air do shaoradh e ; ach thig an *ceart uair, dìreach mar a tha thu,* agus gabhaidh caraid nam peacach riut.

Faodaidh an seòladh ceudna bhi feumail dhaibh-san a tha 'g iarraidh rìoghachd Dhé agus fhìreantachd ; a tha deanamh bròin air son fuigheall truailleachd, agus a' gabhail fadail á iomhaigh Dhé. Dearc air Iosa air a shon. Cuimhnich tre feart t'aonachd ri Criosd, gum faod thu, tre chreidimh, gràs lathail fhaotainn uaithe, trid cumhachd an Spiorad Naomh'. "As eugmhais-san cha n-urrainn dut aon ni a dhean-amh ;" ach tha a ghràs-san comasach air gach ni a dheanamh. Le bhi cleachdadh gnà chreideamh, agus a' deanamh feum iomchuidh do na mheadhonnan òrduichte, faodaidh dòchas a bhi ri còmhnadh an Spioraid ; a' dearbh chreidsinn, gu'n giùlain esan, a thòisich air an deagh obair annad, air a h-aghaidh i, gus am bi thu iomchuidh air an oighreachd nèamh-aidh. *Amen.*

SEARMOIN XI.

MU BHAS AGUS BREITHEANAS.

EABH. ix. 27.

Tha e air òrduchadh do dhaoinibh bàs fhaotainn, ach 'na dhéigh so breitheanas.

Tha e air aithris mu Philip, Rìgh Mhacedonia, gun tug e àinte do dh' aon d'a luchd-frithealaidh e dhol gach maduinn chum dorus a sheòmair, agus a ghlaodhaich gu labhar àrd, "*Philip, cùimhnich gum faigh thu bàs!*" Nach mòr an t-aobhar nàire so do dh' iomadh criosdaidh! a tha 'n àite a bhi cumail am bàis nan cuimhne, ga chumail am falach uapa mar dh'fhaodas iad. Tha'n t-searmoin so chum ar smuaintean cùramach a shocrachadh air na nithibh is fior fheumaile dhuibh. Mar thuirt Maois, their sinne ruibh mar an ceudna, "O gum biodh iad glic, gun tuigeadh iad so, gun tugadh iad fainear an crìoch dheireannach?" Gun deònaicheadh Dia gu'n guidh sibh "Teagaisg dhuinn mar so ar laithean àireamh, chum gun socraich sinn ar cridhe air gliocas."

'S ann ris a' bhas a tha ar ceud ghnothach san àm so. Tha rud-eigin tiomhaidh san ainm! ach, O, cò dh'fhaodas innse ciod e am bàs? Cha do phill a h-aon d'ar càirdean no d'ar coimhearsnaich o'n uaigh a dh'innse dhuinn ciod e; 's éigin duinn a ghnè, aobhar, agus a cheannfàth a thuigsinn o fhacal Dé. Faodaidh sinn gun amharus rud-eigin mun bhàs fhaicinn 'n-ar càirdean a' dol eug. Faodaidh sinn cabhag marbhtach galar cràiteach éigin fhaicinn. Cràdh, osnaich, agus spàirn dheireannach an neach

a tha dol gu bàs. Chunnaic sinn iomadh neach air an gearradh as am meadhon an cuairt: gu cridheil, sunntach, làidir, togarrach an diugh, agus am màireach fuar, reòta, gun deò, 'na shìneadh air an eislinn, air a chur na chiste-laidhe, agus air a thasgaidh san uaigh. Chuala agus chunnaic sinn dream eile air am bualadh ás gun fhaireachadh sam bith; gu slàn fallan an ceart uair, agus air an ath mhionaid air an sguabadh air falbh do shìorruidheachd. Nach fìor an Sgriobtur mu thimchioll, " Is feur gach uile fheòil, agus a ta a h-oirdhearcas uile mar bhlàth na machrach; sa mhaduinn thig e fo bhlàth, agus fàsaidh e suas; san fheasgar gearrar sìos e, agus seargaidh e." Nach lag an duine! 'Na chŏr is fearr cha n-eil ann ach diomhanas. Tha e air a bhruthadh roi 'n leòmann.

Nach anabarrach an *t-eadar-sgarachdainn* a ni 'm bàs! Tha e 'g ar cur an gradaig o'r dìllsean agus o'r càirdean is annsa leinn. Tha sinn a' call fradharc air an t-saoghal so; cha-n fhaic sinn duine tuille ni's mò ann am tìr nam beò. Tha'm bàs a' cur grad chrìoch air ar n-uile innleachdan cò-dhiù bha iad math no olc; air a' cheart là sin théid as d' ar smuaintibh. Tha e toirt gach greadhnachas agus cumhachd o na daoine mòra, agus am maoin o na daoine saibhir; oir cha tug an duine aon ni leis a steach do'n t-saoghal, 's cha mhò a bheir e aon ni as leis.

Tha 'm bàs *coitcheann*. Cha n-eil uile eile ach air uairibh. Ach 's éigin do gach duine 'm bàs fhaighinn; oir cò an duine a tha beò, agus nach faic bàs?" Rioghaich am bàs anns gach linn; agus ged a bha, 's 'na ceud linnibh, cuid de dhaoine a' mairsinn iomadh ceud bliadhna, fhuair iad uile fa-dheireadh bàs. Tha 'm bàs a' buadhachadh anns gach rìoghachd: ceart cho cinnteach 'sa tha mhuir a' lionadh 's a' tràghadh, 's amhail a tha aon linn a' falbh agus linn eile a' teachd. 'S e so dòigh gach uile fheòla.—'S i 'n uaigh an tigh a ta air a shonrachadh do gach uile bheò. Cha n-eil mathalachd air bith sa chòmrag so. 'S fheudar dhuinn uile bàs fhaotainn.

Tha 'm bàs uabhasach *ann féin!* Tha eagal a' bhàis; spàirn a bhàis; coltas eagalach a' bhàis; an caochla mòr a thig air a' chorp, a bheir oirnn a mheas feumail adhlacadh as ar fradharc; a chiste-laidhe, an t-aodach bàis, an caol-taigh fuar, a chnuimh dhìblidh, agus an duslach suarrach, uile nan nithe uabhasach. Ach 's e an ni a tha fàgail a' bhàis gu mòr ni's uabhasaiche, gur e toradh *fearg Dhé* e. Mar biodh peacadh idir ann cha bhiodh bàs ann. Bhagair Dia am bàs air Adhamh chum a chumail gun pheacachadh; ach thuirt an droch-spiorad, athair nam bhreug ris, nach bàsaicheadh e. Ghabh e dhànadas na dh'ith de'n mheas thoirmisgte, agus, trid a' pheacaidh-san, thàinig bàs a steach do'n t-saoghal, agus thàinig e air a shliochd uile anns gach linn. 'S e 'm bàs, ma ta, duais a' pheacaidh; agus tha suaicheantas uabhasach air fearg Dhé 'na cho-chuideachd. Theirear, gu cothromach, *găth* a' bhais ris, mar thuirt an t-abstol Pòl, "gur e'm peacadh gath a' bhàis." 'S e fiosrachadh mu bhi ciontach, agus eagal ro pheanas an déigh làimhe, a tha fàgail a' bhàis cho eagalach. Daoine bochda neo-chùramach, a' deanamh dearmad air soisgeul glòrmhor Iosa Criosd, a tha buileachadh na h-aon iocshlaint an aghaidh uabhas a' bhàis; tha iad a' cur an droch latha cho fada uapa 's a dh' fhaodas iad; ach nam biodh iad eòlach air gradh Chriosd, a dh'aontaich am bàs fhulang chum an gath a thoirt as a' bhàs; nan tugadh iad fainear, gum faodadh iad, tre creideamh ann an Criosd, eagal a' bhàis a sheachnadh, shuidheadh iad sios gu socrach, agus choinnicheadh iad am bàs gun uabhas; agus bheireadh iad, gu glic fainear, cionnas a bheireadh iad coinneamh, le tearainteachd agus tlachd, do'n ni nach urrainn daibh a sheachnadh.

Ach cumamaid an' cuimhe gu'm faigh gach neach againn a tha 'n so a làthair gu cinnteach am bàs. Tha ar teagasg ag radh, *gum beil e air òrduchadh.* Is e reachd daingean Dé e, nach fhaodar a mhùthadh.

'S e lagh neo-chaochlaideach nèamh e; lagh nach urrainn aon pheacach cur 'na aghaidh: tha daoine gu minig a' briseadh cuid eile do dh' àintibh Dhé, ach 's fheudar géill a thoirt da so. Cha n-aithne dhuinn *c'uin* no *cionnas* a thig am bàs oirnn; ach tha sinn cinnteach gun tig e. Cò ac' a tha sinn àrd no iosal, bochd no beairteach; òg no sean, tha e air a shònrachadh dhuinn am bàs fhaotainn aon uair. Theagamh an uair a thig am bàs, gum bi sinne ro mhi-iomchuidh air a shon; ro neo-thoileach fhaotainn; ach cha chuir am bàis dàil 'na theachd air son sin: air dhuinn a bhi deas no gun a bhith, an uair a thig an t-am 's éigin duinn géilleadh. Tha e air a ràdh mu na h-aingidh, "gum beil iad air am *fuadachadh* air falbh 'nan aingidheachd,"—theagamh *gu grad*; gun *duil* ris. B' ann, 'nuair a labhair an geòcaire saibhir mu mhòran bhliadhnaibh ri teachd, a thuirt Dia ris, "an nochd iarrar t'anam uat;" 's tric a tha daoine aingidh air an toirt a dh'aindeoin chum na h-uaighe, mar bheirear ciontach chum na croiche. Ciod nach tugadh peacaich shaibhir air son seachduinn no dha dhàlach o'n bhàs; nam faoidte an dàil a cheannach le airgead, bu toileach a dheanamh iad e; ach cha ghabh am bàs cumha; 's éigin do'n pheacach strìochdadh, ged a ni an léigh na dh'fhaodas e, na càirdean osnaich, a bhean agus a chlann a' caoineadh, agus ged a ni an duine féin ni's urrainn da gu fuireach beò, 's éigin da géilleadh, agus triall do'n ionad as nach pill e ni's mò.

Deanamaid stad beag an so, agus càireamaid ruinn féin na chaidh chean a ràdh.

Am beil ar beatha cho gearr? C'arson, mata, a mhi-bhuilicheamaid i? C'arson a ghiorraicheamaid i le'r peacadh agus le'r n-amaideachd? Nach mòr a tha d' ar n-ùine luachmhoir air a call. Ciod a their sinn ri'r culaidh-shùgraidh, ri'r cleasachd, ri cluich air chairtean, &c. a tha air an dealbh chum ar n-aimsir a strùigheadh. ***Ar n-ùin' a struigheadh!***

Is eagalach an smuain e do Chriosdaidh. Nan cluinneadh tu ciod a thuirt cuid do pheacaich air adhart a' bhàis, mu'n aimsir a mhi-bhuilich iad; b' eagalach leat a bheag dh'i a chosg gu diomhain; 's ann a b' fhearr leat ionnsaidh a thoirt air a deagh bhuileachadh; agus comhairl' an duine ghlic a ghabhail. "Ge b'e ni a gheibh do làmh r'a dheanamh, dean e le t' uile dhìchioll; oir cha n-eil obair, no innleachd, no eòlas, no gliocas anns an uaigh, d'am beil thu dol," Ecles. ix. 10. Gu h-àraidh bi cùramach chum latha na sàbaid a choimhead: an latha a shònrach Dia chum do leas spioradail a chur air aghaidh. 'S e an latha so a mhi-ghnàthachadh aon de phriomh aobhair peacaidh agus an-diadhachd; agus is minig a tha bhi cuimhneachadh air mar a mhi-ghnàthaich iad an latha so na mhòr chràdh dhaibh air leabaidh am bàis. Gabhaidh mo chomhairle, agus deanaibh am feum iomchuidh do mheadhonnan nan gràs air an latha sin, mar am ro luachmor d'ar n-anamaibh.

Am beil am bàs cinnteach? An tig e gun teagamh, agus gun fhios agaibh c' ŭin? Gu ma h-e, ma ta, bhur ceud chùram sibh-féin ullachadh fa-chomhair. 'S i so comhairl' ar Slànaighear, "Bithibhse mar an ceudna deas, oir cha n-aithne dhuibh c' ŭin a thig Mac an duine." Tha e air a shònrachadh do dhaoine bàs fhaotainn *aon uair;* amhàin aon uair; agus bu chòir an ni nach gabhadh deanamh ach aon uair, a dheanamh gu math; gu h-àraidh o'n a tha ar sonus sìorruidh an earbsa ris. Mar thuiteas a chraobh 's ann a laidheas i; mar dh' fhàgas am bàs sinn, gheibh am breitheanas sinn. Ma bhios mearachd anns an àm so, cha ghabh e leasachadh am feast. 'S cinnteach, ma ta, gur cùis ro-chudthromach do dhuine e-féin ullachadh fa chomhair an atharrachaidh mhòir so. Am beil thu feòraich ciod e bhi deas? Freagram, Gur e do pheacannan bhi air am mathadh, agus t' anam air a naomhachadh; oir

's e peacadh găth a' bhàis ; ma gheibh thu mathanas a' d' chionta, cha 'n-ion dut eagal a bhi ort roi'n bhàs ; agus ma bhios t-anam air a naomhachadh tre ghràs, bithidh am bàs na bhuannachd dhut. 'S e so, mata, do chùram is mò, agus do ghnothach is cudthromaiche. Teich gu grad, chum glacaibh an Fhir-shaoraidh. Dh' fhuilig esan am bàs chum gum biomaide beò. Glanaidh fhuil sinn o gach uile pheacadh. Ionnaillidh e gach anam, a dh' earbas as, o gach peacadh ; agus maille ris a sin, builichidh e an Spiorad Naomh' orra, chum an anma a naomhachadh, gu dheanamh iomchuidh fa-chomhair oighreachd nan naomh 'san t-solus. Is sona iadsan a tha sa chŏr bheannaichte so ; faodaidh iad a ràdh, "Ma tha sinn beò, tha sinn beò do'n Tighearna : no ma gheibh sinn bàs, tha sinn a' bàsachadh do'n Tighearna ; ionnas air dhuinn a bhi beò na marbh gur leis an Tighearna sinn." Gun deònaicheadh Dia gur e so cŏr sona gach aon againn !

Rachamaid a tùs' air ar n-aghaidh chum dara earrainn an teagaisg so a thoirt fainear, eadhon, Am breitheanas sìorruidh : "an déigh a' bhàis am breitheanas."

Tha facal Dé ag innse dhuinn, gum beil an t-anam air ball an deigh a' bhàis, air eadar-dhealachadh o'n chorp, air a nochdadh an làthair Dhé ; agus le breitheanas diomhair, sònraichte, a' faighinn bìnne chum na beatha maireannaich, no chum bàis shìorruidh. Tha na sgriobturan gu soilleir a' cur an céill gum beil an t-anam beò eadar-dhealaichte o'n chorp. Gheall ar Slànaighear do'n mheirleach, air a' chroich gum biodh e maille ris ann am Phărras air a cheart latha sin féin ; agus tha'n t-abstol Pòl a' gabhail fadail gu bhi air choigrich ás a' choluinn, agus a làthair maille ris an Tighearna ; ga mheas gu mòr ni b' fhearr na na sochairean a b' àirde agus a b' fheumaile san eaglais.

Ach 's ann a tha'n cunntas is riochdail' a th'

againn san Sgriobtur mun bhreitheanas, mu thimchioll *an latha mhòir*, an uair, a dh' éireas na mhairbh o'n uaighibh, 's a sheasas iad uile, eadar bheag agus mhòr an làthair cathair-bhreitheanais Chriosd. Bithidh glòir agus greadhnachas an latha so fada thairis air na 's urrainn cainnt a chur an céill. —" Séididh an trompaid, agus éiridh na mairbh." " Foillsichear an Tighearn Iosa bho nèamh ann an teine lasarra, maille r'a ainglibh cumhachdach." " Thig Mac an duine 'na ghlòir, agus na h-aingil naomha uile maille ris: an sin suidhidh e air cathair rìoghail a ghlòire; agus cruinnichear 'na làthair na h-uile chinnich; agus sgaraidh e iad o chéile, mar a sgaras buachaille na caoirich o na gobhraibh."

Tha *reusan* féin ag aideachadh am feum a tha air breitheanas ri teachd. 'S minig a chì sinn sa'n àm, na h-aingidh a' soirbheachadh, agus na h-ionracain ann an tinn. Nach lionmhor morair, fear-sàrachaidh, agus geur-leanmhainn, a tha dol as o pheanas. Ach cha n-eil e co-sheasamh ri ceartas Dé gum biòdh a' chùis do ghnà mar sin. " Dh' òrduich e latha air an tabhair e breth air an t-saoghal ann am fìreantachd: an uair a bheir na h-uile dhaoine cunntas seachad air na rinn iad sa' choluinn, cò dhiù bha e math no olc." Tha choguis sa' cheart àm so a' togail fianais gu'm bi breitheanas ann, le breth dhiomhair a thoirt air ar deanadais uile; agus g'ar gairm gu bhi air ar nochdadh aig cathair-bhreitheanas Dhé, chum freagradh air an son.

Chum fheuchainn cia cho cothromach agus co firinneach 'sa théid gach ni a dheanamh san àm sin, tha e air a ràdh, " Dh' fhosgladh na leabhraichean; agus dh' fhosgladh leabhar eile, eadhon leabhar na beatha; agus thugadh breth air na mairbh as na nithibh sin a bha sgrìobhte sna leabhraichibh, a réir an gniomharra." Tais. xx. 12.

Bithidh leabhar an *lagha* air fhosgladh. 'S iad àintean Dhé riaghailt beatha dhaoine; agus am beil

a h-aon diù do dh' oibre an lagha? Am beil dùil aca ri fireantachd a thaobh an deanadais? Leigeadh iad a' chùis gu ràidhe Fearr-rannsachaidh a' chridhe, nach do bhris iad an reachd so an smuain, am briathar, no an gniomh; ach gum tug iad gràdh agus seirbhis iomlan do Dhia, as eugmhais peacaidh, rè am beatha uile; an sin faodaidh iad sùil a bhi aca ri beatha tre'n lagh; ach tha so eacomasach. Cha bhi duine beò air fhìreanachadh air an dòigh so; ach dìtidh an lagh a chaoidh gach neach a bhriseas e, a rin dearmad air an t-slàinte a ta air a foillseachadh sa'n t-soisgeul.

Bithidh leabhar an t-*Soisgeil* air fhosgladh. Tha lagh a' chreidimh air fhoillseachadh sa'n leabhar bheannaichte so; "tha fireantachd Dhé tre chreideamh, air a foillseacha do chreideamh;" tha e air a chur an céill, gum bi an neach a chreideas ann an Iosa air a shaoradh; agus is sona iadsan a gheibhear 'nam fìor chreidich; a thug an aire gun robh iad caillte agus gun chobhair leis an lagh, agus a theich chum an dion gu gras an t-soisgeil; agus air am faotainn ann.

A thuilleadh air iad sin, bithidh leabhar *cùimhne* Dhé air fhosgladh. Tha Dia, d'an aithne ar gniomharran air fad, agus ar smuaintean diomhair, gan cur sios 'na leabhar. Cha n-eil aon ni, math no olc, a rinn an duine air a dhearmad; oir tha e sgrìobhte, "gun tabhair e gach ni diomhair gu breitheanais;" agus "gur éigin do dhaoine cunntas a thoirt air son gach facal diomhain a labhair iad."

A' co-chòrdadh ris a so, bithidh leabhar na *Cogais* air fhosgladh mar an ceudna; no ann am briathraibh is soilleire, bithidh gach duine lan-fhiosrach o chogais féin gum beil e ciontach do gach cùis-dhìthidh a tha 'na aghaidh aig an lagh. 'S an am so cha n-eil mòr umhaill aig peacaich d' am peacaidh; agus ma bhuaileas agartas an coguis car ùine ghearr, grad leigidh iad as an aire e; ach thig

iad gu'n cuimhne air cheann an latha mhòir. Bheir an coguis mìle fianais; agus mar tha'n Sgriobtur ag ràdh, "Bithidh gach beul air a dhùnadh; agus bithidh an saoghal uile ciontach an làthair Dhé."

Ach, buidheachas do Dhia, bithidh aon leabhar eile air fhosgladh, agus is e sin, *Leabhar na beatha*, anns am beil ainm uile shluaigh Dhé sgrìobhte; eadhon iadsan a thagh an t-Athair chum slàinte;—a shaoradh le fuil Chriosd; 'sa bh' air an gairm, air an athnuadhachadh, agus air an naomhachadh leis an Spiorad Naomh'. An so gheibhear ainm na h-aitim ud a fhuair mothachadh air am peacaibh agus air an truaighe; a dh' irioslaich iad-féin air son an gràinealachd; agus a bha air an soillseachadh ann an eòlas Chriosd, a thàinig da ionnsaidh tre chreideamh, chum beatha agus slàinte fhaotainn; agus a thug dearbhadh gun robh an creideamh fìor, le naomhachd an caithe-beatha agus am beusaibh.

Cluinnibh a nise, *a' bhinn* a bheirear air muinntir an t-saoghail a bhios air cruinneachadh colath, mar tha e air aithris le facal Dé. An uair a bhios ciontach bochd air fheuchainn air son a' bheatha aig a' mhòd, nach sònraicht' an t-àm san éighear tŏsd san taigh-lagha chum gu'n cluinnear a' bhinn, bithidh gach beul 'na thosd, agus gach sùil air a' bhreitheamh! Sa'n àm sin, bithidh gach aon againn, cha n-ann 'n-ar luchd-amhairc air feuchainn fir eile, ach a' feitheamh r'ar binn féin, a shocraicheas ar cŏr gu sonus no gu truaighe shìorruidh.

Eisdibh a nis! "An sin their an Rìgh riusan air a dheis, Thigibh, a dhaoine beannaichte m' Athar-sa, sealbhaichibh mar oighreachdan rìoghachd a dheasaicheadh dhuibh o leagadh bunaitean an domhain; oir bha mi acrach, agus thug sibh dhomh biadh; bha mi tartmhor, agus thug sibh dhomh deoch," Mat. xxv. 34, &c. Thugamaid an aire, mo chàirdean, gun tuig sinn so ceart, oir ghabh mòran e ann an seadh mearachdach. Cha n-eil

sinn ri smuainteachadh, gur airidh na deagh oibre sin a dh'ainmicheadh, air nèamh; cha n-e 'mhàin gum beil sin càlg-dhìreach an aghaidh an t-soisgeil uile, ach tha e mar an ceudna an aghaidh na th' air a chiallachadh san àite so. Tha sibh r'a thoirt fainear gur ann air luchd-aidmheil an t-soisgeil a tha'm breitheanas so air a chur an céill: s iad iadsan a tha air a làimh dheis agus chlì m'an do labhradh san àite so, a' mhuinntir ris an abrar criosdaidhean, 's a dh' aidich a bhi creidsinn ann; 's an uair tha e air a ràdh gun toirear breth orra *a réir an oibribh*, 's e tha e 'ciallachadh a réir dearbhadh an oibre; 's e sin, cò dhiù a thug no nach tug an creideamh a bha iad a' cur rompa bhi aca, a mach deagh oibre. Cha'n ann air son *an oibre,* no idir air son *an creidimh,* a chaidh breth a thoirt orra. Cha n-i an rìoghachd a gheibh iad an *duais,* ach an oighreachd; ni h-e a thoill iad, mar gum b' ann an dé, ach "a dh' ullaicheadh dhaibh mu'n do leagadh bunaitean an domhain;" agus dh' ullaicheadh iadsan air a son, ni h-ann le'n oibribh, ach le gràs Dé, a dhlù-cheangail iad ri Criosd, a thug orra creidsinn, agus a neartaich iad chum an toraidh a dh' ainmicheadh a thoirt a mach, eadhon, oibribh ghràidh do na naomhaibh; ni h-e amhain oibre fiùghantais, ach gràidh do naoimh bhochda Dhé, air son gu'm buineadh iad do dh' Iosa. Cha robh barail uaimhreach aig na daoine sona sin air an gniomharraibh féin, oir thuirt iad gu h-iriosal, "A Thighearna, c'ùin a chunnaic sin acrach thu, agus a bheathaich sinn thu?" &c.

Ach mo thruaigc, 's eagalach a' bhìnn eile. "An sin their e riusan air a' làimh chlì, Imichibh uam, a shluagh mallaichte, dh' ionnsaidh an teine shìorruidh, a dh' ullaicheadh do'n diabhol agus d'a ainglibh!" 'S eagalach am facal sin,—"*Imich.*" Ciod? an e imeachd o Chriosd? Imeachd o thobar gach uile shòlais. 'S e sin facal is dòlasaich a chual am

peacach dìte riamh: agus gidheadh cia cothromach a tha e! oir theirear sin ris a' pheacach a thuirt iomadh uair 'na chridhe ri Criosd, "Imich uam, oir cha n-eil déigh agam air eòlas air do shlighibh."

Théid a bhìnn so a thoirt a mach an aghaidh luchd-aidmheil a' chreidimh, nach tug a mach a bheag de thoradh a ghràidh do na naoimh. Cha n-eil ach peacaidh *dearmaid* amhàin air an ainmeachadh an so! a bhi deanamh dearmad air cobhair a dheanamh air òglaich bochd, aimbeartach Chriosd. Agus ma 's leòir so chum an dìtidh, ciod a shaoileas tu a thig air luchd-geur-leanmhainn, a tha, an àite a bhi beathachadh, a' sgeudachadh, agus a' fiosrachadh luchd-muinntir Chriosd, a tha toirt uapa, le foirneart, an lòin, an trusgain, an saorsainn, agus am beatha? Ciod a thig ri misgearan, luchd-mhionn, luchd-strìopachais, luchd-bhrise-sàbaide, agus ris an iomlan do pheacaich mhi-naomha agus aindiadhaidh? Tha e air innse dhuinn an àit' eile, nach sealbhaich an leithide sin rìoghachd nèimhe; ach gur ann a bhios an cuibhrionn aca maille ri deamhain agus ri spioradaibh dhaoine mallaichte.

AM FÒGHNADH.

An uair a cho-reusanaich an t-abstol Pòl mu "fhìreantachd, measarrachd, agus bhreitheanas ri teachd, ghabh Felics *eagal mòr*."—An do ghabh breitheamh ana-creideach eagal mòr, agus nach dean e drùghadh air bith air Criosdaidh? "Feuch tha e teachd le neulaibh! Chì gach sùil e!" Chi do shùils e cuideachd. Fhuair thu gairm fhollaiseach air an latha an diugh. Ciod a ni thu? Ma tha thu glic, ni thu mar rinn Noah, "air dha rabhadh fhaotainn o Dhia mu thimchioll nithe nach robh idir r'am faicinn, agus eagal a ghabhail, dh' ullaich e àirc chum tearnadh a theaghlaich." Ach mar eil thu glic, bithidh tu mar a choimhearsnaich mhi-dhiadhaidh, a rinn gàire fanaid uime, agus a chaidh a bhàthadh san tuil. Na bu mhath leat a bhi am feasd air

t-àireamh am measg nan naomh, smuaintich gu dùrachdach air na fìrinnibh a chual' thu. Theirig air leth o ùnaich agus o othail an t-saoghail, agus o chuideachd an t-sùgraidh. Thoir ionnsaidh air a' chùis a chur fa d' chomhair. O smuaintich air an latha uabhasach sin, agus cŏr truagh nam peacach brònach sin a tha as eugmhais Chriosd. Bithidh iad an sin gun chainnt, gun chobhair, gun dòchas. Feuch, mar chromas iad an cinn, 'sa bhleitheas an glùinean r'a chéile! Bithidh an gnùis a' mughadh an neul, am bilean air chrith, agus an cridhe a' fàillinn! Latha eagalach, an uair a bhios an talamh air chrith, na reulltan a' tuiteam, an trompaid a' séideadh, na mairbh ag éiridh, na dùilean a' leaghadh, agus an saoghal 'na lasair.

'S ann a bhios an sealladh so, a bhios cho eagalach do na h-aingidh, 'na aobhar gàirdeachais agus luathghàir dhaibh-san a tha creidsinn ann an Criosd. Tha teachd Chriosd an dara h-uair, air ainmeachadh san sgriobtur mar chùis ro ion-mhiannaichte; agus tha e air a ràdh gur toigh leis na fìor chriosdaidhean a theachd, agus ag ràdh, "Thig, a Thighearna Iosa, thig gu grad." Agus nach bu mhath leat gu'm b' urrainn dut do charaid a ràdh ris a' Bhreitheamh mhòr so, agus a bhi air t-aideachadh leis air chionn an latha sin? Ro mhath, ma ta, mo chàirdean, biodh fios agaibh gum beil e a nis' air a chur far comhair san t-soisgeul mar Shlànaighear uil-fhoghainteach agus ro thròcaireach. C'arson a dh'fhanas sibh fad' uaithe? Tha fhuil comasach air 'ur glanadh o'r peacannan uile, ged a bhiodh iad cho trom ann an dath ri sgarlaid no ri corcur. 'S ann a thàinig e shireadh agus a thearnadh pheacach mar tha thusa. Air an aobhar sin amhairc air agus bi air do shaoradh. Thig d'a ionnsaidh, agus cha chuir e cùl riut. Creid ann, agus bithidh e 'na charaid dut. 'S e do cheud ghnothach teicheadh a dh ionnsaidh do Shlànaighear, chum a bhi air do shaoradh tre fhuil.

Bheir e an sin dut a Spiorad Naomh' a mhaothachadh do chridhe, a cheannsachadh t' easontais, agus ga'd neartachadh chum nan oibre gràidh sin oibreachadh, a dh'aidicheas e, agus d'an toir e luigheachd air cheann an latha mhòir sin.

Deanadh an creideach feum iomchuidh de bhi smuainteachadh air bàs agus air breitheanas. "Dobhrigh gum bi na nithe so uile air an sgaoileadh as a chéile, ciod a ghnè dhaoine bu chòir a bhi annaibh, ann an caithe-beatha naomha, agus diadhachd: le sùil a bhi agaibh ri, agus cabhag a dheanamh chum teachd latha Dhé?" Ciod am faire, agus an dùrachd is iomchuidh dhuinn a bhi againn? Biodh e 'na iomagain oirnn a bhi do ghnà deas; ag imeachd gu lathail maille ri Dia; a' tilgeadh dhinn cùram mu gach ni saoghalta, o'm faod am bàs cho grad ar n-eadar-dhealachadh; agus gum bi ar n-aigneadh air an socrachadh air nithibh nèamhaidh, chum an aisig am bàs sinn cho obann. Amhairc air a' bhàs mar nàmhaid air a dhi-armachadh; nathair an ni fead, ach nach urrainn do lot. Gabh beachd air breitheanas mar ni ion-mhiannaichte; an uair a théid an t-anam agus an corp a dhlù-cheangal ri chéile, agus air an deanamh iomlan ann an naomhachd, gabhar gu follaiseach ris a' chreideach, agus bithidh e gu sìorruidh air a dheanamh sona le Criosd a' lànshealbhachadh gu saoghal nan saoghal.

Bùidheachas do Dhia air son Iosa Criosd. *Amen.*

SEARMOIN XII.

MU IFRINN AGUS MU NEAMH.

MAT. XXV. 46.

Ach imichidh iadsan chum peanais shìorruidh ; ach na fireana chum na beatha maireannaich.

Gum beil dà chŏr shìorruidh ann, aon chum sonais, agus an t-aon eile chum truaighe, agus gur ann an aon diù is éigin d' ar crannchur a bhith ; agus tha 'chuid is lionmhoire do dhaoin' a' creidsinn so. Ach ma bheir sinn fainear gniomharradh a' chuid is liugha de'n t-sluagh, tha iad sin a' feuchainn ciod iad ni's mò no an cainnt, is éigin duinn a ràdh maille ris an sgrìobtur, "cha n-eil creideamh aig gach duine." Ma làn chreideas sinn gum beil ifrinn agus nèamh shìorruidh ann, 's éigin gun toir e oirnn teicheadh o'n cheud aon, agus ionnsaidh a thoirt air gréim a dheanamh air an aon eile. Ach eadhon far an ion sùil a bhi ri bhi creidsinn nan nithe sin, 's éigin aideachadh, nach eil iad a' deanamh an drùghaidh bu chòir dhaibh oirnn, le'r mòr chùram mu nithe na beatha so ; agus nach eil sinn a' deanamh na h-urrad chum ar n-ullachadh fa chomhair sìorruidheachd is bu chòir dhuinn. Is iomchuidh dhuinn, uime sin, an dà staid sin a thoirt fàinear ; eadhon ifrinn agus nèamh, mu'n do labhradh an steidh ar teagaisg ; a tha cur an céill duinn ciod a leanas an co-lòrg na breth a bheir Criosd, àrd-Bhreitheamh nam beò agus nam marbh, air a' chinne-dhaona gu h-iomlan, air chionn an latha mhòir. Their e riusan air a làimh

dheis, "Thigibhs', a shluagh beannaichte;" riusan air a làimh chlì, "Imichibh, a shluagh mallaichte." Cha luaithe bheirear a bhreth, na théid a' cur an gniomh. "Théid na h-aingidh chum peanais shìorruidh, ach na fìreanan chum na beatha maireannaich."

Bu chòir do 'n fhacal *Sìorruidheachd* air n-aire shocrachadh air a' chùis chudthromach so. B' fhearr leam gun deanadh e na h-urran dhrùghaidh air gach neach sa'n éisdeachd 's a rinn e air mnaoi-uasail àraidh, mun deach an sgeul a leanas aithris:— "Bha i ro-fhiùchaireach rìomhach, agus bhuilich i 'n latha a' measg còisridh chridheil ri sùgradh agus a' cluich air chairtean; agus air dh'i dol dachaigh an ceann fada do dh'oidhche, fhuair i a bean-fhrithealaidh a' leughadh leabhar diadhaidh. Air dh'i amharc thar gualainn na h-inghinne, chunnaic i ciod a bha i leughadh, agus thuirt i. A chailin bhochd, c' arson a tha thu a' fuireach cho fad a' leughadh do leabhair. An déigh so chaidh i laidhe, ach cha robh i faighinn cadail; is bha i mar so rè uine mhòr ag osnaich agus a' sileadh dheur. Dh' fhiosraich a banoglach dh'i ciod a dh' fhairich i, ghuil i gu goirt, agus thuirt i, Is e aon fhacal a chunnaic mi a' d' leabharsa is ceannfàth air; an sin chunnaic mi m' facal *Sìorruidheachd.*" Gun deònaicheadh Dia, mo chàirdean, gun toir sinne na h-urrad aire do'n fhacal, 's nach culaidh mhulaid leinn e, ach aobhar sòlais! Chum na crìche so, 's éigin duinn,—*Air tùs,* A thoirt fainear an cunntas a th' againn san sgriobtur mu thimchioll ifrinn, chum gun seachain sinn an t-ionad sin; agus san *Dara h-àite,* An cunntas a tha facal Dé a' toirt duinn mu nèamh, chum gum brosnaich e sinn chum iarraidh.

Air tùs, Smuainticheamaid air a' chunntas a thá facal Dé a' toirt duinn mu ifrinn. Cha seanachas tlachdmhor so, agus cha chaomh le droch dhaoine iomradh a chluinntinn air; ach mar fuilig iad iomradh a chluinntinn uime, cionnas is urrainn daibh

fhulang a bhi ann? Tha ar Slànaighear, sa'n stéidh-theagaisg ag radh *Peannas Sìorruidh* ris.

Is *peanas* e. 'S e peanas rud-eigin do chradh a leagadh an lòrg briseadh lagha. 'S i ifrinn a' ghainntir far an dùinear a stigh san deanar peanas air luchd-briseadh lagha Dhé. Dh' fhoillsich Dia a thoil anns na deich àintibh. Tha iad sin ag àinte dhuinn gràdh agus seirbhis a thoirt da; ach do-bhrigh nach eil annainn ach creutairean ceannairceach, agus neo-chomasach dhinn féin air a thoil a dheanamh, thug e fòs duinn an soisgeul. Ann an sin tha Criosd air a chur an céill mar Shlànaighear uil-fhoghainteach; comasach agus deònach air ar saoradh o chionta ar peacaidh d'an robh sinn ciontach; agus ar n-athnuadhachadh agus ar naomhachadh, chum gun aontaich sinn le thoil, agus gun dean sinn a riar le taitneachd san àm ri teachd. Gu cinnteach 's i so ar seirbhis reusonta. Ach cha n-àill leis a' pheacach a dìoladh. Tha e cho teann fo chuibhreach aig a' pheacadh, cho mòr air a ribeadh le ana-miannaibh na feòla, agus cho teann air a ghlacadh le gràdh do 'n t-saoghal, 's gum beil e an dianthòir air a' pheacadh, ged a tha e gu minig a' faighinn rabhadh o Dhia; agus tha e dearmad a shaoraidh, ged a tha e faighinn mìle earail agus cuireadh chum gabhail ris. Air an dòigh so tha e caithe a bheatha, agus mar so tha e bàsachadh. Ciod is éigin tachairt? Tha Dia cothromach, cho math agus tròcaireach. Cha-n fhaodar cùl a chur r'a lagh. Cha n-eil aobhar gearain aig a' pheacach. Fhuair e sanus; chaidh earalachadh; ach ghabh e slighe a' pheacaidh mar roghain, agus 's eigin a nise gu'm faigh e a dhuais; oir " 's e duais a' pheacaidh am bàs." Ni h-e mhàin bàs a' chuirp, (oir tha na h-ionracain cho math ris na h-aingidh a' faotainn a' bhàis;) ach an *dara bàs,* bàs an anma, 'na staid eadar-dhealaichte o Dhia, ni is e tobar na beatha agus an t-sonais.

'S e so is brìgh do na briathraibh eagalach sin

Imich. Is ann o Dhia a ta gach sochair a tha daoine sealbhachadh sa' beatha so, cò dhiù tha iad fiosrach air no nach eil. Is e Dia am math ăraidh, agus tobar gach mathas sa'n t-saoghal. Is esan a rinn gach creutair mar tha iad. 'S i a' ghrian a tha dealradh air an t-saoghal; 's ann tre chumhachd a tha 'n duine air a chumail suas, agus a' mealtainn a chéille agus a shlàinte. Is ann o 'chreutairibh a tha sinn a' faotainn ar bìdh agus ar trusgainn; agus ged a tha na h-aingidh a' di-chuimhneachadh Dhé na uile shochairibh dhaibh, gidheadh 's ann uaith-san a ta iad, agus ma thuigear gu ceart iad tha iad 'gar n-aomadh da ionnsaidh, oir "tha mathas Dé 'gar treòrachadh chum aithreachais." Ach cha sealbhaichear a h-aon de na sochairean sin ann an ifrinn. —Cha do fhreagair iad a chrìoch chum an d' òrduicheadh iad, eadhon a mhaothachadh a' chridhe chruaidh cheannairceich gu ùmhlachd; agus a nis tha àm na deuchainn, agus latha tairgse nan gràs air dol seachad, cha n-eil ceannfath tuilleadh chum am buanachadh. Ach cha n-iad a mhàin sochairean saoghalt' is éigin do na h-aingidh a chall, ach 's eigin daibh mar an ceudna dealachadh ris na sòlasaibh neo-chrìochnach a shealbhaicheas na h-ionracain ann an lăthair Chriosd agus an co-chomunn nan naomh. Cha n-eil meas ac' air so san àm, ach bithidh an déigh so. Chì iad an sin gu soilleir gum beil neàmh féin a co-sheasamh an làthaireachd agus an deagh-ghean Dé.—Bithidh iad air an cràdh le bhi faicinn sonas chàich; mar bha Demas, sa chosamhlachd, air dha Abraham fhaicinn fada uaithe, agus Lasarus 'na uchd; agus meudaichidh so an truaighe, mar dheanadh e air duine a bhiodh air a chlaoidh le acras, ri bhi faicinn muinntir eile aig cùirm shòghail, no mar tha ar Slànaighear ga ainmeachadh, "Bithidh gul agus giosgan fhiacal, an uair a chì sibh Abraham, Isaac, agus Iacob, agus na fàidhean uile ann an riòghachd Dhé, agus sibh féin air 'ur tilgeadh a mach." Luc. xiii. 28.

Cha n-e peanas *a challdaich* an t-iomlan; tha mar an ceudna peanas a *mhothachaidh* ann cha n-e mhain gur i ifrinn call an t-sonais, ach is i mothachadh air na fulangasaibh is cràitiche. Gabh e air facal do Shlànaighear 'nuair a labhair e mu ionad na dòrainn, "Far nach bàsaich a' chnuimh, agus nach mùchar an teine." 'Se so an cunntas a tha e toirt oirre thairis agus thairis, ann am Marc. "Leis a chnuimh nach bàsaich," (caib. xi.) tha e mar is trice a' ciallachadh cnàmhan coguis chiontaich; no an t-agartas cràiteach sin a mhothaicheas peacaich le bhi cuimhneachadh air an cionta agus air an amaideachd a thug do dh' ifrinn iad. Mar so, tha Abraham ag ràdh ri Demas, "A mhic, cùimhnich gun d' fhuair thusa do nithe math ri àm dhut a bhi beò."

Bithidh am meoghair 'na aobhar truaighe dhaibh. "*A mhic, cùimhnich!*" thuirt Abraham ri Demas. Cuimhnichidh peacaich bhochda air an deagh theagasg a fhuair iad o'm parantaibh, na deagh shearmoinean a chual' iad o'm ministearan na sanais dhùrachdach a fhuair iad o'n coguis féin. Cuimhnichidh iad air na sàbaidean a mhì-bhuilich iad, air na sochairibh a mhi-ghnathaich iad, agus air na breitheanais air an d' rinn iad tàir. Thig e gu 'n cùimhne an dì-meas a rinn iad air diadhachd; agus b' fhearr leo gum biodh iad an àite na h-aitim air an d' rinn iad tarchuis roimhe so. Is cràiteach leo bhi smuainteachadh air an amaideachd a thug orra nèamh a chall air son nithe gun seadh. Nach faoin an sin a mheasas iad sòlais a' pheacaidh. Is deacair dhaibh iad-féin fhulang, an uair a smuainticheas iad c'arson a chaill iad an Dia, nèamh, agus an anmannan. Agus lionaidh so iad le àrd-bhuaireas agus corraich. Bithidh iad air an cràdh le farmad, fuath, agus mi-thlachd an aghaidh Dhé, an aghaidh na muinntir a bhuair iad, an aghaidh an còmpanaich sa' pheacadh, agus gu sònraichte 'nan aghaidh féin.

Ach, a bharr air a' chràdh so o'n leth a stigh, no "a chnuimh nach bàsaich am feasd," bithidh *cràdh* o'n *leth a muigh* ann, no "an teine nach mùchar a chaoidh." Gnè an teine so, no c'àit am beil e, cha n-eil annta ach cùis gun seadh; cha n-e ar gnothach-ne c'àit am beil e, ach 's còir dhuinn a bhi cùramach chum a sheachnadh. Tha'n Dia sin a chùm beò còmpanaich Dhaniel ann an àmhainn loisgich, comasach air beatha a chaomhnadh a' measg dian-losgadh ifrinn. 'S e fearg Dhé, a bheir dìoladh air son peacaidh, na theine, dian-loisgeach, ni is e teas ifrinn: agus cò is urrainn cumhachd a chorraich a chur an céill? Tha ni 's comasach dhuinn a ghabhail do dh'eagal roimhe fada gearr air an fhìrinn. Tha srad de'n teine so do-fhulang ann an cogais chiontaich, oir "cò is urrainn spiorad leoint a ghiùlan?" Ghlaodh Iob 'na théinn, "Tha saighdean an Uile-chumhachdaich annam, agus tha 'n nimh ag òl suas mo spioraid: tha uabhais Dhé 'g an cur féin an òrdugh catha a' m' aghaidh."

'S e 'n ni a dh' an-tromaicheas na peanais sin gu mòr, gum beil iad gum lasachadh no gun traoghadh. Anns na h-àmhghair is goirte sa' bheatha so, 's deònach le Dia air uairibh rud-eigin de fhois a bhuileachadh; ach umpa sin ann an ifrinn, tha e air a ràdh,— "Nach eil fois a latha no dh' oidhche aca," (Tais. xiv. 11.) Smuaintich air sin, thus' a tha do ghnà a' cur peacaidh an gniomh, agus ri olc a latha agus a dh' oidhche: cha n-eil fois no tamh aig na truaghain ann an ifrinn o'm péin. Cha d' iarr Demas ach faothachadh beag o chràdh claoidhteach, an uair a dh' aslaich e gun rachadh Lasarus a chur da ionnsaidh, chum gun tumadh e bàrr a mheòir ann an uisge a dh' fhuarachadh barr a theanga; ach cha do dheònaicheadh iarrtus dha.

Cha n-eil an so, mo chàirdean, ach cunntas ro ghearr agus neo-iomlan, o fhacal Dé, mu fhulangais uabhasach pheacach truagha ann an ifrinn. Agus

cò, 'na chéill féin, a leanadh air gnàthachadh a thoilleadh aon uair de na fulangais chràiteach sin? Ach mo thruaighe, cha n-e uair, no latha, no seachduin, no mios, no bliadhna, no seachd bliadhna, no ceithir bliadhna deug, no ceud bliadhna, no idir mìle bliadhna; cha n-e no idir urrad ùine 's o'n a leagadh stéidh an domhain gus an t-àm so, a bhios ann. Cia sòlasach a bhiodh na daoine truagha ud nan cuireadh deich mìle bliadhna crìoch air an dòlas! ach 's ann a mhaireas e gu Sìorruidh. Am beil thu clisgeadh ris an fhacal? 'S e Criosd a thuirt e. Tha Criosd ag ràdh san stéidh-theagaisg, "Imichidh iad sin chum peanas sìorruidh." 'S ann an diomhain a tha daoine geur-chùiseach gun an Spiorad a' toirt ionnsaidh air cur an aghaidh na fìrinn shoilleir so, agus a' cur an céill nach mair am peanas so cho fad. Tha Criosd ag ràdh gum mair e gu *sìorruidh;* agus a' gnàthachadh nan ceart bhriathran ceudna a chiallachadh *nèamh shìorruidh,* 's a tha e 'g ainmeachadh *ifrinn shìorruidh;* (oir 's ionnan do na facail sa cheud-chainnt) os-barr, tha e air a ràdh, "Gum bi deatach an cràidh-san ag éirigh suas gu saoghal nan saoghal;" agus tha ar Slànaighear ag ràdh, nach "bàsaich an cnuimh, agus nach téid an teine as." Tais. xiv. 11.

O pheacaich, bi air bhall-chrith roi 'n fhéirg ri *teachd.* Bithidh an fhéarg sin a ta nis a' teachd, agus a thig an uine ghearr, eadhon an sin na *féirg ri teachd.* An uair a bhios cunntas gun àireamh de bhliadhnaibh air dol seachad, bithidh i do ghnà na féirg *ri teachd,* do-bhrìgh nach tig crìoch idir oirre!

B' fhearr gum b' urrainn duinn barail cheart mu *shìorruidheachd* a sparradh oirbh! Abair gu'm biodh an cuan mòr air a thràghadh a lion braon agus braon, agus gu'm biodh mìle bliadhn' eadar gach braon, no boinne; cia iomadaidh muillein do bhliadhnachan a thigeadh mu'm biodh crìoch air? Abair gum biodh an saoghal uile na ghaineamh

mhìn, agus nach rachadh ach aon de 'n mhìn-ghaineamh sin a thoirt air falbh ann am mìle bliadhna; cia iomadh bliadhna mu'n tugte an t-iomlan air falbh? Cha n-urrainn duinn an àireamh: gidheadh theagam gum faoidte dheanamh ann an ùine anabharrach mòr. Abair gun deach a dheanamh. Abair gum beil an cuan air thràghadh gu tŭr a lion braon agus braon. An saoghal air a ghluasad a lion gaineamhan agus gaineamhan. Ach an tàinig ceann air sìorruidheachd: An rachadh sìorruidheachd an lughad! Cha rachadh idir. Is sìorruidheachd iomlan a th' ann fhathast; agus bithidh cràdh nan truaghan ann an ifrinn cho fada bho bhi thairis, sa bha e m'àn do thòisich an aireamh. Tha càil éigin de shàmhla eadar mionaid agus muillean de bhliadhnachan; ach cha n-eil sàmhla air bith eadar sìorruidheachd agus muillean de mhuilleanaibh.

A pheacaich, am beil do chiall agad? Am beil tuigse nàduir agad? Am beil féin-spéis agad? Gairm do cheudfaidhean gu d' chòmhnadh, agus cuir romhad air ball, cò dhiù is fearr dhut dol air t'aghaidh ann an slighe a' pheacaidh, chum gun sealbhaich thu sòlais ghearr car ùine bheag, chum gum faigh thu nan éirig peanas sìorruidh; no is fearr dhut an tréigsinn gu grad, agus tre gràs Dé an t-slighe chum na beatha maireannaich a ròghnachadh?

Mu'n téid sinn ni's faide, stad, agus gabh beachd air *a' pheacadh*. An dean neach sam bith ach amadan fanaid mu pheacadh, an uair a chi e ciod is duais dà? Nach "fear air boile a thilgeas leusan-teine, saighdean, agus bàs, agus a their, Nach ann ri fearaschuideachd a tha mi?" Tha e gu mòr ni 's mò air boile, a ni culaidh-shùgraidh de 'n pheacadh, 's a ni gàire fanaid mu 'n ni sin a lionas ifrinn le osnaich agus le deuraibh. Gabhaibh mo chomhairle, agus na measaibh mar nithe faoine ifrinn agus léir-sgrios, mar tha mòran a' deanamh. Is iomadh iad nach

fuilig iomradh chluinntinn orra-sin ann an searmoin, a labhras umpa gu sgallaiseach, nan co-luadar gnàthaichte. 'S i so aon do dh'innleachdan Shàtain chum peacaich a mhilleadh. Tha daoine gu minig a' deanamh fearas-chuideachd de na nithe sin, gus an di-chuimhnich iad am feumalachd, agus gun tuig iad, tuilleadh 's anmoch, gur nithe cùramach iad.

"Mosgail ma ta, thusa a tha d' chadal, agus eirich o na mairbh, agus bheir Criosd solus dut." Teich, a pheacaich, "o 'n fhéirg, a ta ri teachd." "Teich air son t-anma; na seall a d' dheigh, agus na stad 'sa chomhnard uile, air eagal gu millear thu." Smuaintich ciod a bheireadh anam truagh a tha ga chlaoidh ann an ifrinn, air son a bhi mar tha thus' an dràsta. Smuaintich a' ghair aoibhinn a bhiodh ann an ifrinn, nan rachadh ait-theachdaireachd na slàinte shearmonachadh dhaibh. Ro mhath, ma tà, Fhearabh, tha i nis' air a searmonachadh *dhuibhse.* An diugh thàinig slàinte chum an taighe so. Tha fhathast, dòchas ann. Thàinig Criosd a shaoradh o'n fhéirg a ta ri teachd. Theagamh gur ann a thàinig thu 'n so a dh' fhaotainn sanais chum a thoirt ort teicheadh a dh' ionnsaidh an ionaid-dhìon.—Tha Criosd 'na Shlànaighear cumhachdach. Cha n-eil aon ni deacair dha-san. "Thig ma ta; oir tha na h-uile nithe deas." Ma dh' aom Dia thu gu bhi toileach, bi cinnteach gur e do bheatha. Cò dh' fhaodas a ràdh, an àit thu bhi a' d' chonnadh do-loisgeach sìorruidh, nach ann a theirear umad.—"Nach aithne e so, air a spìonadh ás an teine?"

Tha sinn a nis' a' toirt ar n-aghaidh ris a' chuid is taitniche d' ar teagasg—"ach théid na fìreanan chum na beatha maireannaich."

Cò iad na fìreanan? "Cha n-eil ionracan" air thalamh, deir an Sgrìobtur, "cha n-eil, fiù a h-aon"—'s e sin, *ann féin.* Tha ionracan agus peacach càlg-dhìreach an aghaidh a chéile; 's e bhi ionraic, an lagh a choimhead gu h-iomlan, ni nach d' rinn

duine riamh nach robh ach 'na dhuine; agus cha n-urrainn duine a dheanamh, "oir pheacaich na h-uile:" a chionn gur e peacadh "briseadh lagh Dhé." Cionnas ma ta, is urrainn duine sam bith, a ta 'na pheacach, a bhi 'na fhìrean? Cha n-eil ach aon dòigh air. 'S e sin le fìreantachd Chriosd a chur ri cunntas an duine neo-fhìreanta. Dh' oibrich Criosd an fhìreantachd so le ùmhlachd iomlan do 'n lagh. Tha 'n fhìreantachd so air a tairgse san t-soisgeul; agus an uair a thig peacach chum mothachadh gum beil i dhìth air, agus gum bi e caillte as a h-eugmhais thig e chum Dhé gu faotainn; bheir Dia dha i; tha e ga gabhail tre chreideamh, ga cur uime, ga caitheadh, a' caithe a bheatha, 's a' bàsachadh innte, agus air son gun d'fhuaradh e ann an Criosd, tha e air a ghabhail a stigh 'na chualadh bhainnse, gu suipeir bainnse an Uain.

Chuir a' mhuinntir ris an abrar, fìreanaich, san stéidh-theagaisg, mar so umpa Criosd; agus dh' oibrich, an creideamh tre 'n d-rinn iad sin, tre ghràdh. Tha 'n co-theagasg a' nochdadh cionnas a dh' oibrich an creideamh tre oibribh; bu toigh leo luchd-muinntir Chriosd, air sgàth Chriosd, agus nochd iad an gràdh dhàsan le còmhnadh a dheanamh riusan 'nan teinn. 'S iad sin a' mhuinntir a théid a chum na beatha maireannaich.

Ciod an t-àite nèamh? Cha n-urrainn duine feòlmhor barail a bhi aig' air an ionad sin, ach barail fheòlmhor agus neo-thuigseach. Cha n-e Phàrras Mahomedach a th'ann, far am faodar ana-miann na feòl' a shàsachadh. Cha n-e: "thugadh beatha agus neò-bhàsmhoireachd gu solus trid an t-soi geil," agus an sin tha sinn a' faicinn gum beil i a co-sheasamh ann an saorsainn iomlan o uilc na beatha so; agus ann an sealbhachadh gach ni a dh' fhaodas an t-anam a dheanamh gu h-iomlan agus gu sìorruidh sona.

Agus an ruig sinn a leas a bhi air innse dhuinn,

gum beil an "duine air a bhreith chum carraid?" 'S i so ar n-aon oighreachd chinnteach; gidheadh air a measgadh le iomadh sochair nach do thoill sinn.—Ach thig crìoch air uile dhòlais an ionracain aig am a' bhàis. Cha bhi saothair ghoirt no tuilleadh dragha air. Cha bhi tuilleadh gainne no bochdainn air. Cha bhi euslainte ghràineil no fhadalach air nis mò. Cha-n abair fear-àiteachaidh nèimh, "Tha mi tinn." Cha mhò a leanas uile gun àireamh ar n-inntinn-ne, a tha sinn an dràsta a' mothachadh, Cha 'n fhuilig sinn 'n-ar pearsa féin, cha mhò a dh' fhuilingeas sinn trid ar càirdean. Leigidh sinn dinn corp a' pheacaidh anns an duslach; agus cha chuir am peacadh tuilleadh doilghios oirnn sa' bheatha so. "Tiormachidh Dia gach deur o'r suilibh; agus cha bhi bàs ann ni 's mò, no bròn, no éighich, agus cha bhi pian ann ni's mò: oir chaidh na ceud nithe thairis," Tais. xxi. 4.

Ach cha n-e so an t-iomlan. Bithidh ar n-eòlas, nach eil ach gann san àm, gu mòr air a mheudachadh. Is i a bheatha bhith-bhuan eòlas a bhi againn air Dia; ach mo thruaighe, 's beag eòlais a ta againn uime! ach chì iadsan a ta glan 'nan cridhe Dia, agus gheibh iad ann an tiotadh tuilleadh eòlais uime na gheibh na daoin' is fòghlum-te car iomadh bliadhna. Aithnichidh sinn, eadhon mar dh' aithnichear sinn:—bithidh eòlas cho cinnteach, grad, agus ionmhainn againn air nithibh diadhaidh, 's a th' aig a h-aon air bith d'ar luchd-dàimh' umainn féin; seadh bithidh sinn eòlach air Dia, air Criosd, agus air na h-ainglibh, air a cheart dòigh air an aithne dhaibh-san sinne sa'n àm so; cha'n ann gu dorcha tre ghlaine, ach aghaidh ri aghaidh, ceart cho soileir 's a chì duine neach eile an uair a bhios iad a' cainnt r'a chéile. Ach co-sheasaidh nèamh nan nèamh ann an làthaireachd Iosa Criosd—air dhuinn a bhi maille ri Criosd, agus a' faicinn a ghlòire. 'S ann air son so a ghuidh Criosd, mar Eadar-mheadhonair, as leth a

dheisciobuil, "Athair, is àill leam, gum bi iadsan a thug thu dhomh maille rium, far am beil mi; chum gu faic iad mo ghlòir," (Eoin xvii. 24.)—'S e so an ni air son an robh fadal air Pòl, chum dol ga mhealtainn; "Tha mi déidheil air siubhal, agus bhi maille ri Criosd," (Phil. i. 23.) Agus 's e a ni an taisbean so mu Chriosd cho ro-oirdheirc, "gum bi sinn coltach ris, an uair a chi sinn e mar a ta e,"—giùlainidh sinn a dhreach àillidh agus urramach de sholus agus de ghràdh, de naomhachd agus de shonas, 'n-ar n-anmaibh. Bithidh eadhon ar cuirp, a tha 'n dràsta so gràineil leis a' pheacadh, agus is éigin a bhi ni 's gràineile le truailleachd dhuaichnidh na h-uaighe, air an deanamh coltach r'a chorp glòrmhorsan, an uair a dh' éireas sinn o na mairbh.

Cuir sochair ion-mhiannaichte eile ris a so, eadhon gnà chòmpanas nan aingeal. Suidhidh creidich sìos maille ri Abraham, ri Isaac, agus ri Iacob; leis na fàidhibh, agus leis na h-abstoil;—agus leis a' mhuinntir shaorta, do gach rìoghachd. Ach cò 'n teangadh is urrainn aithris, ciod an cridhe is urrainn a thuigsinn, na dh'ullaich Dia dhaibh-san a bheir gràdh dha?

AM FÒGHNADH.

Ciod tuilleadh a dh' fhaodar a ràdh chum 'ur brosnachadh gu bhi diadhaidh, na chaidh chean a ràdh. Chaidh beatha agus bàs, beannachadh agus mallachadh, nèamh agus ifrinn, a chur f'ar comhair. 'S cinnteach *gum beil aon ni feumail*, eadhon cùram an anma.

Am beil ifrinn eagalach ann? Fhuair sinn rabhadh air a' chunnart, agus thugadh comhairl' oirnn teicheadh chum Iosa, an t-aon fhear-saoraidh o'n fhéirg a tha ri teachd.

Nach mòr olc a' pheacaidh do bhrìgh gun dean Dia am peanas uabhasach so air. Am beil ifrinn ann, san deanar peanas sìorruidh air peacachaibh? O ma ta, biodh eagal oirbh ro'n pheacadh, ge b'e air bith cho taitneach 's a tha e leibh. Cò a dh' òladh

deoch de stuth blasta, ge b'e air bith meud a phath-adh, nam biodh fios aige gum biodh nimh marbhtach air a choimeasgadh leis? Bithibh ma ta air bhur faicill ro'n pheacadh, a sgriosas gun teagamh an t-anam, agus seachnaibh e mar dheanadh sibh ifrinn.

Am beil nèamh ghlòrmhor ann? Tha cuireadh againn a h-iarraidh. Cha n-eil ach aon slighe do nèamh, agus 's e Criosd an t-slighe sin. Nach àghmhor an Slànaighear Iosa? Am faod sinne, a thoill ifrinn, a seachnadh? Faodaidh, cliù dhàsan, dhoirt e fhuil chum gun saoradh e a shluagh o'n ionad sin. 'S i fhìreantachd iomlan-san an t-aon chòir air glòir; agus gheibh iadsan a chreideas ann an fhìreantachd so. 'S éigin gun deanar daoine iomchuidh air an staid naomha so, agus is e so obair an Spiorad. Ma théid sinne a shaoradh, 's ann an comaine gràdh an Athar, saoradh a' Mhic, agus gràs an Spioraid a bhitheas sinn air a shon. Gun deònaicheadh Dia gun éisd sinn r'a fhacal, an dràsta, agus gach aon àm, air dhuinn creideamh a bhi'n co-lòrg ar n-éisteachd, gum bi e tarbhach dhuinn; "agus a' fàs suas anns na h-uile nithibh ann an Criosd, le sùil ri tròcair ar Tighearn Iosa Criosd chum na beatha maireannaich," faodaidh sinn gu dìleas agus gu treidhireach seirbhis a thoirt dà, agus d' ar linn do réir a thoile; a làthaireachd a mhealtainn ann an uile mheadhonnan nan gràs; cumail suas ghràsmhor a shoisgeil aig uair dheuchainnich a' bhàis; agus fa-dheòigh, gum frithealar gu pailt slighe dhuinn, a steach d'a rìoghachd shìorruidh agus d'a ghlòir.

A nise do Dhia ar slàinte, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomha, gun robh cliù sìorruidh agus coitchcann. *Amen.*

SEARMOIN XIII.

MU'N CHRIDHE NUADH, A' CHUIBHRIONN IS FEARR DO LEANAMH.

ESEC. XXXVI. 26.

Bheir mi cridhe nuadh dhuibh.

Mo chlann ghaolach. Tha dòchas agam gu'n toir sibh fainear do na tha mi dol a ràdh ruibh. Tha mi 'dol a leughadh searmoin duibh a chaidh a dh' aon-obair a sgrìobhadh air son cloinne, agus tha i cho so-thuigsinn 's gun tuig sibh uile i. Tha dòchas agam gum beil fhios agaibh gum beil *anmannan* agaibh, d'an éigin a bhi beò an uair a théid sibhse eug, agus a théid an darna cuid do nèamh no do dh'ifrinn am feast. Nach i bhur barail, ma ta, gur iomchuidh dhuibh a bhi cùramach mu thimchioll 'ur n-anmaibh, chum nach téid iad do dh'ifrinn? Tha fios agam gur toigh leibh a bhi cleasachd, agus tha sin feumail duibh air uairibh; ach is còir dhuibh tuilleadh 's 'ur cleasachd a chùimhneachadh. Tha fios agaibh gum beil Dia ann aig am beil a chòmhnaidh air nèamh; agus is esan a tha buileachadh oirbh 'ur bìdh, 'ur dibhe, agus 'ur trusgain; is esan a tha 'g 'ur coimhead slàn fallan, o bhàs fhaighinn agus 's ann a tha e deanamh so, chum gu'm biodh ùine agaibh smuainteachadh uime, agus ùrnaigh a dhean-amh ris. Oir b' àill leis fios a bhi agaibh gur eagal-ach an ni Dia a bhi diombach oirbh. Is mòr is measa sin no ged a bhiodh miothlachd aig 'ur n-athair no aig 'ur màthair, no aig 'ur maighistear ruibh. Theagamh gum buail iadsan sibh an uair a bhios fearg orra; ach tha Dia comasach air 'ur

tilgeadh do dh' ifrinn, chum bhi air 'ur losgadh ann gu saoghal nan saoghal.—Theagamh gun abair sibh, gu beil dòchas agaibh nach dean e sin oirbhse; agus tha 'n dòchas ceudna agamsa cuideachd; agus 's ann a tha mi 'leughadh so dhuibh, chum gum bi fios agaibh cionnas a sheachnas sibh an truaighe sin, agus gu'm faigh sibh eòlas air an t-slighe do nèamh. 'S e Iosa Criosd an t-slighe do neàmh. Thàinig e nuas chum ar teasraiginn o dhol do dh'ifrinn; agus rinn e so le fhulangasaibh agus le bàsachadh air son ar peacaidh chum nach fuiligeamaid air an son; ceart mar gum biodh aon agaibhse dol a dh' fhaighinn gabhail air air son droch-bheirt a dheanamh, agus gun tigeadh neach eile, a thaobh truais riut, chum do chumail o bhi air do bhualadh, 's gun gabhadh e am peanas air féin ann a t'àite-sa. 'Se cheud ni is éigin a thuigsinn chum gum bi sibh air 'ur saoradh, agus 's e so e, gur peacaich sibh; gun d' fhàg sibh gun deanamh an ni bu chòir dhuibh a dheanamh, agus gun d'rinn sibh na nithe bu chòir dhuibh a sheachnadh. An uair a bha 'ur pàrantan diùmbach dhibh air son olc a dheanamh, theagamh gun do smuaintich sibh a rithist air, agus gun robh sibh duilich air a shon; agus an uair a bha sibh duilich air a shon, 's àill libh gun toir iad mathanas duibh, agus théid sibh d' an ionnsaidh, agus aslaichidh sibh mathanas orra. Tha sibh mar an ceudn' a' gealltainn nach dean sibh a leithid tuilleadh. Tha rudeigin ann an diadhachd coltach ris a so. Rinn sinn uile an ni nach bu chòir dhuinn, agus faodaidh Dia ann an ceartas corraich a bhi air ruinn; ach "aige-san tha mathanas; chum gum biodh eagal *air daoin* roimhe." Ghiùlain a Mhac gràdhach Iosa Criosd a chorraich air air son; agus tha e cur a sheirbhisich leis an t-Soisgeul, 's e sin, Deagh sgeul; ag innse dhuinn, ma thig sinn da ionnsaidh tre Iosa Criosd, gun tabhair e mathanas duinn, gum bi e caoimhneil ruinn, agus gun dean e còmhnadh ruinn

chum deanamh ni 's fearr san àm ri teachd. A nis, 's e 'n stéidh-theagaisg a leugh mi, gealladh caomhail Dhé d'a chloinn. Bheir mi dhuibh *cridhe nuadh.* Cha n-eil am facal *cridhe* a' ciallachadh earrann d'ar cuirp, ach 's i' n inntinn, an spiorad, an t'-aigneadh tha e 'ciallachadh; gun dean Dia e nuadh, ceart, agus math; ionnas gun tugadh sibh gràdh, agus seirbhis da, agus gu'm meal sibh e araon sa' bheatha so agus san ath-bheatha. 'S e 'n t-aon ni e ris an an abrar an àite eile bhi air ar *nuadh-bhreith.* Is cuimhne libh a bhi leughadh san treas caibideil de shoisgeul Eoin, mu sheann duine, d' am b' ainm Nicodemus, a thàinig a dh' ionnsaidh ar Slànaighear san oidhche, chum bhi air a theagasg leis; agus gun dubhairt Criosd ris, *Gun deimhin, deimhin, a deiream riut, Mar bi duine air a bhreith a rìthist, nach faod e rìoghachd Dhé fhaicinn.* 'S e bha e ciallachadh le so, atharrachadh a chridhe, ni a tha air a thoirt mu'n cuairt le cumhachd agus gràs Spiorad Dé. Mur biodh an cridhe olc cha bhiodh feum air an atharrachadh so; ach tha cridhe gach neach olc gus an caochlaidhear e le gràs. Rugadh sinn uile ann am peacadh, agus tha spéis againn do 'n pheacadh, gus an beirear a rithist sinn; agus an sinn is toigh leinn Criosd, agus gach ni a ta math. Agus thugaibh fainear nach e bhi air 'ur baisteadh idir an nuadh-bhreith so. Cha n-eil uisge comasach air a' chridhe a ghlanadh no a mhùthadh; cha n-eil ann ach meadhon, no comharradh faicsinneach a ghràis, ach cha n-e an gràs féin. Cuiridh mi a nis an céill duibh gnè a' chaochlaidh so, le mìneachadh àraid a dheanamh air an *t-seann chridhe,* a bheir Dia air falbh, agus air a *chridhe nuadh,* a bheir Dia seachad.

I. Tha 'n cridhe *cruaidh* a thaobh nàduir; tha e air a choimeas ri *cloich* anns na briathraibh an dégh stéidh an teagaisg, agus neo-mothachail: cha n-eil mothachadh aig cridhe duine a thaobh nàduir; 's e sin mothachadh mu nithibh spioradail. Faodaidh

neach aig nach eil gràs a bhi tiom-chridheach r'a cho-chreutairibh, agus "bròn a dheanamh maille riusan a tha ri bròn;" agus gun sùim a bhi aige de na tha Dia ag ràdh ris 'na fhacal. Tha 'm Bioball ag ràdh gum beil sinn uile 'n-ar peacaich chaillte; gum beil fearg Dhé a' gabhail còmhnaidh oirnn mar creid sinn; gum beil corraich air Dia ris na h-aingidh, agus gun iomain e iad do dh' ifrinn. Ach 's beag cùram a tha mòran a' gabhail roimhe so! Ithidh agus òlaidh iad, agus gabhaidh iad an làn-aighear air latha na sàbaid féin, mar nach biodh a leithid ann. Nach e cruas an cridhe is aobhar dha so? Nam faiceadh sibh ciontach truagh air a dhìteadh gu bàs leis a' bhreitheamh, agus mur cuireadh a staid smuairean air, no gur ann a dheanadh e gàire 'na aodann, shaoileadh sibh gun robh cridhe ro chruaidh aige. 'S e so, ma ta, ceart chŏr gach peacaich. Mo chlann chridhe, nach e sin 'ur cŏrsa? "Tha sibh 'n-ar cloinn na féirge, eadhon mar chàch;" ach c' ŭin a bha cùram oirbh roimhe? Bhiodh sibh ro dhuilich, agus rachadh sibh a chaoine nam biodh ar pàrantan diombach ruibh, agus gum maoitheadh iad 'ur cur a mach air an dorus, agus nach fuiligeadh iad 'ur faicinn tuilleadh ri 'r beò; ach nach mòr bu mheasa bhitheadh e 'nan abradh Dia ruibh. "Imichibh uam a shluagh mallaichte do theine sìorruidh?"

Tha cruas a' chridhe ri fhaicinn le e bhi gun taiseachadh gun leaghadh le mathas Dé.—O nach math Dia dhuinn uile! Tha e toirt air a' ghréin dealradh, agus air luibhean na machrach fàs, air arbhar agus air feur cinntinn. Is esan a ta toirt lòin duinn san latha, agus fois san oidhche; agus "bu chòir d'a mhathas 'ur n-aomadh chum aithreachais."—"Mar so ghràdhaich e an saoghal," olc 's mar tha e, "cho mòr 's gun tug e aon-ghin Mic féin, chum 's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgriosar e, ach gu'm bi a bheatha shìorruidh aige." Agus chuir e a theachdairean d'ar n-ionnsaidh-ne

le ăit-theachdaireachd na slàinte, agus tha iad a' toirt rabhadh dhuinn teicheadh o'n fhéirg a ta ri teachd;—tha iad a' toirt cuireadh dhuinn, agus ag aslachadh oirnn a bhi réidh ri Dia. Ach nach cruaidh an cridhe air nach eil an gràdh caomhail agus am mathas mòr so a' deanamh a bheag do dhrùghadh. Ciod a bharail a bhiodh agaibh mu leanamh a bheireadh tàir agus beum d'a athair caomh no da mhàthair thiom-chridhich, an déigh dhaibh buntainn ris air a mhodh bu chàirdeile? Nach measadh sibh e ro aingidh agus mi-chneasta? 'S ann air a' cheart dòigh sin a tha peacaich a' buntainn ris an Dia bheannaichte. Nach d-rinn sibhse mar sin cuideachd? Is e Dia a stiùir agus a bheathaich sibh fad 'ur làithean. Bhuilich e oirbh pàrantan cùramach agus càirdean dleasanach chum cùram a gabhail dhibh an uair a bha sibh òg agus maoth, no b'éigin duibh dol bàs le gorta, agus le cion faicill. The e buileachadh trusgan, lòn, slàinte, toilinntinn, agus càirdean; agus tha e deanamh barrachd air sin, tha e toirt duibh a Shoisgeil, tha e cur facal na slàinte d'ar n-ionnsaidh, tha e toirt duibh an cothrom air a leughadh, agus air éisdeachd; agus ciod a dh' ìoc sibh dha air son uile mhathas duibh? O gun taisicheadh 'ur cridheachan le bròn diadhaidh air son peacaidh! Gun deònaicheadh Dia dhuibh an *cridhe feòla*, an cridhe maoth, an cridhe mothachail, a chriothnaicheas r'a fhacal, agus air am bi eagal an Tighearna agus a mhathas.—An sin bithidh eagal oirbh roi'n pheacadh is lugha; seachnaidh sibh gach droch cuideachda; cha bhi de dhànadas agaibh na luaidheas ainm an Tighearn an diomhanas; cha dean sibh cleasachd air latha an Tighearna; agus cha ghiùlain sibh sibh-féin gu mi-chubhaidh d'ar pàrandaibh, no do neach air bith eile. Agus ma tha 'n cridhe maoth so agaibh, bithidh sibh brònach air son 'ur peacaidh, agus air son gun do chuir sibh corraich air Dia; agus a chionn gun d' fhuilig Criosd na h-urrad pheanais air son 'ur peacaidh.

II. Tha'n cridhe a thaobh nàduir *àrdanach;* ach tha'n cridhe nuadh *iriosal.* Cha n-eil aon aobhar aig duine, mar chreutair, a bhi àrdanach, ach gu mòr ni's lugha mar *pheacach*, gidheadh tha sinn uile àrdanach. Cha d'rugadh neach riamh gun chridhe àrdanach; ged a tha cuid is mò a nochdas e na cuid eile. Tha fios agaibhs' a tha 'n-ar cloinn cia ullamh a ta sibh gu uaill a dheanamh a aodach ùr, agus a nithe rìomhach; agus cia taitneach a tha e leibh am feuchainn do chàch: agus mar a dh' fhàsas muinntir mòr 's ann is uallaich a dh' fhàsas iad; bithidh iad mòr as am maise, as an saibhreas, as am fòghlum, no as an dreuchd; seadh, ni iad uaill as an cràbhadh. 'S amhail a bha'm Phairiseach a chaidh suas do'n teampull a dheanamh ùrnaigh, agus le uabhar stràiceil sheas e leis féin, agus thuirt e, "A Dhé, tha mi toirt buidheachais dut, nach eil mi mar a ta daoin' eile, no eadhon mar an cìs-mhaor so;" agus an sin rinn e uaill as a dheagh oibribh. Ach bu ghràineil le Dia an cealgair uaibhreach ud, am feadh a sheall e le iochd air an neach air an d' rinn am Phairiseach tàir, an cìs-mhaor iriosal, a bha chridhe briste air son peacaidh, agus aig nach robh a bheag ri ràdh air a shon féin, ach, "A Dhia, dean tròcair ormsa 'ta m' pheacach." Tha eadhon clann mòr as an creideamh; bithidh iad ri uaill gur fearr iad n'am bràithrean agus am peathraichean; is caomh leo bhi 'g aithris an droch-bheirtean-san, agus an deagh ghniomharra féin. A chlann mo ghràidh, c'arson a ta sùil agaibh dol do nèamh?—An ann a chionn nach eil sibh cho olc ri muinntir eile? air son gum beil sibh a' deanamh ùrnaigh, agus a' dol do'n eaglais? Ma tha chùis mar so, tha sibhse uaibhreach; mòr as bhur fìreantachd féin, ris am beil na sgriobturan ag ràdh. "broineagan salach." Cò, ma ta, a dheanadh uaill a luideig shalaich? Ach tha fìreantachd Chriosd mar fhalluinn ghlan, gheal, ghrinn; nach e sin is fearr? Agus nach bu mhath leat i bhi agad? Guidh air Dia, ma ta, gun sgeudaich e thu leatha.

Tha'n cridhe nuadh 'na chridhe *iriosal*. Tha barail cho àrd, aig an neach aig am beil e, mu Dhia, mòrachd nèamh agus na talmhuinn, 's gum beil e ga mheas féin nis lugha na neo-ni 'na fhianais. Tha beachd cho àrd aige mu naomhachd Dhé, agus mu àintean, agus na h-urrad mhothachaidh mu eusontais agus mealltaireachd a' chridhe féin, 's gum beil e, mar gu'm b' ann, ga irioslachadh féin san duslach, agus "a' gabhail gràin dheth féin, agus a' deanamh aithreachas ann an duslach agus an luaith."

III. Tha'n cridhe a thaobh nàduir *saoghalta*. Theirear ri muinntir an staid nàduir san sgrìobtur—*Daoine de'n t-saoghal so, aig am beil an cuibhrionn sa' bheatha so;* tha'n smuaintean mu'n t-saoghal, cha labhair iad ach mu'n t-saoghal, agus tha an uile mhiann saoghalta. "Ciod a dh'itheas sinn, ciod a dh' òlas sinn, agus cionnas a bhios sinn air ar sgeudachadh? 'S iad na nithe sin, agus iad sin amhàin, a tha muinntir shaoghalt' ag iarraidh. 'S an t-suidheachadh inntinn so, cha n-eil togradh air bith aca air diadhachd. Cha n-eil Dia nan uile smuaintibh; agus le'n ro-dhéigh air an t-saoghal tha iad a' dearmad an t-Soisgeil, agus a' call an anma féin. Tha iad cùramach mu mhòran nithibh, mar bha Marta, ach cha n-eil iad a' deanamh roghainn de'n aon ni fheumail mar rinn Muire. 'S bochd an staid so! Ma bheir sinn gràdh do'n t-saoghal, cha n-eil gràdh Dhé annainn, (1 Eoin ii. 15.) Ma mheasas sinn nithe talmhaidh mar ar math 's àirde, is léir-sgrios is crìoch dhuinn, (Phil. iii. 19.) Agus a nis, mo chlann ghràdhach, abraibh, am beil 'ur cridheacha-sa saoghalta? Ged nach eil sibh an sàs ann an gnothaichibh saoghalta, gidheadh tha 'ur cridheachan beag an tòir a-mhàin air nithibh an t-saoghail so. Nach e 'ur cleasachd agus 'ur toilinntinn gach ni anns am beil 'ur tlachd? Theagamh nach toigh leibh ùrnaigh; 's ann a tha sibh an darna cuid gun a bhi idir a' deanamh ùrnaigh an uaigneas, no tha sibh gar toileachadh

féin le cainnt riaghailltich a fhuair sibh air mheoghair, gun bhi mothachadh déigh sam bith air Criosd, no gràs, no slàinte. 'S an uair a ni 'ur parantan ùrnaigh 'nan teaghlaichibh, mar tha dòchas agam a tha iad a' deanamh, cha n-eil sùim agaibh do na tha iad ag ràdh ; 's an uair a tha sibh an taigh Dhé, math a dh' fhaoite nach eil sùim agaibh do na tha ministear a' labhairt, no theagamh gum beil sibh làn-toilichte le cuimhn' a chumail air an stéidhtheagaisg. Ach cha n-e so diadhachd. 'S éigin gun toirear air falbh an cridhe saoghalta, agus 's éigin gu'm bi cridhe nèamhaidh agus spioradail agaibh, a ghabhas tlachd ann an Dia agus ann an Criosd, ann an ùrnaigh agus ann am moladh; ann am facal Dé, agus ann an co-chomunn spioradail. Buidheachas do Dhia, 's minig a bha'n samhail sin de chloinn ann. Gun deanadh Dia sibhse coltach riu; chum gu'm bi sibh beò do Dhia, mu chaomhnar sibh ni's faide sa' bheatha so, no 'ur deanamh iomchuidh fa chomhair nèimhe, m' as deònach leis 'ur gairm do shaoghal nan spiorad.

IV. Tha 'n cridhe a thaobh nàduir *aingidh;* tha 'n sgriobtur ag ràdh, gum beil e *anabarrach* aingidh, (Ier. xvii. 9.) Agus tha ar Slànaighear ag ràdh, (Mat. xv. 19.) *As a' chridhe thig droch smuaintean, gadaigheachd mort,* agus iomadh droch ni eile. 'S éigin duibh a thuigsinn gun robh na nithe sin sa' chridhe, no nach tigeadh iad a mach ás. Their cuid do shluagh ruibh gum beil *deagh chridhe* aca, ged a labhras iad droch cainnt, agus ged a ni iad droch gniomharran. Ach tha so mearachdach. Bheir deagh chraobh a mach deagh thoradh ; agus cha chuir tobar milis uisge searbh a mach. Tha cridhe gach neach aingidh a thaobh nàduir; agus mur cuir cuid de dhaoine nithe cho olc an gniomh ri daoin' eile, cha n-ann a chionn gum beil an cridhe ni's fearr a thaobh nàduir, ach nach ceadaicheadh Dia dhaibh bhi cho olc 's a b' àill leo ; dìreach mar bhios fiadh-

bheathaichean air slàbhraidh chum nach mill iad sinn. Mo chlann ionmhainn, faodaidh sibh cinnte nan nithe sin fhaicinn annaibh féin. Tha fhios agaibh cho ullamh 's a tha, no theagamh a bha sibh aon uair, a dh' innseadh bhreug. Cha do sheòl aon neach sibh mar dh' innseas sibh breugan. Rinn sibh sin gu nàdurra. Nach eil sin 'na dhearbhadh air droch cridhe? Tha bhi 'g innse bhreug 'na pheacadh mòr. Is e obair an droch-spioraid e, a bha na bhreugaire, agus athair nam breug o thùs. Tha na breugan cho fuathach le Dia, 's nach leig e le aon bhreugaire dol a steach do nèamh, tha e 'g ràdh, "gum bi cuibhrionn bhreugairean anns an loch a ta dearg-lasadh le teine agus pronnasg," Tais. xxi. 8. Guidhibh air Dia gu'm math e dhuibh am peacadh mòr so. Faodaidh sibh a thuigsinn gum beil 'ur cridhe aingidh le sibh a leum suas ann an dian-chorraich an uair chuirear fearg oirbh; agus is gnè mhortaidh ann am barail Dé dian-chorraich, (Mat. v. 22.) Ach 's ann an nàimhdeas a' chridhe an aghaidh Dhé a tha aingidheachd a' chridhe ni 's ro shoilleire r'a fhaicinn; oir tha Pòl ag radh, "gur nàimhdeas an inntinn fheòlmhor an aghaidh Dhé," (Rom. viii. 7.) agus nach do nochd sibhse so 'n-ur fuath do dhiadhachd le briseadh na sàbaide, le ainm naomha Dhé a thoirt an diomhanas, le bhi easumhal d' ur pàrandaibh, agus le iomadh dòigh eile? Faicibh, ma ta, cho feumail is a tha e dhuibh gu'm biodh cridhe nuadh agaibh; agus is *cridhe fìor-ghlan* an cridhe nuadh. Tha Iosa Chriosd ag ràdh. "Is beannaichte na daoine a ta glan 'nan cridhe; oir chì iad Dia," (Mat. v. 8.) 'S ann a tha'n cridhe air a ghlanadh tre chreideamh. An uair a thuigeas sinn cho olc 's a tha ar cridhe, tha sinn air an lionadh le bròn agus le eagal, an sin teichidh sinn chum ar teasairginn a dh' ionnsaidh Chriosd. An sin bheir Dia mathanas duinn 'n-ar peacannan a chaidh seachad air a sgàth-san, agus bheir e dhuinn a Spiorad Naomha

chum gun toir sinn fuath do 'n pheacadh, agus gu 'n cogamaid 'na aghaidh; chum ar deanamh déidheil air eòlas a bhi againn air a thoil, agus toileach géill a thoirt d'i. Aslaichibh le Daibhidh, "O Dhé Cruthaich annam cridhe glan, agus ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh dhiom," (Salm li. 10.) Cuimhnichibh "as eugmhais naomhachd nach faod aon neach Dia fhaicinn."

V. Tha 'n cridhe a thaobh nàduir *cealgach;* seadh, tha facal Dé ag ràdh, *gum beil e cealgach thar gach ni.* Their e math ri olc, agus olc ri math. Bheir e 'n car a sluagh fo sgàile mealltach, agus le leithsgeulaibh faoine; air chŏr 's gum beil slighe nan aingidh ceart 'nan sùilibh féin, ged a threòraicheas i gu léir-sgrios. 'S gann a tha peacach sam bith, air a mheud, nach eil ri miodal ris féin, gum bi a' chùis gu math leis air a cheann fa-dheireadh, ged a tha Dia ag innseadh a cheart atharrachaidh dha. Air an aobar so, is amadan esan a dh' earbas as a' chridhe féin. Ach an uair a bheir Dia an cridhe nuadh seachad, ni e *dùrachdach* e. Tha 'm fior chriosdaidh coltach ri Nataniel, mu'n tubhairt ar Slànaighear, "Feuch Israeleach da rìreadh, anns nach eil cealg;" 's e sin, gun robh a roinn gu neo-chealgach, a réir fhiosrachadh, ri Dia agus ri duine.

VI. Fa-dheoigh, Tha 'n cridhe a thaobh nàduir *mi-chreideach.* Is muladach a' chùis gu'm biodh daoine ni 's ullamh a chreidsinn athair nam breug air thoiseach air Dhia' na fìrinn. Is ann le creideas a thoirt do 'n diabhol, a pheacaich ar ceud mhàthair Eubh; agus riamh o sin tha aig a' chinne-daonna, "droch cridhe mi-chreideamh, anns an Dia bheò a thréigsinn." Tha e soilleir nach eil daoin' a' creidsinn Dhé. Na'n creideadh iad na tha e 'g ràdh mu'n pheacadh, cha bhiodh a chridhe ac' na chuireadh an gniomh e. Na'n creideadh iad na tha e 'g ràdh mu Chriosd, 's cinnteach gun tigeadh iad da ionnsaidh air son beath' agus slàinte. Agus 's e 'n t-aobhar mu

nach eil iad a' teachd, "gun do ghràdhaich iad dorchadas a roghainn air an t-solus, a chionn gum beil an gniomharran olc." Ach is cridhe *creideach* an cridhe nuadh. Tha 'n Criosdaidh a' gabhail Dhé air fhacal. Tha e 'creidsinn a bhagraidhean, agus tha eagal air. Tha e creidsinn a gheallaidhean ann an Criosd, agus tha dòchas aige. Tha e creidsinn àintean, agus a' toirt géill daibh. As eugmhais a chreideamh so is eacomasach Dia a thoileachadh; oir an tì nach creid Dia rinn e breugaire dheth. Ach tha creideamh a' toirt glòir do Dhia, "Tha bheatha mhaireannach aige-san a chreideas ann an Criosd; ach an tì nach eil a' creidsinn ann cha-n fhaic e beatha; ach a ta fearg Dhé a' gabhail còmhnaidh air," Eoin iii. 36.

AM FÒGHNADH.

Agus a nise mo chlann ionmhainn, dh'innis mi dhuibh a ghnè chridheachan a th' againn a thaobh nàduir, agus ciod gus an iompaich an Tighearn iad le ghràs; tha dòchas agam gun toir sibh aire do na chaidh a ràdh, agus ciod na cridheachan a ta agaibh. Nach eil iad *cruaidh, uaibhreach, saoghalta, aingidh, cealgach,* agus *mi-chreideach?* Saoilidh mi gun aidich sibh gum beil iad mar sin a thaobh nàduir. Nach eil so a' feuchainn duibh gur éigin duibh bhi air ar breith a rithist agus cridhe nuadh fhaotainn? Mar bi bhu 'ur cridheachan air an caochla, fàsaidh sibh ni's miosa mar théid sibh air ur n-aghaidh ann an aois; agus mu ghlacas bàs sibh 'n-ur peacaibh, bithidh sibh caillte gu sìorruidh.

Ach mo chlann chridhe, tha duil agam ri nithe is fearr uaibhse. Nach eil fios agaibh "gun tàinig Iosa Criosd a shireadh agus a thearnadh na h-aiteam a bha caillte?" Agus nach cuimhne leibh a bhi leughadh gun tug muinntir chràbhach àraidh an clann bheag d'a ionnsaidh, 's gun d'-aslaich iad air am beannachadh? Agus gun dubhairt e, *Ceadaichibh do chloinn bhig teachd a' m' ionnsaidh.* Nach bu mhath leibh a bhi 'n sud san àm ud, agus gum

faodadh sibh dol air 'ur glùinibh 'na làthair, agus a ràdh, A Shlànaighear bheannaichte, beannaich mise, eadhon mise mar an ceudna. Ro mhath, ged a tha e san àm air nèamh, faodaidh sibhse an ni ceudn' a dheanamh. Tha e 'n diugh mar bhà e 'n sin. Tha e cho toigheach mu chloinn bhig 's a bha e riamh. Agus tha mi guidhe oirbh cho luath 'sa théid sibh dhachaigh, sibh a dhol do dh' ionad uaigneach, agus sibh-féin a shleuchdadh sìos air 'ur glùinibh, agus a ràdh, A Shlànaighear bheannaichte, tha cridhe olc agam, a tha ga'm 'cho-éigneachadh gu droch-bheirt a dheanamh, agus tha sgàth orm roi d' chorraich; ach chuala mi san t-soisgeul gun d' fhuilig thu 'm bàs chum peacaich a shaoradh o ifrinn, o pheacadh, agus o'n t-saoghal; O saor mise, mu'm bi mi caillte. Buin uam an cridhe cloiche, agus thoir dhomh cridhe feòla; cridhe chum eòlas fhaighinn ort, chum m' earbs' a chur annad, agus gràdh a thoirt dhut, chum gun dean mi seirbhis dut, sa' bheatha so, agus gu'm bi mi sona maille riut san ath-bheatha.

Na h-abradh a h-aon agaibh, Cha n-eil mi sean, ni 's leòir, no idir mòr gu leòir, gu bhi diadhaidh: tha ùine gu leòir agam fathast. A mhuinntir mo ghràidh cha n-eil sibh tuilleadh is òg chum am bàs fhaighinn. Tha ni 's òige na sibhse sa'n uaigh. Os-barr, cha n-urrainn duibh seirbhis a thoirt tuilleadh 's òg do Dhia. Am faod sibh bhi a tèarainte tuilleadh 's luath? Am faod sibh a bhi tuilleadh 's luath sona? An urrainn duibh tuilleadh 'sa chòir do ghlòir a thoirt do Dhia? Gun teagamh cha n-urrrain. Guidhibh ma ta, gum faigh sibh an cridhe nuadh. 'S e sin tiodhlac is fearr a dh' fhaodas sibh fhaotainn; agus gun deònaicheadh an Dia Uile-chumhachdach air sgàth Iosa Criosd, a bhuileachadh air gach aon agaibh. *Amen!*

A' CHRÌOCH.

GAELIC BOOKS

PUBLISHED BY THORNTON & COLLIE,

19 St David Street, Edinburgh.

Bunyan's Pilgrim's Progress, 12mo. large type, 3s.
Bunyan's Holy War, with 12 beautiful Wood Cuts, 3s.
Bunyan's Grace Abounding, 2s.
Bunyan's Water of Life, 1s.
Bunyan's Sighs from Hell, 2s.
Bunyan's Visions, or World to Come, 1s. 6d.
Bunyan's Come and Welcome, 2s.
Boston's Crook in the Lot, with Life of the Author, 18mo. new Edition, 1s. 6d.
Boston's Fourfold State, 12mo. 4s.
Doddridge's Rise and Progress, 12mo. 3s. 6d.
Burder's Village Sermons, new edition, 1s. 6d.
Russell's Seven Sermons, 18mo.
Gray's Great Salvation, 18mo. 1s. 6d.
Willison's Sacramental Catechism, *in the press.*
Baxter's Call to the Unconverted, 18mo. 1s. 6d.
Peden's Two Sermons, together with his Letter to the Prisoners in Dunottar Castle, and Thoughts upon the Covenant of Redemption; with an account of his Life, 18mo. 6d.
M'Alpine's Gaelic and English, and English and Gaelic Pronouncing Dictionary, *cloth*, 9s. 6d.
M'Intyre's Songs, 2s.

Magcregor's Songs and Hymns, 6d.

M'Kenzie's Beauties of Gaelic Poetry, new edition, 12s.

A History of the Church, from the Birth of Christ, to the end of the last Century. By the Rev. Duncan M'Callum, Minister of Arisaig, 8vo. 6s.

Bible Stories, with 24 Wood Cuts, 4d.

Psalm Book in Gaelic and English, in parallel columns, beautifully printed in 18mo. 1s. 6d.

A History of the Animals mentioned in the Bible, with Wood Cuts, 9d.

Guthrie's Trial of a Saving Interest, 2s.

Dyer's Christ's Famous Titles, 2s. 6d.

Life of Joseph, 1s. 6d.

Brown's Short Catechism, 1½d.

Shorter Catechism, 18mo. large type, 1d.

Ditto ditto in Gaelic and English, 1½d,

Proof Catechism, 2d.

Mother's Catechism, 1½d.

Ditto ditto in Gaelic and English, 4d.

Dr Thomson's Sacramental Catechism, 6d.

Colquhoun's Sacramental Catechism, 6d.

Buchanan's Hymns, 3d.

Watts' Divine Songs, with Cuts, 1½d.

The History of Prince Charles, with Portrait, fc. 8vo. 5s.

Gaelic Songs,—A Selection of the most Popular Jacobite Songs, with Portrait of Prince Charles, 12mo. 9d.

Gaelic Melodist, a Selection of the most Popular Songs, 32mo. 4d.

LCelt
B9498s
Burder, George
Searmoinean bhailtean duthcha.
428768

University of Toronto
Library

DO NOT
REMOVE
THE
CARD
FROM
THIS
POCKET

Acme Library Card Pocket
LOWE-MARTIN CO. LIMITED